


BARAGAB



An Comunn Gàidhealach
agus
Roinn Foghlaim
Comhairle nan Eilean

Na dealbhan le Mòrag Anna NicLeòid

National Library of Scotland



B000583162

0961-13260

BARAGAB

bàrdachd agus ros g an gàidhlig agus beurla

An Comunn Gàidhealach

agus

Roinn Foghlaim Comhairle nan Eilean

1991

Bliadhna na Gàidhlig

Na còirichean uile glèidhte

© an sgrìobhaidh : na sgrìobhadairean

© nan dealbh : Mòrag Anna NicLeòid

BAGIAR

Air fhoillseachadh ann an 1991 leis a' Chomunn Ghàidhealach ann an
co-chuideachd ri Roinn Foghlaim Comhairle nan Eilean mar
chomharradh air Bliadhna na Gàidhlig.



Roimh Radh	5
Turas, le Iain Mac a' Ghobhainn.....	6
Comhairle nan Eilean	10
An Lampa Bheag Dhearg, le Iain MacLeòid	12
Beum, le Donna Nic a' Ghobhainn	13
Weird Experience, by Norman MacLeod	14
Chan Fhaod Mi Tilleadh, le Cailein T MacCoinnich	15
Fi, Hò, Hoileabhag, le Dòmhnall Iain MacIomhair	17
Daddy, le Iain MacAsgaill agus Anndra MacLeòid	21
Tòimhseachan-tarsainn	22
A' Chuairt, le neach a rinn i	23
Sùil Air Ais, le Iain MacLeòid	25
A' Chathair Thulganach, le Ruaraidh MacThòmais	26
Jilleam, le Iain F MacLeòid	31
Dà Dhàn, by John Hudson	33
'Cha Tachair E Tuilleadh'', le Cailein T MacCoinnich	34
Fuasgail Seo!	37
Càirdean?, le Iain MacLeòid	38
Turas Nèill Dhachaigh, le Iseabail Pheutan	40
Blàbheinn, le Aonghas Phàdraig Caimbeul	41
Ceistean, le Iain F MacLeòid	43
Taibhsean, le Catrìona NicIomhair	44
A' Suidhe A-staigh, le Iain MacAsgaill agus Anndra MacLeòid	45
Onaran, by Francis Thompson	46
Tòimhseachan 1	52
Gaothan, le Alasdair Caimbeul	54
Cumh' Is Ionndrainn, le D R Moireasdan	55
Taigh-seinnse, le Màiri NicGumaraid	59
Ceist As Gach Seid	61
A' Mhòinteach Againn, le Tormod Caimbeul	62
Gas, le Murray MacLeòid	64

Tha Uisgeachan Mhàrah Searbh, le Cailein T MacCoinnich	65
Cuimhneachadh, gun urra.....	71
An Diosco, le Cairistìona Mhoireach	72
An t-Urramach Dòmhnall MacCaluim, le Niall Brownlie	73
Feuch Seo!	79
Prìosan, le Màiri R NicNèill	80
An t-Aithreachas, le Iain F MacLeòid	82
An Coigreach, le Seonag NicCoinnich	85
An Comunn Gàidhealach bho 1891, le Frang MacThòmais	86
Clach le Cumhachd, le Catrìona NicIll'Eathain	89
A' Phàrlamaid, le Dòmhnall Iain MacIomhair	90
The Sound of a Hammer, by Angus Peter Campbell	97
Cianalas, le Cairistìona Chaimbeul	98
Dà Dhàn, le Ruaraidh MacIll'Eathain	99
Dìochuimhne na h-Oige, le Tormod MacCoinnich	100
Trì Dàin, le Maoilios Caimbeul	101
Tòimhseachan 2	102
Looking Into a Circus Lion's Mind, by Donald MacLeod	104
Coigrich na Samhna, le Tormod MacCoinnich	106
An Cuala Sibh	107
Freagairtean	109
Annas An Dealachadh.....	111



ROIMH-RADH

Ged tha an iris seo gu ìre dà-chànanach, chan iarr mi air duine mo leisgeul a ghabhail airson na dha no thrì fhacail seo a sgrìobhadh sa' Ghàidhlig a-mhàin, oir 's e pàirt de shubhachas Bliadhna na Gàidhlig a tha innte.

Ann a bhith ag ullachadh na h-irise, bha e na mhòr thoileachadh dhuinn cho deiseil 's a bha sgrìobhadairean stuth a chur thugainn, agus bha sinn toilichte cuideachd gun d' fhuair sinn stuth bho sgoilearan ann an sgoiltean nan Eilean. Tha sinn an dòchas gum bi e na bhrosnachadh dhaibh an cuid obrach fhèin fhaicinn san aon fhoillseachadh anns a bheil obair bho sgrìobhadairean stèidhichte, agus gun cùm iad orra a' sgrìobhadh.

Ged a ghabh Roinn nan Eilean Siar den Chomunn Ghàidhealach foillseachadh na h-irise os làimh, cha robh i air tighinn gu ìre às aonais na taice a fhuair eadhon bho Chomhairle nan Eilean a chuir tabhartas airgid a-steach rithe agus bho Roinn Foghlaim na Comhairle air an tàinig uallach an deasachaidh. Taing dhaibhsan, agus cuideachd do Iomairt nan Eilean Siar a chuir taic ris an iris le cuideachadh airgid.

Tha sinn an dòchas gun còrd na tha san iris ris an luchd-leughaidh agus cuideachd gum bi an iris gu feum anns na sgoiltean 's ann an ionadan foghlaim eile. Saoilidh sinne co-dhiù gum bu mhat a b' fhiach i an t-saothair.

Dòmhnall MacRisnidh

Ceann-suidhe

An Comunn Gàidhealach

1991

TURAS

le Iain Mac a' Ghobhainn

Nuair a chaidh mi shealltainn air, chuir e truas orm. Bha e na shuidhe anns an rum, ach cha robh teine air. Ri thaobh bha botal falamh, anns an robh uisge beatha air a bhith.

'Tha thusa sgrìobhadh leabhraichean,' ars esan, 'ach chan eil duine cluinntinn mu mo dheidhinn-sa.'

Bha e air a bhith uair anns a' Mherchant Navy, ach an-duigh cha robh fhios dè bha e dèanamh.

'A bheil sin a' cur dragh ort?' arsa mise.

Ach cha do fhreagair e.

Bha gleoca air a' mhantelpiece a' dèanamh, shaoil mi, fuaim uabhasach. Air balla bha dealbh a' sealltainn athar agus a mhathar, air an latha-pòsaidh.

Air a' bhòrd bha copan falamh tea is fuidheall de lof. Sheall mi mach air an uinneig is chunnaic mi an taigh a bh' againn fhìn uair.

Bha cuimhn' air na làithean a bha e na futballer, ainmeil air feadh an eilein, na aodach uaine is geal. Cò bha coltach ris, 's e cho siùbhlach 's cho carach, 's a' ghrian a' dol sìos air taobh siar eilean Leòdhais, 's am feur cho uaine, 's faileasan a' falbh air fheadh. Bha Aonghas a-nis mu chuairt air còig bliadhna deug a dh'aois; 's cha robh mi coimhead brògan futball an àite sam bith: no dealbh dheth fhèin nuair a bha e òg.

Cha robh e riamh air pòsadh 's cha robh e nise fàilteach ri a choimhearsnaich.

'A bheil thu 'g iarraidh drama?' ars esan.

'Chan eil', arsa mise.

'O sin mar a tha cùisean', ars esan.

Cha tubhairt mi an còrr, oir bha gamhlas na ghuth.

'Am bi thu dol do na geamannan futball?' arsa mise mu dheireadh.

'Cha bhi,' ars esan, agus thuit an aon shàmhachd air an taigh.

Cha robh fhios agam cò air a bhruidhninn, 's cha robh esan airson bruidhinn idir, 's an taigh cuideachd a' faireachdainn fuar.

'Carson a thàinig thu idir?', ars esan. 'An ann a dh'fhanaid orm?'


'Cha b' ann,' arsa mise. 'Carson a bhithinn a' fanaid ort?'

Ann an ceann ùine thubhairt e, 'A bheil thu pòsda?'

'Tha,' arsa mise.

Air taobh a-muigh na h-uinneige chunna mi caora a' cagnadh an fhèid: 's a' ghaoth a' gluasad gu socair.

'Tha mi 'g obair shuas am baile', ars esan.



'A bheil?' arsa mise.

'Ach tha thusa anns na bailtean mòra,' ars esan.

Bha mi ga choimhead ann an sgàthan a bha mu choinneamh: cha robh e air aodann a bhearradh 's bha spotan dearga mu chuairt a bhilean.

Bha mi faireachdainn cho tùrsach. A shaoghail, a shaoghail, nach tu a tha caochlaideach.

Bha e brunndal leis fhèin mu choinneamh an àite-teine falamh, 's an-dràsda 's a-rithist shaoil mi gu robh e toirt sùil air mo dheise.

'A bheil thu 'g iarraidh copan tea?' ars esan.

'Chan eil', arsa mise. 'Thug Màiri an ath dhoras dhomh copan'.

'Màiri,' ars esan. 'Tha ise air atharrachadh. Cha bhruidhinn i rium a-nise. Cha bhruidhinn duine anns a' bhaile rium.' 'S thòisich e a' brunndal a-rithist.

'B' fheàrr leam nach robh mi air a' Nèibhidh fhàgail.'

'S e futballer math a bh' annad,' arsa mise.

'Dè feum rinn sin dhomh?' ars esan. 'Tha na làithean sin seachad, seachad. Seall ort fhèin, 's cha robh thu riamh math air futball. Bha do cheann ann an leabhraichean. Cha robh mòran agam mu do dheidhinn. Gealtair.''

'A bheil sin ceart?' arsa mise.

'Truaghan bochd le speuclairean. Cha do chleachd mise speuclairean a-riamh. 'S bha mi ann an Cairo is iomadh àit' eile.'

Agus airson mionaid bha e pròiseil.

Bha copan beag airgid air sgeilp ri mo thaobh.

'Fàg sin,' ars esan.

'An ann airson futball a fhuair thu e?' arsa mise.

'Bha thu 'n còmhnaidh faighneachdail,' ars esan. 'Do shròn anns gach nì.'

Bha aodann a' fàs dearg leis an fheirg.

Mu dheireadh dh'èigh e, 'A-mach à seo. Gabh a-mach à seo.'

Shaoil mi gu robh e dol a leum orm.

Dh'èirich mi is chaidh mi chun an dorais, aig an robh feum air peant.

'Mach à seo,' dh'èigh e, 'le do football is do chopanan. Cha tug thu fiù uisge-beatha thugam.'

Dhùin mi an doras às mo dhèidh. Bha am baile sàmhach, cha robh duine ri fhaicinn air fheadh.

Thug mi sùil air ais. Bha e na sheasamh, cha b' ann idir mar a chunna mi e ach le lèine uaine is briogais bheag gheal air, is ceise-ball buidhe aig a chasan. 'S bha e coimhead cho òg.

Seo am fear a dh'aithnichinn 's tha e beò fhathast, arsa mise rium fhìn. Tha e cheart cho beò sa bha e riamh.

Chuala mi nam chluasan fuaim an t-sluaigh. Chunna mi a' ghrian a' dol fodha 's chuir mi mo làmh air mo speuclairean. Bha mi nam aonar mar a b' àbhaist.

Bha farmad agam ris an sgioba ud, nan uaine 's nan geal. Cha robh gin dhiùbhsan aonaranach, anns a' ghaoith ghlain a bha gluasad an lèintean. Sheall mi sìos ri mo chois chuagaich. Bha gath pèin nam chois. Bha gathan na grèine a' dalladh mo shùilean.

Bha an goalie na sheasamh air beulaibh an lìn a bha mar shamhla air ar beatha.





COMHAIRLE NAN EILEAN

'S iad na h-Eileanan an Iar sreath de eileanan air taobh siar na h-Alba anns a bheil 130 mìle de fhaid. Tha còrr air 30,000 de shluagh anns na h-Eileanan, eadar Leòdhas, Na Hearadh, Uibhist a Tuath, Beinn nam Faodhla, Uibhist a Deas agus Barraigh. Tha na h-Eileanan air an riaghladh le ùghdarras ionadail, Comhairle nan Eilean, agus tha àrd-oifisean na Comhairle ann an Steòrnabhagh, am baile as motha anns na h-Eileanan le mu 8,000 de shluagh.

Ron ath-chòireachadh air riaghaltas ionadail ann an 1975, bha na h-Eileanan air an riaghladh bho thìr-mòr. Bha Leòdhas mar phàirt de Ros is Chrombaidh agus na h-eileanan eile ceangailte ri Siorrachd Inbhir Nis. Mar thoradh air Comhairle nan Eilean a thighinn gu bith tha ceangalaichean nas làidire ann eadar na h-eileanan, adhartas ann an eadar-cheangalan agus barrachd mothachaidh air feuman ionadail.

Tha a bhith rudeigin iomallach, dìth leasachaidh malairteach agus gu bheil obraichean tradiseanta a' crìonadh air a bhith nam meadhan air mì-leasan sòisealta agus eacanamaiceach. 'S e buaidh nan nithean sin rè nam bliadhnaichean gun robh dìth chothroman ann airson obraichean gu h-ionadail, agus gum b' fheadar do mhòran obair agus leasachadh obrach a shireadh air falbh bho na h-Eileanan. Ged a tha mòran fhathast gun obair, chan eil uibhir de dhaoine a' fàgail 's a b' àbhaist agus tha an cunntas-sluaigh a rinneadh ann an 1981 a' foillseachadh beagan àrdachaidh anns an àireamh a th' anns na h-Eileanan.

Tha leasachaidhean a leithid thuathanasan-èisg agus nithean eile le taic bhon Roinn Eòrpa nan adhbharan dòchais fa chomhair an ama ri teachd.

An dèidh linne san robh cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba air crìonadh gu mòr, mar phàirt thoradh air an inbhe shuaraich a bha ceadaichte dhi ann am foghlam na stàite, 's iad na h-Eileanan an Iar san dàra leth den fhicheadamh linn, aon den bheagan àitean san robh a' Ghàidhlig fhathast air a cleachdadh san fharsaingeachd. A rèir cunntas-sluaigh 1971 bha 23,205 de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na h-Eileanan — 81.6% den t-sluagh. Ann an 1981 b' iad na h-àireamhan 23,447 no 79.5% den t-sluagh.

Bho na 1970an bha a' Ghàidhlig ann an cunnart air sgàth bhuidhean a leithid telebhisein a bha cha mhòr gu tur Beurla agus mhòrain aig nach robh Gàidhlig a' tighinn a dh' fhuireach don àite. B' e seo an suidheachadh a bha ann nuair ghabh a' Chomhairle ùr, ann an 1975, ri poileasaidh dà-chànanach, a' toirt inbhe oifigeach don Ghàidhlig air taobh a-staigh na Comhairle a bha co-ionnan ri inbhe na Beurla. Bha buaidh mhòr aig a' phoileasaidh seo 's aig an inbhe a thug e don Ghàidhlig air mòran nithean ann an saoghal na Gàidhlig anns na h-Eileanan, agus bha e na mheadhan air tomhais chudthromach de leasachaidhean a tha air a bhith gu math a' chànain.

Chithear prìomh bhuidhean a' phoileasaidh dhà-chànanach ann an foghlam, a' tòiseachadh le Proiseact Foghlaim Dà-chànanach a stèidheachadh ann an 1975. Mhair am proiseact sia bliadhna, ann an dà ìre trì bliadhna, a' tarraing air 20 bun-sgoil an toiseach 's air 34 an dèidh sin. B' e prìomh amas a' phroiseict stuthan-teagaisg agus stuthan-taice ullachadh do luchd-teagaisg gus cothroman a thoirt air curaicealam dà-chànanach an Gàidhlig 's am Beurla a leasachadh ann an taghadh de bhun-sgoiltean anns an robh clann am bitheantas à dachaighean san robh a' Ghaidhlig air a bruidhinn. Ann an 1981 bha am proiseact air aonachadh an luib Roinn Foghlaim Comhairle nan Eilean mar aonad leasachaidh curaicealaim dà-chànanach.

An uair sin chuir a' Chomhairle iarrtas gu Roinn Foghlaim na h-Alba airson airgid a chuidicheadh le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a leasachadh ann an àrd-sgoiltean. Cha do ghabhar ris an iarrtas, ach chuir RFA air chois measadh neo-eisimeileach air buaidhean a' Phroiseict Foghlaim Dà-chànanach. Rinneadh am measadh seo le Oilthigh Shruighlea. Chaidh aithisg a' mheasaidh fhoillseachadh ann an 1986 agus dhearbh i beachd na Comhairle air èifeachdas a' phroiseict.

Co-dhiù, leis an airgead aca fhèin, stèidhich Comhairle nan Eilean proiseact dearbhaidh ann an dà àrd-sgoil bho 1983-1985. Lean an obair seo agus thatar ga leasachadh.

Mar thoradh air iarrtasan bho phàrantan chaidh aonad Gàidhlig a stèidheachadh ann an aon bhun-sgoil ann an 1986. Bhon uair sin chaidh aonadan eile a stèidheachadh air feadh nan Eilean, 's tha an goireas seo a' leudachadh an co-bhonn ri iarrtasan bho phàrantan.

Sa' Ghiblein 1986 thàinig Sgeama nan Tabhartasan Sònraichte airson Gàidhlig a-steach. Tha tabhartasan luach 75% de chosgaisean phroiseactan gam pàigheadh do ùghdarrasan foghlaim airson nithean air an aontachadh le Rùnaire na Stàite an ceangal ri teagasg na Gàidhlig no ri cuspairean eile a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Tha tabhartasan gam pàigheadh a chum taic a chur ri tionnsgnaidhean ùra a tha ag amas air foghlam Gàidhlig a leudachadh no adhartachadh aig ìrean ionadail agus eadar-ùghdarras. Tha Comhairle nan Eilean air làn chothrom a ghabhail air an airgead ùr seo.

'S e ùghdarras mòr-adhbharach a tha anns a' Chomhairle, le 30 sgìre-taghaidh. Gu poiliticeach tha a' Chomhairle neo-eisimeileach, agus chan àbhaist do thagraichean seasamh airson pàrtaidhean aig àm an taghaidh.

Gheibhear sealladh air obair na Comhairle bho na Roinnean aice — Seirbhisean Ailtireachd, Dion Ceannachd agus Slàinte na h-Arainneachd, Leasachadh Eacanamaiceach agus Dealbhachaidh, Foghlam, Seirbhisean Innleadaireachd, Taigheadas agus Obair Shòisealach. Tha roinnean seirbhise eile air taobh a-staigh na Comhairle, a leithid Clèireachd agus Lagh, Ionmhas, Teicneòlas Fiosrachaidh agus Sgiobachd.

Ged a the prìomh oifisean na Comhairle ann an Steòrnabhagh, tha oifisean nas lugha air an Tairbeart, am Baile a' Mhanaich agus am Bàgh a' Chaisteil. Tha a' Chomhairle air a riochdachadh air iomadh buidheann eile, 's obair nam buidhnean sin a' cur ri obair na Comhairle. Tha cuid dhiubh stèidhichte anns na h-Eileanan 's tha cuid eile ag obair aig ìrean nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

AN LAMPA BHEAG DHEARG

le Iain MacLeòid, 3M3 Sgoil MhicNeacail

Bha sinn ùr anns an taigh agus ùr anns an sgìre. Bha mi air cluinntinn gur e taigh aosd a bh' ann agus gun robh e mìle gu leth air falbh bhon taigh a b' fhaig ach cha robh dùil agam gum biodh e a' tuiteam às a chèile.

Thug sinn mìosan a' dèanamh an àird 'Heatherglen' ach mu dheireadh thall aon fheasgar ron gheamhradh chuir sinn thuige teine mòr le fàdan agus le gual. Shuidh sinn sìos, an sgìths air ar bualadh, anns na cathraichean ùra le muga mòr tì agus shocraich m' athair 's mo mhàthair iad fhèin. Cha robh mise cho sgìth riutha agus chaidh mi suas an staidhre. Lorg mi doras beag a' dol suas don lobht agus smaoinich mi, 'An dùil dè a tha shuas an sin?'. Fhuair mi toirdse agus shreap mi suas. A' chiad turas a sheall mi bha an lobht a' coimhead falamh ach an uairsin ghlac rudeigin, ann an oisean dorch, solas na toirdse. Chaidh mi a-null agus lorg mi lampa làn dust anns an oisean. Thug mi i sìos an staidhre agus nuair a ghlan mi i chunnaic mi gur ann dearg le rudan deàlach oirre a bha i. Dh' fheuch m' athair ri a cur a dhol ach cha deigheadh. Theab e an uair sin a sadail a-mach ach bhon a bha i cho brèagha chuir mo mhàthair an lampa dhan rùm-suidhe.

An oidhche sin bha stoirm ann agus nuair a chuala mi còmhradh anns an rùm-suidhe shìos an staidhre aig trì uairean sa' mhadainn bha dùil agam gur e mo phàrantan a bha air èirigh. Bha mi air a bhith nam dhùisg airson greis agus chaidh mise sìos cuideachd. Dh' fhosgail mi an doras agus stad mi le crith eagail orm, cha robh an solas mòr air ach bha an lampa bheag dhearg thuige anns an oisean ach chan e sin a chuir an t-eagal orm. Bha cailleach a' fighe agus bodach le pìob nan suidhe air gach taobh den teine le faileasan an teine mhòir a bh' aca air a' leum timcheall air an rùm.

Dh' èigh iad orm a-steach agus thòisich iad a' bruidhinn rium mar gun robh iad gam aithneachadh. Shuidh sinn a' bruidhinn airson uair a thìde agus an uairsin chaidh an lampa dheth agus dh' fhàs an rùm dorch. Chuir mi air an solas mòr ach cha robh duine eile anns an rùm ach mi fhìn, bha an teine air a dhol às agus chan obraicheadh an lampa bheag dhearg.

Chum seo a' dol airson faisg air mìos. Dhùisginn a h-uile oidhche aig trì uairean agus nuair a dheighinn sìos dhan rùm-suidhe bhiodh a' chailleach 's am bodach nan suidhe an sin, le teine mòr, math aca thuige agus an lampa bheag dhearg thuige anns an oisean, an lampa nach obraicheadh uair sam bith a dh' fheuchadh sinne ri cur thuige. Dh' innis mi dom phàrantan mu dheighinn na caillich 's a' bhodaich ach bha iad a' smaoinicheadh gun robh mi air an dèanamh an àird nam inntinn oir bha sinn ùr anns an àite agus bha sinn a' fuireach cho fada air falbh bhon chloinn eile anns an sgìre.

Aon latha, nuair a bha mi a' tilleadh às an sgoil air mo bhaidhsagail chunnaic mi boireannach a' tighinn a-mach às an taigh againn agus poca na làimh. Dh' fhalbh i anns a' chàr aice agus nuair a ràinig mi a-steach an taigh dh' fhaighnich mi cò a bh' innte. Thuirt mo mhàthair gur ann ag iarraidh stuth airson fèill-reice a bha i agus gun tug i leatha an lampa bhriste a bh' anns an rùm-suidhe. Leig mi èigh asam nuair a chuala mi sin agus leum mi air ais air mo bhaidhsagail agus dh' fhalbh mi sìos an rathad air ais dhan bhaile.

Nuair a ràinig mi am baile bha an fhèill-reice air tòiseachadh agus an lampa air a reic. Chan fhaca mi an lampa no am bodach no a' chailleach tuilleadh.

FEUM

le Donna Nic a Ghobhainn, 3S5 Sgoil MhicNeacail

*Tha na meuran fada aig an duine dhubh
a' tighinn nas fhaisge agus nas fhaisge;
tha an duine grànnda, tana seo ag iarraidh rudeigin,
tha na creutairean a tha còmhla ris a' bàsachadh
ach chan eil dragh aig duine;
agus carson a chuireadh e dragh oirne co-dhiù?
falbhaidh an duine ann an greiseig,
ach an uair a bhitheas sinn fhèin ag iarraidh cuideachaidh
's ann an uairsin a bhitheas sinn duilich,
duilich nach do chuidich sinn na daoine eile
an uair a bha iadsan a' cur feum oirnn.*



WEIRD EXPERIENCE

by Norman MacLeod, 1B Bayble School

In a farmhouse in the middle of Dartmoor a family was settled down beside the fire watching television.

All of a sudden there came a frantic banging on the door. The farmer started up. Jet the sheepdog, every hair on end, growled. The farmer went to the door and quickly opened it.

There, standing on the doorstep, was a man, breathing very heavily, who staggered into the hallway and fell flat on his face, gasping for breath.

The alarmed farmer asked, 'What in Heaven's name happened to you?'

The man slowly stood up, shaking violently, like a feather in the wind. Slowly he asked for a seat. The farmer brought him into the living-room and helped him into a seat.

The man sat down and started to tell his story.

'I was herding my sheep on the other side of the Moor — '

'You own the new farm, then?' interrupted the farmer.

'Yes, that's right,' came the reply from the shaken man. 'Anyway, all of a sudden a red light glowed at my back. I turned round and saw an army of creatures with glowing red heads coming towards me. I fled in this direction. They ate my flock of sheep, and the last time I looked round they were coming after me. One of them threw a strange ball at me and it hit me on the back. Then — '

The man stopped suddenly, his back glowing bright green, and fell dead on to the floor.

The farmer went to the phone to report the incident to the police, but the line was dead.

Just then a red glow shone in through the window . . .

CHAN FHAOD MI TILLEADH

le Cailein T MacCoinnich

Chan fhaod mi tilleadh; sin an-diugh dhomh soilleir,
 Cho soilleir ri caoin-sholas latha,
 No geal bhlàths' na grèine.
 Anail gaoithe o shlios Beinn an Talla,
 Fuar reòite mar shneachd an t-slèibhe.
 Chan eil cuireadh ann tuilleadh
 No cuireadh a shamhradh no dh'fhoghar.
 Tha àm an tillidh dhomh seachad,
 Latha 's bliadhna na roghainn;
 Geamhradh 's earrach mar fhearsaid
 Sniomh an geasaibh dubh làidir
 Seun a dh'fhàg mi seo meallta, falamh.

Bheil cuimhn' agad Gleann Coisleitir a Mhàiri
 Feasgar samhraidh blàth 's i ciaradh?
 Anail na ròs-allta cur seunadh
 Air talamh 's nèamh; smèorach anmoch
 Gleusadh ceòl neochiont 's gun fheum air còmhradh?
 Nan ceum a' lùbadh sios dhan Chaolas,
 'S lasair an fhraoich far na mòintich;
 Eil cuimhn' Baile na Creige 's an Airigh
 Fo Ghreidheabhal, 's a bràighe fo bhrat ranaich.

Ach tha Màiri an-diugh na seanmhair
 An taigh-màil air dubh-shràid Ghrianaig;
 Ged nì mi tadhal, tha mo thadhal dhomh dìomhain.
 Amaideach leatha cianalas mo chòmhraidh
 'S meirgeadh fadheòidh air cuimhn' is claisneachd.
 Chan fhaigh mis aisde ach, 'Ciamar thà thu?'
 Is, 'Cuin thàinig thu 'n taobh seo';
 An iad seo na bilean chuir gu nàire na ròsan?
 An iad seo na sùilean, th' air gròbadh le solas dealain,
 Bha uair lainnirreach fo ghealach an Og-mhìos?

Bheil cuimhn' agad a Dhòmhnaiill, bhith feitheamh na tràghad,
 Ceud solas fàire agus èirigh na grèine?
 Camhanaich bhlàth-dhealtrach an t-samhraidh
 Gun chaochladh ri contraigh no reothart;
 Osna na mara on chorrán, 's an t-samhchair,
 Aig tionndadh an làin, 's linn ga rèiteach?
 Sinn nar suidhe air an tràigh mun ghriosaich
 Feitheamh tilleadh an lìonaidh 's àm tarraing;
 Buille shocair nan ràmh air a' chaolas,
 Ceòl maidne nam faolleag an cois na mara?

Bheil cuimhn agad cùl Mullach a' Gheàrraidh,
 Buala nan Càrn is Cachla Chath-Ordail-
 Còs nan seillean an taic nam bruachan,
 Sinn cas-ruisgt', luath-cheumach an tòir orr'?
 Tochradh blàth foghair air machair
 Le sàth cur cìr-mheala air chòpadh;
 Gach raoin is acha fo gheasaibh na grèine
 'S ri gorm nan speuran, eala nan neòil-gheal?

Ach bodhar a' chluas bheireadh dhomh èisdeachd —
 Carson bheirinn gèilleadh don thaoineis?
 Fuar sàmhach an grunn an aigeil
 Tha do chadal, cian o oitir ar n-òige.
 Chan e sùradh nan tonn air na sgeirean
 Mach o oirthir cladach tìr d' eòlais
 Tha nochd a' tulgadh do leapa
 Ach sruthan coimheach eadar Calais is Dòbhar.
 Cha choinnich rium air an tràigh ach tannasg,
 Tannasg na bhà, 's nach dèan tilleadh nas mò rium.



HI, HO, HOILEABHAG

le Dòmhnall Iain MacIomhair

Bha Seumas a' feadaireachd ris fhèin 's a dhà làimh na phòcaidean. Bha e na sheasamh aig an uinneig. Cha robh fead aige air fonn sònraichte sam bith, dìreach fead an cois na h-analach mar a bha i a' falbh 's a' tighinn.

'Là brèagha air choreigin', thuirt e.

'Dè?' arsa Mairead, 's i na suidhe a' fighe stocainnean dhan a' bhaidseilear. Feadhainn mhòra de shnàth bobain.

'Chan eil càil', arsa Seumas.

Chaidh e gu fead eile. Chunnaic e eòin a-mach tron uinneig. A' leum 's a' sgiathalaich. Chuir rudeigin eagal air na h-eòin agus dh'fhalbh iad. Cat, 's dòcha, smaoinich e.

'Tha òr anns na beanntan', arsa Seumas ann an seòrsa de sheinn.

'Dè?' arsa Mairead.

'Chan eil càil', arsa Seumas.

Chum Mairead oirre a' fighe. 'S bha i a' smaoineachadh. Tha mi 'n dòchas gum bì iad mòr gu leòr dhà. Am baidseilear bochd. Cha dèan e a' chùis ma bhitheas na casan aige fuar. Bha cumadh sàile a' tighinn air sàil na stocainne. Thàinig e a-steach oirre miotagan coise a dhèanamh dhiubh, ach cha bhitheadh sin gu feum. Cha robh i a' cluinntinn feadaireachd Sheumais. Bha an fheadaireachd air a bàthadh na smuaintean. Bha Mairead coma cho fada 's a bhitheadh casan a' bhaidseileir blàth.

Chunnaic Seumas cù a' dol seachad.

'Tog seo orm', ars esan.

'Dè?' arsa Mairead.

'Chan eil càil', arsa Seumas.

Cha robh an cù a' dol a dh' àite sam bith. Cha robh ceann-uidhe aige. 'S dòcha gun deigheadh e timcheall an t-saoghail mus stadadh e. Carson a bha coin ann ach airson a bhith a' falbh an t-saoghail?

'S iomadh rud a chitheadh duine a-mach tro uinneig. Saoghal mòr na thàmh agus a' gluasad. Eòin is coin is beanntan. Thòisich a' bheinn a' gluasad. A' fosgladh. Bha Seumas a' faicinn mionach na beinne a' fosgladh roimhe.

'Tir nam beann àrd', ars esan.

'Dè?' arsa Mairead.

'Chan eil càil', arsa Seumas.

Bha na bíoran a' dol 's a' dol. Lùb bho lùb a' tighinn gu ìre. Cha b' fhada-gus am faigheadh am baidseilear na stocainnean. Bha na bíoran a' bragadaich. Bha iad a' bruidhinn. A' bruidhinn nan cànan fhèin. Cànan nam bíoran. Cha mhòr nach robh iad a' seinn. Nàdar de òran obrach.

Hì, hò, hoileabhag, fighidh sinn na bobanan;

Hì, hò, hoileabhag, fighidh sinn le fonn.

'S bha a' bheinn fosgailte. Bha saoghal eile anns a' bheinn. Bha an saoghal làn dhaoiné. Bha na daoine trang. Bha iad a' cruthachadh rudan. Cha robh e furasta a thuigsinn an toiseach dè bha iad a' cruthachadh. 'S ann a bha na nìthean a bha iad a' dèanamh coltach ri cnàmhan duine.

'Mo shùilean gam mhealladh', arsa Seumas.

'Dè?' arsa Mairead.

'Chan eil càil', arsa Seumas.

Chunnaic Mairead casan a' bhaidseileir anns na stocainnean. Ach cha robh na stocainnean dèiseil fhathast. Dh' fheumadh í dèanamh cinnteach gum bitheadh iad den aon mheud. Bha dath brèagha orra. Dath donn.

Bha iad a' cruthachadh nan cnàmhan anns a' bheinn mhòir fhosgailte. Cnàmhan de chaochladh chumaidhean 's de chaochladh mheud. Feadhainn gheala. Feadhainn bheaga 's feadhainn mhòra. Thòisich iad gan cur ri chèile. Casan. Gàirdeanan. Asnaichean. Cnàmhan droma. Bha iad gan càradh ri chèile ann an cumadh duine. Cha mhòr nach robh an duine ullamh, ach bha e fhathast gun chlaigeann.

'Ceann mòr air duine glìc', arsa Seumas.

'Dè?' arsa Mairead.

'Chan eil càil', ars esan.

Chaidh lùb ceàrr òirre. Chuir í ceart e gun sealltainn ris an fhìghe. Thòisich í a' seinn rithe fhèin.

Hì, hò, hoileabhag, fighidh mí na bobanan,

Hì, hò, hoileabhag, fighidh mí le fonn,

Hì, hò, hoileabhag, fighidh mí na bobanan,

Fighidh mí le sonas 'ad, stocainnean donn.

'Dè?' arsa Seumas.

'Chan eil càil', arsa Mairead.

Bha Seumas gan coimhead. Bha rud aca coltach ri claiigeann ceart gu leòr. Ach cha robh e coltach ri claiigeann duine. 'S ann a bha e na bu choltaiche ri claiigeann eich no ri claiigeann bà, shaoil e. Chàraich iad an claiigeann gu cùramach air a' chnàimhnich.

'Ceann circ' air amadan', arsa Seumas.

'Dè?' arsa Mairead

Cha do fhreagair e i. Cha do chòrd sin rithe,

'Hì, hò, hoileabhag', ars ise.

Cha do leig Seumas air gun cuala e i,

Phut iad putan ann an cnàmh droma a' chnàimhniche. Chrithnich e beagan, agus thòisich e a' gluasad. A' coiseachd mar a choisicheadh duine. Anns a' bheinn fhosgailte. Cha robh fuil no feòil no crìdhe no eanchainn ann. Ach bha e a' gluasad. Bha e a' coiseachd.

'S bha fonn aig Màirí air na bioran. Bha iad a' dol mar inneal le einsean. Cha robh càil anns an t-saoghal aice ach bioran agus stocainnean. Agus am baidseilear. Agus am ministear.

'O, thèid mí fhìn le mo rùn dhan an t-searmoin', sheinn i. 'S an uair sin rinn i lachan mòr gàire.

Thoisich iad a' cur chnàmhan eile ri chèile. Cnàmhan beathaich. Ach chuir iad claiigeann duine air. Phut iad putan anns a' chnàmh droma. Thòisich e a' gluasad, spòg bho spòg.

'S ioma' rud a chunna' mí', arsa Seumas.

'Hì, hò, hoileabhag', arsa Mairead. Rinn i gàire eile.

Bha na stocainnean gu bhith deiseil, 's cha robh dìth grìnneis orra. Bha iad a' coimhead blàth agus tachaiseach. Smaoinich i air lìnigeadh a chur nam broinn gus nach fheumadh am baidseilear a chasan a sgrìobadh às a chèile. Ach cha robh i cinn-teach ciamar a dhèanadh i sin. Co-dhiù 's iongantach gum fàca duine stocainnean le lìnigeadh a-riamh.

Bha an duine le ceann beathaich agus am beathach le ceann duine a' gluasad air feadh broinn na beinne. Nàdar de thoiseach ùr. Eden ùr. Ach cha do chruthaich iad nathair fhathast. No craobh le ùbhlan dearga. Bha Seumas na sheasamh agus a' feitheamh.

'S bha Mairead a' brionndal rithe fhèin. Cha robh ise a' faicinn na bha a' tachair anns a' bheinn. Cha robh i a' faicinn càil ach stocainnean.

*Hi, hò, holleabhag — hi, holleabhag, o hi —
Stocainnean bhobanan air rùn geal mo chridh'*
*Hi, hò, hoileabhag — hi, hoileabhag, o hi —
Stocainnean bhobanan do Sheonaídh Mac a' Phi.*

'Dè?' arsa Seumas

'Chan eil càil', ars ise.

'An tuirt thu Seonaídh Mac a' Phi?' ars esan. 'Thuirt. 'S ann dhà a tha na stocainnean. Don bhaidseilear. Tha Mac a' Phi cho faoin riut fhèin. 'S tha mise ga fhaicinn anns a' bheinn agus ceann beathaich air'.

Rinn Mairead lachan mòr gàire.

*Hi, hò, hoileabhag — hi, hò, hulleabhag
Blàths air do chasan is tu 'g lasgach nan cudaigean.*

Bha fhios aig Seumas nach robh math dhà a bhith rithe. Agus chunnaic e an duine-beathach agus am beathach-duine ag ithe ùbhlán a spion iad bho chraoibh a dh' fhàs às an talamh gu ire abachaidh ann an tiotan. Cho luath 's a bha iad air na h-ùbhlán ithe, thuit iad chun an làir 's cha robh air fhàgail ach dà chnap chnàmhan gun chumadh. An uairsin, gu socair, dhùin a' bheinn 's chan aithnìcheadh duine gun robh i air a bhith fosgailte a-riamh.

Smaoinich Seumas gun robh e fhèin a cheart cho gòrach ri Mairead, 's e a' ceadachadh da shùilean a bhith a' falbh leis. Agus smaoinich e air toiseach ùr, 's air mar a chaidh comasan a bhuileachadh air cuid 's nach deach air cuid eile. Dh' fheuch e ri na chunnaic e anns a' bheinn a bhreithneachadh, ach cha robh e cinnteach.

Bha na stocainnean deiseil. Bha i math air stocainnean fhìghe. 'S bha a beul a' dol ann an nàdar de bhrionndal ciùil.

*Hi, hò, hoileabhag — seall mar a rinn mi,
Stocainnean bhobanan dèante le Mairead.*

Thug Seumas sùil oirre. Bha e fhathast a' smaoinichadh air a' bheinn, agus thòisich e ag osnaich.

'Hi, hò, hoileabhag', ars esan ris fhèin.

DADDY

le Iain MacAsgaill agus Anndra MacLeòid, 3GI Sgoil MhicNeacail

*An-nochd tha Daddy a' tighinn
O nach sinn tha toilichte,
Tha Mammy a' còcaireachd
aran èrna, aran flùir agus aran coirce.*

*'Dè an uair aig a bheil Daddy a' tighinn?'
'Cha bhi e fada,' ars ar màthair.
'Nach èisd thu ris a' ghaoith a th' ann,' arsa Murchadh;
'Isd! Chan eil mise 'g iarraidh a' ghaoth a chluinntinn —
's e oidhche fhiadhaich, uabhasach a th' ann.'*

*tha e nis trì uairean anns a' mhadainn;
'Dè tha cumail an Daddy againn?'
'O, chan eil fhios —
'S dòcha gu bheil e bruidhinn ri cuideigin.'*

*'Falbhaibh dhan an leabaidh, a chlann!'
ach tha iad ag iarraidh an Daddy fhaicinn —
Tha iad a' feitheamh,
's a' feitheamh,
's a' feitheamh.*

*'Tha mise dol suas am baile,' ars ar màthair;
'Am faod sinne tighinn?'
'S dòcha gum faic sinn Daddy',
ach tha ar màthair gu fhaighinn
agus tha a' chlann ga leantainn.*

*tha na ceudan air an rathad
's tha iad uile a' tionndadh
a-steach gu Tolm;
obh, am fuaim!
tha a h-uile duin' a' rànaid,
no a' lorg
's ag èigheachd.*

*Tha sinn fhìn a-nis air faighinn a-mach
gun deach an Iolaire fon mhuir,
chaidh cuid 's dòch' ac' a mharbhadh,
tha sinn a' sealltainn tron fheamainn,
agus sin e
na laighe
cho geal ris an t-sneachda.
tha e marbh.*

Tarsainn:

- 1 Rudan mum bithear a' labhairt no a' sgrìobhadh. (10)
- 6 Barrachd air aon sa' ghrùthan. (4)
- 10 Ceangailte le bann eaglaise. (5)
- 11 Làn bhoillsgidhean beaga teine. (9)
- 12 Tha rud math gu leòr ma nì e an rud seo. (8)
- 13 Mar dh'ithear feòil, 's dòcha. (5)
- 15 'S iongantach gu bheil e seo aig tuath. (7)
- 17 Far am bi na coimhearsnaich. (7)
- 19 Na tha fon ghàirdean. (7)
- 21 Isean a' choin. (7)
- 22 Rann mu ghaol? (5)
- 24 Mòran. (8)
- 27 Tha easlainteach eòlach orra. (9)
- 28 Mar tha iadsan tha fada beò. (5)
- 29 Far an tig fear bho gu h-àrd. (4)
- 30 Tha iad seo ro fhiadhaich airson chaorach a thrusadh. (5-5)

Sios:

- 1 Olar tì às. (4)
- 2 Tha àite-tuinidh deas air Alba. (9)
- 3 Aodach leapa no bùird. (5)
- 4 A' toirt na clòimhe bhon chaora. (7)
- 5 Fear a tha daonnan san rathad. (7)
- 7 Chan fhaighear seo gun rud a dhèanamh. (5)
- 8 'S iad droch laghan an toradh. (6, 4)
- 9 Meadhan uilc — ach a' tòiseachadh bhon bhonn. (8)
- 14 Chan eil iad air bò mhaol. (10)
- 16 Fasgadh do bhàtaichean. (8)
- 18 Mar dh'iarras fear-millidh a dhèanamh. (6, 3)
- 20 Oiteag air leabaidh bhig. (7)
- 21 Uidheam luchd an iomain. (7)
- 23 Cailleach-oidhche, ach tha cluasan fada oirre. (5)
- 25 Faic am meas beag. (5)
- 26 Orain. (4)

A' CHUAIRT

le neach a rinn i

Chòisich e sìos an rathad air a shocair. Bha ceum bho cheum ga thoirt na b' fhaisge air a cheann-uidhe. B' ann slaodach a bha an t-slighe, agus chunnaic e seilcheag anns an dol-seachad. Bha a saoghal fhèin aicese. Os a chionn bha adhar gorm air a bhreacadh le sgòthan samhraidh, 's bha oiteag shocair gaoithe a' sliobadh an fheòir. Là math airson ceann-uidhe a thoirt a-mach, smaoinich e.

Bha e a' cluinntinn nan eun a' seinn gu dìomhain, ach cha bu lèir dha idir iad. Chuimhnich e air na h-eòin air an robh e eòlach na òige, 's air mar a bhiodh iad a' seinn 's ag itealaich. Nach i an òige an-diugh a bha fada bhualdhe, mar aisling a dh'fhàg e na dhèidh. B' iomadh aisling a bh' ann. Bha an saoghal na aisling, 's an cruinne-cè na chadal. 'S ged a bha, bha e a' cluinntinn fuaim nan gunnathan 's nan gunnathan mòra — a' losgadh 's a' losgadh gun sgr. Cogaidhean ann an tìrean fad às a' tighinn fa-near dhà, coltach rì na h-aislingean eile.

Agus na dàin. Bha cuimhne aige air na dàin. Bha cuid dhiubh sin mu chogaidhean cuideachd, mu na deòir a shìl e.

Bha an rathad cho slaodach, cho slaodach rì latha samhraidh, cho slaodach rìs an t-sruthan a bha gus tìormachadh ann am pathadh na grèine. Sin mar nach robh a bheatha — slaodach. Chuimhnich e air a liuthad samhradh a chaidh seachad, dìreach mar dheidheadh an là seo seachad, a-steach don cheò ann an eachdraidh na beatha.

Agus Cairistiona. Càite an robh i a-nise? Chunnaic e tìotan i, le na gruaidhean dearga 's leis an fhalt dhubh. Dh'fhalbh i mar a dh'fhalbhas bogha-froise, ga fhàgail a' sìreadh an ionmhaís. Ach 's fhada bho thuig e nach robh ionmhas ann, 's ged bhithheadh e ann bha e a-nis ro lag airson a shìreadh.

Bha e fhèin agus inntinn a' sìubhal air an aon slighe, mar chàirdean a fhuair aithne ùr air a chèile. An eachdraidh agus na naidheachdan taobh rì taobh, mar dhà leannan air oidhche làn rionnagan. An spèis agus an còmhradh beag. Na cnapan-starra. A' cheò ag èirigh bhon chagallt. Sgrìach an naoidhein a' cur an cèill an acraís. Sgrìach na bantraich a' cur cèill a' bhròin. Sgrìach saoghall a' gèilleadh don chogadh, agus neochiontas a' gèilleadh don pheacadh.

Bha. Bha an t-slighe fada. Bha an samhradh cho fada rìs an là, 's an là cho fada rìs an t-samhradh.

Chum e air a' coiseachd, là an deidh là, samhradh an deidh samhraidh. Mu dheireadh ràinig e a cheann-uidhe. Stad e tìotan airson smaoineachadh, agus thòisich e air a' chuairt a-rithist.

SUIL AIR AIS

le Iain MacLeòid, 3M3 Sgoil MhicNeacail

Dhùisg mi tràth 's an coileach a' gairm. Bha e air a bhith a' cur tron oidhche agus bha an talamh geal 's sleamhainn, ach bha mi fhèin 's mo bhràthair beag, Uilleam, glè bhlàth anns an leabaidh dhùinte againn. Shreap mi a-mach as an leabaidh gu slaodach agus gu faicallach; cha robh e cho furasta le òrdag mhòr mo bhràthar nam bheul!

Thòisich e an uairsin, 'Cait eil Iain? Cait eil am bainne 'son mo lite? An deach duine a bhleoghan na bà fhathast?' Bha an aon duan a' dol a h-uile madainn — mo sheanmhair ag èigheachd 's a'putadh a' bhalla leis a' bhata, bheag, cham aice.

Shlad mi orm m' aodach aosd, tolltach — chan fhada gu feumainn briogais eile fhaighinn bho Dhòmhnall, mac bràthair mo mhàthar agus gheibheadh Uilleam an te agamsa. Bha na peilichean fiodha agam anns a' bhàthaich 's nuair a bha peile agam anns gach làimh, chaidh mi a-mach air doras an t-sabhail agus thòisich mi a' ruith sìos a' chroit don tobair oir bha an sneachd uabhasach fuar air mo bhonn.

Bha e math faighinn air ais don taigh ach mus robh tìde agam mi fhèin a bhlàthachadh ceart aig an teine thòisich 'Teillean-dè' agus 'Boinneag' a' gnòsadaich agus chaidh mi steach a bhleoghan a' phaidhir fheumail a bha sin. Nuair a thill mi thòisich mo mhàthair a' deanamh lite. Bha m' athair na shuidhe air a' bheing a' lìonadh a phioba le tombaca ach dh' aithnicheadh tu, leis mar a bha e a' coimhead an teine gun robh e fhathast na leth chadal. Dhùisg mi Uilleam agus ghabh sinn ar lite.

Leum sinn, le ar fàdan 's ar leabhraichean, air cairt a' cheàird 's bha sin dìreach cumhachdach. Leum sinn dhith aig geata na sgoile gun fhios aige gun robh sinn innte. Bha na balaich eile a' sadail bhàllaichean-sneachda 's cha robh an ceàrd ro fhada sìos an rathad mus robh còta fuar, geal air fhèin 's air a' chairt aige.

Dh'fhalbh an glag 's bha sinn toilichte faighinn a-steach dhan rùm bhlàth. Bha an sgoil an aon rud a h-uile là, an aon rud an-dè 's an-diugh agus bithidh i an aon rud a-màireach ach chan fhada gum bi mise a' fàgail oir tha mi dol a dh' obair nam chòbair aig a' mhaor nuair a thig an samhradh. Cha chaomh leam e ach tha treallaich airgid ann dhomh. Bha mi a' faireachdainn mar gun robh mi air a bhith nam shuidhe anns an rùm ud bhon là a rugadh mi, a' sgrìobhadh, 's a' leughadh agus bha mi glè thoilichte an tidsear a chluinntinn a' bualadh na glaige aig ceithir uairean! Ruith mi dhachaigh, a' slaodadh Uilleim às mo dhèidh.

Bha cupan bainne blàth an duine a' fuireach ruinn nuair a ràinig sinn an taigh. Thàinig Dòmhnall Choinnich agus Anna Bheag bhon ath-dhoras a chèilidh oirnn às dèidh dhuinn ar sgadan sailte 's buntàta ithe.

Chaidh mi fhèin 's Uilleam 's na balaich eile sìos a chluich shlaoidichean air an deigh aig Fuaran Thòmais agus 's ann ruinn a chòrd an oidhche. Cha robh guth air fuachd — a h-uile fear mar am bainne cho blàth, a' tuiteam 's ag èirigh 's a putadh a chèile gus an deigheadh sinn air ar beul fodha san t-sneachd. Bha deàrrsadh math às ar gruaidhean nuair a ràinig sinn dhachaigh ann an solas na gealaiche, a h-uile fear gus tuiteam leis an sgìths. Cha leig mi leas a ràdh nach robh càil a dhith cadail ormsa an oidhche sin!

A' CHATHAIR THULGANACH

le Ruaraidh MacThòmais

- 1 *Tha a' cathair-thulganach a rinn mo sheanair
fhathast 'na mo chòir;
thug e dha mo mhàthair i
's i togail teaghlaich,
is chaidh i an sàs
a-rithist anns an dreuchd sin
anns an taigh agamsa;
is mòr na dh'huiling i
ach tha i bèo slàn fhathast
's cha mhisd' i facal buidheachais.*
- 2 *I air a snaigheadh gu cuimir,
loinn an lùb an fhiodha,
air cruth nan casan,
grinneas 'na gàirdeanan,
neart fhathast 'na com,
liomh air an fhiodh fo làimh na h-ealain,
's an tulgan aice socair rèidh.*
- 3 *A-null air a' bhàgh, Eilean Hàbhaidh
a' tràghadh 's a' lìonadh,
an eaglais gad tharraing,
is teagamh cur stad ort,
an ràmh is am bac,
is an acair ga tarraing,
is plub aig an fheamainn.*
- 4 *An locair thugad is bhuat,
a' ghilb-chruinn ga sàthadh,
's an sgeilb ga putadh,
's tu cuimhneachadh na h-ighne,
is Aдаidh dripeil mu 'n teine,
's an t-suirghe a bh' agaibh ann an Glaschu,
's an gille a chailleadh anns an Fhraing,
's an tótaman a rinn thu bliadhn' eile
a' cur charan.*

5 *Ged nach dealaicheadh na diadhairean
ri criomag den ghliob
cha do chuir sin stad ort;
leag thu do stèidh
eadar an rathad 's an cladach,
is thog thu balla
a chuireadh casg air muir-làn,
's gun ach corra chnap feamad
a' ruighinn doras an t-seada,
's na bollachan mine slàn
a' feitheamh an tarraing,
is deich slatan fichead
eadar thu 's an cairidh,
is chunna tu sgadan
Loch Eireasoir a' tighinn air tìr
leis a' bhruthadh
mus tàinig na bàtaichean grànnda
coimheach a chreachadh an t-saoghail a bh' agaibh.*

6 *Fad saoghail a' togail thaighean
's a' togail teaghlaich —
trì duine deug a bh' agaibh —
's a' togail chisteachan-laighe;
sibhse air triall o chionn fhada
's na trì daoine deug a-nis mar ruibh.
Is eadar glagraich nan òrd
còmhradh 's caithream,
naidheachd an t-saoghail mhòir
is naidheachd a' bhaile,
slaoraich air a chlàith-luadhaidh,
suathadh 's faram,
is fad an latha beairteas òran
a tìr-mòr is eilean,
làn is traghadh,
is togail an fhuinn Là na Sàbaid,
's an Cruthaighear a' cumail sùil oirbh
eadar an teine 's an tallan.*

- 7 An Cat a' teàrnadh troimh na feannagan,
cas mu seach, biorgadh sròine,
lasair san t-sùil, 's a dhùil
ri frionas is fealla-dhà,
An Cat a sheas air beulaibh bàir
ann a Steòrnabhagh,
is a labhair cho sèimh ris an fhear-lagha,
'My learned friend',
a dh' fhàg a' Phiseag aig an taigh,
an dèidh a' bhuntàt' 's a sgadain
gus beachd a thoirt air an t-saoghal —
duine caomh, ciallach
a bh' ann an Aonghas Alasdair,
crom ann a sin
os cionn na cathrach,
ag èisdeachd ris a' mhialaich.
- 8 No thigeadh Murchadh Iain Ailein
bho àird eile,
duin' àrd breithneachail
a bha air a bhith 'na bhall-Pàrlamaid
no 'na Rùnaire Aonachd ann a saoghal eile,
duine bha thall 's a chunnaic;
thigeadh samhla thuige cho luath 's cho grinn:
"S ann a tha mi ga do shamhlachadh
ri tè a bhiodh 'na seasamh ann an doras carabhan'.
Tulgan aig a' chòmhradh eadar gàire 's gamhlas.
- 9 An eaglais gu bhith falamh
a dh' aindeoin briathrachas MhicCaluim,
am Mansa mòr air a' chnoc,
a' ghliob mhòr fharsaing
is dìth fearainn air luchd a' bhaile,
Dùghall a-nuas troimhn a raon
leis an tarbh,
is bodach ' a' faighneachd le fios:
'Cò fear ac' air a bheil Dùghall?'

0 'S an tè an ceann-a-muigh a' bhaile
 aig a robh taigh làn chat,
 agus, a thuilleadh orra sin,
 a' bhuidseachd, bha e cho math
 gun chus a ràdh, mus deigheadh an rath
 an rathad eile,
 's bha an rathad fada gu leòr dhi
 a' slaodadh a' bholla bran dhachaigh:
 cuimhnich air a sin, a chathair thulganach.

11 Ged as i a' Ghàidhlig
 bu chainnt màthar dhuibh uile,
 's bu chainnt teallaich,
 bha smodal de chainnt Ghlaschu
 a' togail ceann
 bho àm gu àm,
 's tu taghadh pìob
 as an ealchainn
 aig a' bhreus anns a' chidsin,
 a' cuimhneachadh Cluidh.
 Chan ionann an taigh 's am baile
 a th' ann:
 a' Ghaidhlig a' fàs gann
 is fann —
 tulgan an t-saoghail a' tighinn gu baile.


12 Ach fada mus tàinig a' chuthag sin
 thàinig àl ùr dhan a nead
 is là ùr air a' bhaile.
 Thug na laoich ionnsaigh air a' ghliob,
 is fhuair iad lotaichean,
 le iomairean an àite feannagan,
 coirce is buntàta nan croitearan
 an àite arbhar a' mhinisteir.
 Is bha mac leat 'nam measg,
 's an àite dhol a Thaigh Uilleim
 b' fheudar taigh a thogail do dh' Uilleam,
 is faisg air crìoch do shaoghail
 bha thu fhathast an sàs
 le locair is òrd is sàbh.

- 13 *A-nis, còrr is leth-cheud bliadhna an dèidh sin,
tha turgan fhathast anns a' chathair,
is turraicail aig an eathar anns a' bhàgh,
cogaidhean ag èirigh 's a' sioladh,
gluasad aig an eileatrom suas is sìos,
Zeus is Krishna gu h-àrd,
's na maoir thalmhaidh le 'n smachd,
Khomeini a' tighinn 's a' falbh,
an fhuil 'na deann 's a' dòrtadh,
an claidheamh le aogas bom air,
an fheamainn a' laighe 's a' seòladh,
màthair fo chis an dòchais,
's an seileasdair ag èirigh às an taiseachd.*
- 14 *Chan eil ann an ceud bliadhna ach ùine ghèarr
ann a sealladh na sìorraidheachd,
ach an dèidh sin, 's fhiach e
clach a chur air a' chàrn,
is facal fhàgail aig a' chomann sin:
'A h-uile là'.*



UILLEAM

le Iain F MacLeòid, 6M2 Sgoil MhicNeacail



Chaidh mi chun
a' chleachda a bhith anns a'
im, ach bha smaorachadh
a' feadh nam bliadhnaichean.
Tha a' bheart a-nise

Tha a' bheart a-nise a'
glagadaich nam cheann.....
...mar uaireadair.....gun tàmh.

'S e Uilleam a bh' air, na shuidhe air stòl na beairte, 's e fhèin 's an saoghal aig fois. Bha e a' caitheamh a bheatha san àite beag fhuicheagach ud. An inntinn aige a' dol bho thaobh gu taobh mar spàl. Bha e dèidheil air beagan feallsanachd an-dràsda 's a-rithist, ach chan fhaigheadh e an cead nuair bha inneal nan iteachan aige a' dol mar rud às a chiall. Air oidhcheannan fuara gearraidh gheibheadh tu e a' fighe 's ag èisdeachd ri Chris de Burgh air an Sanyo aige. Aig an aois ud chan aidichinn gun robh a bheatha caran falamh, mì-dhòchasach ach cha robh e an urra riumsa a radh.

Tha cuimhne agam, aon latha, a bhith a' bruidhinn air còmhla ri mo mhàthair nuair bha mi òg. Cha tuir i càil ach, 'O, tha e glè dhòigheil na dhòigh fhèin'.

Bha ùpraid nam inntinn an dèidh sin ach cha b' fhada gus an do dh' fhuadaicheadh m' inntinn gu rud eile. Girlfriend, mar a chanadh iad. A-nise, cha robh càil mar seo air aire Uilleim. Bha caoraich aige, ach mar a thuir m' athair, 'Chan eil bearradh coltach ri boireannaich'.

Bha mi an làn dhùil gun robh m' athair ceart, ach fhathast air oidhcheannan fliucha, fuar no blàth, sheallainn a-null chun a' bhothain agus blàths math an uisge-bheatha a' tighinn às. Chan fhaiceadh e seachad air na herring-bones dheamhnaidh aige, ach cha do chuir sin dragh sam bith orm. Gach latha fliuch, fuar no blàth, bha mise san sgoil a' sgrùdadh mo leabhraichean.

Aon oidhche chaidh mi a-null chun a' bhothain. Bha an deoch air a' bhothan, agus bha am bothan a' seinn fonn sgriosail Gàidhlig nach seinneadh Kristine gu bràth. Sheall mi timcheall ach bha mi a' faireachdainn neònach, mar bhotal bainne ann an creit Guinness. Thàinig duine a-null thugam airson rud a bhruchdadh nam chluais. Cha do chòrd e rium agus thog mi orm dhachaigh, gu mo mhàthair.

An ath thuras a choinnich mi ris 's ann a bha e crom am broinn a' chàir againn. Bha m' athair air spanar a thoirt dhomh airson mi fhìn a dhìon anns a' chàr, ach cha do bhuail mi idir e.

'Geam math a bhalaich! Five-nil. Bithidh an cupan againn mus tèid an t-seachdain seachad'.

Dh' aontaich mi ris. Agus dh' fhuiling mi uair a thìde a' bruidhinn air iasgach, air a' mhuir, air na caoraich agus air uisge. Chan fhuilinginn an còrr. Thuirt mi 'excuse me' agus dh' fhalbh mi airson cuairt. Dh' fhàg mi Uilleam air a dhòigh a' cluiche leis an spanar. Choisich mi dhachaigh.

Dhùisg mi sa' mhadainn 's a' bheart a' glagadaich. Bha faing againn an-diugh. Shuidh mi air oir na leapa, a' beachdachadh rium fhìn air a' chron a bha an saoghal a' dèanamh orm. Faing na galla.

Shuidh mi air na pocannan de thodhar gallda, bòtannan uaine orm agus miotagan nigheadaireachd mo mhàthar air mo làmhan. Bha mi 'ready to rumble' mar a chanadh Dolaidh Mòr, an duine a bha ri mo thaobh. Mìle uair an latha ud chaidh mi seachad air Uilleam, gàire a' sracadh a ghruaidhean. Bha latha toilichte aig gach duine, a' deasbad agus a' fealla-dhà mu chaoraich, mu bhall-coise agus mun chlub. Cha robh mise a-riamh air a bhith anns a' chlub, 's bha mi den làn bheachd nach deidhinn ann gu bràth.

Dh' fhalbh mi greis, air falbh bho na h-Eileanan. Nuair thill mi cha chluinninn brag na beairte a bha air a bhith a' bragail fad mo bheatha agus fad beatha Uilleim.

'S e chòrd ris fhad 's a bha e ann. Bha deagh latha aige. O, duine cho math 's a gheibheadh tu a-riamh. Tha cuimhne agamsa air anns a' chlub aon oidhche...'

Chaidh mi chun an tiodhlacaidh còmhla ri m' athair, agus còmhla ri na daoine a chleachd a bhith anns a' bhothan. Cha robh càil ach cainnt mhath mu dheighinn, ach bha smaoineachadh gu leòr orm. Cha robh fhios agam cò a chaill a shaorsa feadh nam bliadhnaichean.

Tha a' bheart a-nise a' glagadaich nam cheann... mar uaireadair... gun tàmh.

DA DHAN

by John Hudson, P7 Sandwickhill School

In the Beginning

*In the beginning
the creation was created,
the world was glued,
night was down,
day was docked,
and made into two.
God the maker,
made the earth,
the sea,
the birds, the bees,
the life, the lions,
the big, the meek,
the trees, the grass,
poppies, people,
plants,
laughter,
sea mammals,
and animals,
and God was pleased.*

St Columba's Church

It is very old,
but still stands bold;
clearly as gold,
it can't be sold.

It is ruined to say the least,
there buried lies many a man,
Vikings honoured for burial here,
to make people stop and stare,
at the beautiful statues standing
without a care.

It is very cold,
with the bodies it holds,
decaying bones of heroes bold,
and the statues made to guard the
ground,
which is our birthright,
sacred ground of our ancestors.

It is very old,
but still stands bold;
clearly as gold,
it can't be sold.

‘CHA TACHAIR E TUILLEADH’

le Cailein T MacCoinnich

Sin a thuir iad nuair a chrìochnaich a’ chiad Chogadh Mòr ann an Naoi Deug ’s Ochd Deug. ’S gann fichead bliadhna an dèidh sìth a ghairm, thachair e — cogadh na bu mhotha ’s na bu mharbhtaiche na fear a bh’ ann roimhe. Cò chreideadh an ùine cho goirid, gum biodh rìoghachd a chuireadh fo na casan, deas is làidir gu leòr airson dùbhlán a thoirt dhan t-saoghal. Agus cò bu choireach?

Ceist nach eil furasta a freagairt, na aon fhuasgladh coileanta thoirt dhi; tha choire na laighe aig a liuthad doras, air cogais iomadh duine agus dùthcha. An dèidh gach cogaidh, ’s i phrìomh cheist a bhios air rìoghachdan ’s air ceannairdean rìoghachdan, ciamar a chumar an t-sìth; ciamar a nithear cinnteach nach tèid aig aon duine no aon rìoghachd cothrom fhaighinn rìoghachd no stàit eile chur fo cheanns leis an eucoir ’s leis an fhèirneit.

Glè mhath, ma thà. Faodaidh gu bheil iad a’ ciallachadh sin, feadh ’sa tha na lotan fhathast ùr, cràiteach. Faodaidh gu bheil an rùn math, ’s an spiorad togarrach, ach riamh agus roimhe bha an fhèidil anmhainn. Chan eil mòran cothrom aig aonta, còrdadh, co-chuideachd seasamh air bunait earbsaich, fhad ’s tha sannt, amharas agus aineolas a’ riaghladh cridhe agus aigne chlann nan daoine an cumantas.

Am fear mu dheireadh an toiseach — aineolas. Chan eil mi a’ ciallachadh le sin cion-eòlais sa’ mhodh choitchinn no litireil; tha mi a’ ciallachadh cho fad ’s a tha e an duathar air aon rìoghachd na tha dol a-staigh air crìochan rìoghachd eile — an ath dhoras ma dh’ fhaoite! Co-dhiù, sin a bhios iad a’ cumail a-mach, ’s ga thogail mar leisgeul nuair a dh’èireas leithid a Khaiser, Hitler no Saddam Hussein le feachdan air nach robh dad a mhothachadh aig an duine chumanta. Bheil ar luchd-riaghlaidh, an h-eòlaidhich, ar luchd-faireachais, ’s farchluais, onarach ruinn? Bheil an fheadhainn aig a bheil fios, a’ cumail an seul, an cluasan, an teanga — ’s faodaidh an sùilean — dùinte chionn ’s gu bheil mòran airgid an sàs an oibrichean-armachd agus gnìomhachas-cogaidh na rìoghachd sin tha a’ deasachadh gu sgòrnan a coimhearsnachd a ghearradh.

’S tha sin gar toirt gu prìomh mhàthair-adhbhair gach còmhstri is cogaidh a bha ann riamh—sannt. Chan e mhàin sannt an duine no na rìoghachd a tha sanntachadh cuid a nàbaidhe, ach sannt nam feadhainn tha coma co-dhiù dè an eucoir a nì aon rìoghachd air rìoghachd eile, cho fad ’s a chuireas sin sgillinn nam pòcaid fhèin. Tha iomadh cruth air airgead fala. ’S tha mi cuimhneachadh gu h-àraidh briathran Iain MhicLeòid, am bàrd à Siabost, a sgrìobh aig àm Cogadh nam Boers;

*'O 's ann tha 'n sonas 's an t-sàmhchair
Aig bodaich an àit' againn fhìn,
A shìneas iad fhèin air an cluasaig
Ged chluinneas iad fuaim na h-aisith;
Cha ghleus iad claidheamh mur fheudar,
Ag iomain na sprèidh air an raoin.
'S ma bhruidhneas tu riutha mu chogadh
'S e their iad, 'ma thogas siud prìs''*

Mar thuirt an seanfhacal, 'Chan ann an aon àite tha' n t-olc.' Agus de gach olc ar leam nach eil gin cho fìor mhairbhteach ri sannt; chan eil ceann air fad a teadhair.

Tha e glè mhath a bhith cur stamhnadh-malairt air dùthaich no stàit nuair dh'èireas cogadh no bagradh cogaidh; ach carson nach do rinneadh sin mun tàinig cùisean gu ìre na h-èiginn, 'n àite bhith dòrtadh a-steach ìnnte airgead, armachd, agus uidheaman sgriosa nach eil airidh eadhan an ainm armachd? Eighidh a' bhrùid 'Stad', nuair tha leòr aice, ach 's ann ainneamh a nì mac an duine e.

'S a-nis amharas. Their iad gu bheil amharas tric co-ceangailte ri eagal, mì-chinnt, 's tha e furasta fhaicinn ciamar tha e ag èirigh eadar rìoghachdan. Cion earbsa às aon a chèile. Amharas nach eil an rìoghachd eile a' ciallachadh na tha i 'g radh. Nach gabh a facal a ghabhail. Gu bheil an rìogachd eile a' deasachadh gun fhiosda airson cogaidh. 'S e rud a th' ann a tha fuaighte gu nàdarra ri gnàthas an duine.

Mar tha mi sgrìobhadh seo, tha Amaireagaidh, Breatann, 's roinn mhath de rìoghachdan saora an t-saoghail am bad Iraq 's am prìomhaire aice, Saddam Hussein, an dèidh dha a dhèanamh air Cuidheit an rud a rinn Adolf Hitleir air na nàbaidhean beaga aige san Roinn Eòrpa. 'Cha tachair e tuilleadh', thuirt iad, nuair a chuireadh fodha a' Ghearmailt. 'S gun dàil chuireadh air chois Co-chòmhruidhean, Aontan, Còrdaidhean airson a dhèanamh cinnteach nach tachradh. Agus dè am feum a rinn iad, a bharrachd air anail bheag a thoirt do chuideigin airson e fhèin a dheasachadh fa chomhair an aon rud a dhèanamh a-rithist. Tha iad ag radh gu bheil cuibheall eachdraidh a' tionndadh an àrd nan dearbh rudan, uair is uair thairis air na bliadhnaichean. Ar leam gu bheil meur mhic an duine a' toirt siùdadh beag, an-dràsda 's a-rithist, dhan dearbh chuibheill a th' ann!

Helsinki, Còmhruidhean Salt, 's corra oidhirp eile airson ceart is còir dhaoine agus rìoghachdan a ghleidheadh 's a' h-uile rìoghachd bha sàs ann, 's a h-amharas fhèin aice mu chàch, a dòighean fhèin air cùmhnantan nan còrdadh a mhìneachadh. Riochdaire Breatannach a' tilleadh à Munich, gàire an amadain air aodann, 's e glaothaich 'Sith le onair', an dèidh creideas a thoirt do fhacal a' bhreugaire 's a' mhèirlich. Càite bheil sìth, càite bheil onair às aonais Còir is Ceartais?

Arsa Cìrus Bhance, rùnaire-stàite Amaireagaidh, 'Chan fhaod rudan beaga mar chùirtean dùthcha maill a chur air gnothaichean mòra, mar tha Còmhruidhean Salt'.

Ach cuimhnicheamaid gur e gèilleadh do Hitler anns na rudan beaga, a chuir e mu dheireadh air tòir nan rudan mòra. Gur e aon pheileir beag am baile beag Sarajebho, a rinn an saoghal fhalcadh am fuil nan neo-chiontach.

Nach eil Saddam Hussein air a leithid eile dhèanamh, 's mòran fhathast den bharail gur còir a bhith foighidneach is reusanachadh ris. Bheil cuimhn' aca air briathran Solzenitsin ann an Gulag? 'Chan iarr am madadh-allaidh an còrr ach a' chaora ghèilleas gun mhiadhal.'

Aon nì tha a' brosnachadh dòchas sìthe anns an t-saoghal, 's e cho luath 's a chaidh rìoghachdan air ghluasad, nuair a thog Cuidheit bheag a guth. Nan do rinn rìoghachdan na Roinn Eòrpa — an t-saoghail — e nuair a dh'èigh Czechoslovakia bheag a mach 's na h-èiginn, bha iad air fìaclan Hitler a chur na shlugaid; mo nàire air rìoghachdan na h-Eòrpa gu h-àraidh, nach do rinn iad e.

Tha e a' toirt nam chuimhne rud a thachair 's na Lìnntean Meadhanach (a bheil a' chuibheall air an dearbh rud a thoirt mun cuairt a-rithist?).

Bha an Tuirc, ceannabhaile nam Moslamach, air thuar an Roinn Eòrpa (A' Chrìosdalachd) a chur fo casan. Bha rìoghachdan beaga an Adriatic a cheana fo chis aice. Shìn am Pàpa a ghàirdeanan a-mach 's dh'iarr e cobhair. Mar thuirt am bàrd, Chesterton;

*'Bha banrìgh fhuar nan Sasannach
A' coimhead anns an sgàthan;
Bha prionns' na Fraing' a' meuranaich
'S an aifreann 's i ga shàrach'.'*

Cha robh Teàrlach Martel, Ruiseirt na Leòmhain, Raymond à Toulouse, no Guaire à Buillon ann a thogadh an claidheamh an aghaidh Mahound — gus an cuala prionnsa beag gun ainm, gun chòir crùin, an gairm. Chruinnich Dòmhnall Iain (Don Jon) à Austria ablach de arm, chuir e gu sàl le cabhlach bheag de sheann bhàtaichean-malairt, agus chuir e às buileach do chabhlach mòr na Tuirc aig blàr-mara Lepanto. 'Trì-fillte neart an fhir don dual a' chòir.' 'Am Fear a Shaor an Roinn Eòrp on Turcach'. 'S cha chualas an còrr mu dheidhinn. Thill e dhachaigh 's chaidh ainm bàs ann an duilleagan eachdraidhe. Coltach ri ainm is cliù iomadh gaisgich agus neach làidir a sheas, a chathaich, 's a dh'fhuiling airson còir-ceartais is saorsa am-measg dhaoine.

Bidh sinne an dòchas gum bi barrachd air facal beag aig na gillean tapaidh san arm, sa' chabhlaich, san fheachd-adhair, ann an cùmhnantan sìthe, an còrdadh, ann an stèidheachadh còire is ceartais eadar rìoghachdan.

Thoil iad e, bharrachd air mòran an ionnadan àrda, 's am-measg nam beartach, a bha cheart cho coireach, ann an dòigh, ris a' Khaiser, ri Adolf Hitler, 's ri Saddam Hussein, airson truaighe cogaidh agus call beatha nan neochiontach.

FUASGAIL SEO!


Sgrìobh aon fhacal mar fhreagairt air gach ceist a leanas. An uair sin gabh a' chiad litir de gach facal a sgrìobh thu 's cuir rian orra airson ainm balaich a dhèanamh.

1. Dè an dath nach gabh dath?
2. Dè an t-eilean a tha 'n ear air Ceann Tìre?
3. Cia mheud còig a th' ann an dà fhichead 's a còig deug?
4. Dè na togalaichean gum biodh daoine a' dol san t-samhradh air a' mhòintich?
5. Dè na h-eileanan as fhaide tuath ann an Alba?
6. Dè a' chiad ainm a th' air a' bhàrd a sgrìobh na dàin ann an 'Creachadh na Clàrsaich'?
7. Dè a bha fa-near do Bhòrd na Gàidhealtachd a bhith a' dèanamh?
8. Dè an t-eilean anns a bheil Port Ascaig?

Gheibhear na freagairtean air t.d. 109

CAIRDEAN?

le Iain MacLeoid, 3M3 Sgoil MhicNeacail



Balach comasach gnothaicheil,
 fhuair e air adhart;
 rinn e tòrr airgid —
 sguir e a dh' obair 's e fhiathast òg,

cheannaich e taigh mòr,
 measg uaislean Lunnainn,
 bhia searbhiantan gu leòr aige,
 fi-uile nì cho furasd dha,

pàrtaidhean gun sgur,
 's càirdean ùra a' nochdadh;
 chanadh iad ris, 'Nach e an taigh a tha brèagha!'
 agus, 'Nach e am pàrtaidh a tha math!'
 agus an uairsin, 'Nach toir thu dhuinn beagan airgid',
 'beagan airgid gus am pàigh sinn ar fiachan', chanadh iad,
 's gheibh thu air ais a h-uile sgillinn',
 agus, 'Na biodh càil a dhìth ort —
 cuidichidh sinne thu!'

dh' fhalbh na bliadhnaichean 's chaill e
 a chuid airgid air amaideas 's air a chàirdean,
 nach tug càil air ais a-riamh dha;
 reic e na bh' aige 's chaidh e a dh' fhuireach an taigh-loidsidh
 cait an robh na càirdean a-nis?'

dh' fhàs e tinn,
 le dìth bidh 's droch cheartas,
 thug e bliadhna san ospadal
 's dhùin an taigh-loidsidh, 's bha e gun
 àite-fuirich,

chaidil e air na sràidean,
 fo dhirochaidean 's ann an dorsan,
 fo bhucas 'chardboard' agus pàipearan-naidheachid,
 's bha e ag ithe às na bionachan,

càit a-nis an robh na càirdean
 a bha dol ga chuideachadh?
 cha robh duine na charaid aige a-nis
 oir cha robh airgead aige,

bhàsaich e na thruaghan air sràidean Lunnainn,
 thiodhlaiceadh e ann an uaigh
 còmhla ri còignear thruaghan eile;
 cha tàinig duine chun an tiodhlaicidh aige;
 abair gun robh e math nuair a bha airgead aige,
 ach a-nis, a-nis,
 cò a bha son a bhith air fhaicinn,
 aig tiodhlaicadh dìol-dèirce?

TURAS NEILL DHACHAIGH

le Iseabail Pheutan, AS5 Sgoil Lionacleit

Bha lain trang air a' chroit mar a b' àbhaist agus athair na shuidhe sa' chathair aig an uinneig ga choimhead ag obair. Bha athair a' smuaintinn air làithean òige agus an toileachas a bha aige am feur, an t-arbhar agus a' mhòine fhaighinn dhachaigh airson a' gheamhraidh. A-nis b' e lain am mac a b' òige a bha dèanamh na h-obrach dha. B' e gille tapaidh agus feumail a bh' ann.

Bha aon mhac eile san teaghlach — Niall. Dh'fhàg esan an dachaigh an dèidh an sgoil fhàgail. Rinn e air a' bhaile mhòr. Bha sin a' còrdadh ris. Thigeadh e dhachaigh an-dràsda 's a-rithist ach cha robh athair ga fhaicinn mar mhac tuilleadh. Dh'atharraich an dòigh beatha ùr e. Chan fhuiricheadh e fada air a thuras.

Dh'fhosgail an doras agus nochd lain a-steach. Dh'fhalbh smuaintean a' bhodaich bho Niall.

Gabh lain a-null chun an teine agus thill am blàths na bhroinn. An uairsin chuir e air biadh dha fhèin is dha athair.

Thàinig an t-anmoch is chuidich e athair dhan leabaidh. Bha lain a' faireachdainn sgìth. Thog e e fhèin suas air a' chluasaig.

Bha am mac agus an t-athair an dèidh a bhith fuireach còmhla airson bhliadhnaichean. Bha athair taingeil dha. Bha e ga chuideachadh tro amannan riatanach.

Cha robh guth air Niall.

Bha athair a-nis a' fàs bochd le tinneas. Bha e dol nas miosa gach latha. Bha gruaim is sgìths air lain.

Bhàsaich athair.

Bha lain a-nis na aonar, agus ag ionndrainn athar gu mòr. Ach a-nis b' urrainn dha rud sam bith a thogradh e a dhèanamh. Ach cha robh mòran airgid aige agus bha seo ga bhacadh.

Bha e riamh an inntinn lain falbh thairis gu àite cèin. Fhuair e obair ann am factoraidh. Aon latha fhuair e litir. Tiomnadh athar agus bha e air tòrr airgid fhàgail aige. Rinn e air Astràilia far an robh beairteas gu leòr aige. Taing dha athair bha toileachas na bheatha a-rithist. Cha robh guth idir san litir air Niall. Cha robh seo mar iongnadh do lain. Cha do chuidich Niall athair na bhochdainn.

Bha lain an Astràilia nuair thàinig gnog gu doras na seann dachaighe. Bha Niall air tilleadh dhachaigh gun obair no airgead. Ach cò bha dol a dh'fhosgladh an dorais dha a-nis? Choisich e air falbh.

BLABHEINN

le Aonghas Phàdraig Caimbeul

Ciamar

*nach urrainn dhomh do chur am briathran
mo ghaol as àirde*

ach dìreach Blàbheinn

blàth a' bheinn

blàth a' bheinn an-nochd

*'s mi sìnt' air do ghualnean geal' àlainn
socair*

snaidhm do ghualne

*a choire shuainich, choire shuainich, choire shuainich,
corrach corrach corrach*

darabadì darabadì darabadì o hì-hò

darabadì darabadì darabadì o hì-hò

darabadì darabadì darabadì o hì-hò

darabadì darabadì darabadì o hì-hò

darabadì darabadì darabadì o hì-hò

aisling

*do chraiceann mìn, do chraiceann mìn, do chraiceann mìn o hì-hò
do bhilean ròs, do bhilean ròs, do bhilean ròs o hì-hò*

faclan nèimh, faclan nèimh, faclan nèimh o hì-hò

faclan sèimh, faclan sèimh, faclan sèimh o hì-hò

faclan naomh, faclan naomh, faclan naomh o hì-hò

faclan caomh, faclan caomh, faclan caomh o hì-hò

faclan gaoil, faclan gaoil, faclan gaoil o hì-hò

gnìomhan gaoil, gnìomhan gaoil, gnìomhan gaoil o hì-hò

*Ciamar
nach urrainn dhomh do chur am briathran
mo ghaol as àirde*

*ach dìreach Blàbheinn
blàth a' bheinn
blàth a' bheinn an-nochd
's mi sìnt' air do ghuailnean geal' àlainn
socair*

*snaidhm do ghuailne
a choire shuainich, choire shuainich, choire shuainich,
corranach corranach corranach*

*darabadi darabadi darabadi o hi-hò
darabadi darabadi darabadi o hi-hò
darabadi darabadi darabadi o hi-hò
darabadi darabadi darabadi o hi-hò
darabadi darabadi darabadi o hi-hò*



CEISTEAN

le Iain F MacLeòid, 6M2 Sgoil MhicNeacail

A bheil feum ann a bhith a' feuchainn
ris an t-saoghal seo a cheasnachadh,
no bheil agad an dàn a ghabhail
no a sgrìobhadh
ann an dòigh nach teannaich?

an ruith an cèd a-null ort,
mar shruth a' bheathia òg
air feadh do chuirp,
a' sreap trod fhuil,
a' beantainn ri do bheul,
coibhneil, do ghaol mar sholas,
air oidhche dh'orch?

dealan gam bhualadh,
mo shùilean gan dalladh,
ach gu sìorraidh chan fhialbh do ghaol
mar dhealan a' deàtradh
à sgòthan dorcha, feargach,
fiù 's mi ann an ciste
air a tarragadh.

nà fàs aosd
na leig às do smuaintean caomh,
's bi na mo chuimhne gu sìorraidheachd;
seall às do dhèidh fhèin
a nighinn bhrèagha —
mo thùde a' ruith a-mach
ged 's iomadh uair a rinn mi fiamh.

a bheil feum ann a bhith a' feuchainn
ris an t-saoghal seo a cheasnachadh?
mo dhàin mhù-chinnteach a' ruith bhom làimh;
air latha brèagha foghair,
's mathaid,
gheibh mi tàmh.

TAIBHSEAN

le Catriona NicIomhair, 3GI Sgoil MhicNeacail

Nuair tha mi a' coiseachd suas an rathad, tha fios agam gu bheil cuideigin eile còmhla rium. Chan eil mi a' faicinn nan daoine seo, an *teaghlach* agam. O, tha iad snog gu leòr; chan eil iad mì-mhodhail co-dhiù.

A' dol suas gu doras a-muigh an taighe fairichidh tu gaoth fhuar timcheall air an togalaich, agus fosglaidh an doras leis fhèin. Bithidh iad a' cumail an taighe blàth air oidhche fhuar. Cha bhi an *teaghlach* agam sgìth. Cò chuala mu dheidhinn thaibhsean ag ithe bìdhe?

Chan eil fhios agam carson a tha eagal air daoine ro thaibhsean. Chan eil eagal ormsa ron *teaghlach* agam a tha nan companaich dhomh air oidhchean dorcha a' gheamhraidh.



A' SUIDHE A-STAIGH

le Iain MacAsgaill agus Anndra MacLeòid, 3G1 Sgoil MhicNeacail

Mi-fhìn agus an cù
a' sealltainn a-mach an uinneig,
ar sùilean air an aimsir.

'An dùil de seòrsa aimsire
a bhithfeas ann an-diugh?'
arsa Dòmhnall beag;
'Woof,' ars an cù.

an-diugh, uisge agus gaoth,
an-dè, bha a' ghrian ann,
ach a-màireach?
chan eil fhios againn.



ONARAN

by Francis Thompson

By the time the island plane had touched down on the runway tarmac he knew that the funeral was over, with his old father not only dead but now buried. As soon as he had received the telegram from a distant cousin he had made arrangements to fly over to Lewis, if only to be at his father's bedside. The telegram had indicated that the illness had reached the point where hope had been abandoned by the hospital staff and it was only a matter of weeks before death would close his father's eyes on the world he had known for some seventy years. The travel agency in Toronto had been more than helpful: within half a day they had confirmed all the necessary plane connections and had prepared the papers, tickets and visas for the journey. In fact had all gone smoothly afterwards he would have been in plenty of time to see his father. But his father had gone down quickly and had died the following day. And then the strike at Glasgow airport had left him stranded, to eat into the time during which, in the remote village on the west of the island, the folk of the place had made preparations for the burial.

As the taxi whisked him away from the airport he wondered if there had been many to follow behind his father's coffin, making its slow way to that overgrown and neglected cemetery. No doubt there would have been a few, if only out of respect for the dead, but certainly not out of respect for his father. He had not earned the nickname Onaran, hermit, for nothing. Nor was the name ill-deserved. For soon after his mother had died, his father had gone straight into a world of his own, cutting himself off from all around him: neighbours, relations — not that they had that many, and they were only distant cousins by marriage — and his family. His sister had left after a monstrous argument and had sworn never to return. She had been true to her word, though he suspected that the odd tear or two might well course down her cheek at the news of the death. The argument had been over her declaration to marry the son of a neighbour who had been a sworn enemy of his father. This relationship of active, burning hatred between the two men had arisen from an incident during the Second World war. Both men had been on the same ship after it had been torpedoed and something had happened, after they had been taken on board the attacking submarine, which had never been brought to light.

Whatever it was, it produced a tension between the two men which, when they returned to the village after the war, caused a serious division in the community. It was natural that any such conflict in a close-knit community would create an atmosphere of unease. And it did, with the result that he and his sister had always been avoided by other children and they grew up almost like untouchables. His mother grew older daily with the effects of the whole affair and, he believed, had deliberately starved herself to death to escape the tyranny of the situation. His father, in the process of seeing his

wife literally die in front of his eyes, failed to respond, even to offer those few words of comfort and explanation that might have wrenched her out of her death-wish and given her some reason for living. In the end she died cold and alone in the kitchen, having chosen a moment when the house was empty of all human presence, save the walls impregnated as they were with the memories of a once happy human relationship.

His mother's funeral had been a dismal affair. The few who attended came out of respect for his mother. Her grave had been attended for some time afterwards by his sister and himself, leaving some fresh-picked flowers from the machair against the small formal headstone which declared who the dead had once been.

Thereafter they had fended for themselves, with their father living in his own world of silence. It had been hard, and would have been harder but for some people in the village who thought that whatever the sin the father had committed, it should not be visited on his children. This acceptance had eased their relations with the rest of the village and it resulted in his sister falling in love with her future husband, though their meetings had to be kept away from the knowledge of his father. And when the affair eventually came out into the open, his father broke his wall of silence, to release a descending avalanche of words which flooded the house with a sore hurt. Nor had his sister's husband an easy time of it with his own family. But the two of them had stuck together, went away from the village to get married and had never returned.

He had lived in the house for a couple of years and then he had left, too, to escape into a world which, if treacherous, was open enough for him to make his own way in his career in Canada.

The taxi dropped him in the centre of Stornoway, from where he intended to take a bus. But he changed his mind and told the driver to continue on into the country and on to his home village. He needed time to think, and he felt it was easier to sort things out in the isolation of the back seat of the car. A bus would be too full of friendly people, intent on knowing who he was and what his business was on the island.

The car raced across familiar roads, though the scenery had changed and served only to trigger off some vague memories as landmarks flashed into and out of his eyes. He could see a number of changes in over twenty years. The crofting villages wore an air of prosperity that seemed alien to the haggard landscape of the moor. New houses sat condescendingly beside the older croft houses. Each croft, it seemed, had a car at the gate. But the crofts themselves were neglected, with little but sheep on them. Things had changed since he left so many years ago.

As the taxi approached the outskirts of his home village he grew nervous. What would he see? Whom would he meet? What kind of reception would he have? Would all that old tension caused by the bitter hatred of the two men still be sensed in the village?

As the car went through the village to his father's house, he could feel that each window in each croft house had eyes that looked right through him. They knew that he would be returning to sort out his father's affairs.

The car stopped, braking noisily on the gravel track. A tall man stood at the gate leading up to the house. He vaguely recognised him as MacAulay, a third cousin of his mother. He got out of the car, told the driver to take his travelling case back to Stornoway, book him into the County Hotel, and then come to collect him tomorrow.

MacAulay — what on earth was the man's first name? — smiled.

'How was the journey?'

'Bad enough, with all the delays at Glasgow. The funeral...?'

'This morning. There were a few mourners. Not many. I stayed on to meet you. The house is open. If you think you might need anything...?'

'Is there anything to eat?'

'I put a few tins in the kitchen. There's also a loaf and some coffee, sugar and milk. The place has been empty for some weeks... I should say I'm sorry... ' It was obvious that MacAulay was feeling uncomfortable.

'That's all right. I understand. It's altogether a damnable situation. My father never changed?'

'Never. He kept himself to himself, for his own reasons. As you know. And no one could get near him. The Onaran, I mean, your father, never went out of his way to...'

'I can imagine. Did you make the arrangements?'

'Yes. But it was more to do something for you than him. It had to be done in any case. Will you be staying long? You can come back to my house if you like.'

'No. I'll stay the night in the house and get things sorted out. I'll be leaving for Stornoway tomorrow, to see the lawyer and then get back to Canada. I have nothing here except memories.'

MacAulay nodded. 'Well, I'll leave you with them for the moment. Do you want to go to the graveside? I can show you...?'

'No. There's no point in that. It wouldn't mean anything to me.'

MacAulay pointed down the road with his hand. 'I'm at No 23 if you want anything. Just go down.'

He turned to go.

'What about MacKenzie?' (MacKenzie had been his father's enemy)

'He died a couple of years back. He was as bitter as your father.'

As MacAulay had hinted, the house was damp, full of the smell of decay. His father had virtually lived in the kitchen and slept on an old army surplus bed in the corner. As he went through each room in the house there was little but the smell of damp clothes and mouldy furniture. The windows were covered over with fly droppings and cobwebs. What had once been his own room in the house was as bare as when he had left it, so many years ago. He felt sick and angry as he went back down to the kitchen. Lives had been ruined by these two men. He had intended making an inventory of what was in the house, to make arrangements to have it cleared out and sold. But there was little left that was fit for anything but the fire. Once back in Stornoway he would get in touch with someone who would commit everything to the flames, a fitting end for the past.

In the kitchen, which was in the typical muddle of uncaring, ageing old men whose wants are the barest needed for survival, he sat down on a chair. Everything in the room brought back a flood of memories. Over there, in the corner, was where he had found his mother, on the floor, pale, thin, with her greying hair reflecting the sadness that had made her will her own death. Strangely, as he thought of it now, that event, which should have been a traumatic experience, had hardly affected him at the time, except he had recognised the feeling that his mother had somehow successfully escaped from her prison. Oh, he and his sister had cried a great deal; but that had been a natural reaction, a natural response to death. But never had she at any time shown the necessary strength to react against her husband's treatment of her when he had come back from the war. She had always been like a ghost in the house, a presence materialising whenever they wanted it. Yet, in the end, her will was strong enough to make that decision to escape from life.

He got up from the chair and busied himself opening a couple of the tins which MacAulay had left, made some strong coffee and, while munching on a sandwich of rough-cut bread, decided to clear out the drawers of the old kitchen dresser in which his father had kept his papers. He would put them all in a bundle to take them back to Stornoway to hand to the lawyer; anything that was legal could be reduced by him to the essence of whatever was required by law for the winding up of the estate.

As he rummaged through the drawers, piling up old letters, bills, bills of sale for sheep, and other papers of little or no consequence, he found a large brown manilla envelope with his name on it. It was in his father's handwriting, cramped letters which ran into themselves as though unwilling to become separated and so divulge some secret. A handwriting expert could go to town on this, he thought. But the sight of his name jolted him considerably. It was the very last thing he expected to find. More than likely it was some last instructions to be carried out in the event of death. It might even be a will.

He poured himself another cup of coffee before he sat down at the table and opened the envelope. It was not a Will, no last instructions, but a letter, written on a few pages torn out from an old jotter. Part of the writing was in old, unused and watered ink, then in a faded pencil, as if his father had run out of the ink and had resorted to some stump of a pencil with a blunt point.

'Dear Angus,

At this point in my life that use of endearment I hope you will take as sincere. It would please me to know that you accept it. But I would understand if you rejected it coming from me. I have not given you, or your sister, or your mother a happy life. Maybe I should never have returned to the village after the war, after what happened between MacKenzie and myself. What that thing was is best left untold, except to say that men's lives were lost through what we did. But it was in the time of war, when to survive seemed to be the only thing to do, by any means. MacKenzie has taken his part to the grave and so will I. I had thought that time might have worked some miracle of healing, but, perhaps because I am not a strong-willed man, I could not come halfway to help time do its work. Even now this letter is the result of a great effort, though it is easier to talk through writing than to speak with anyone.

'All these years I have been eating myself away, unable to come to terms with other people. MacKenzie was stronger though he led a bitter life. We were afraid of each other, that one or the other would reveal, for the sake of peace of mind, what happened all these years ago. Even now I am ashamed to think of it, and feel a cold sweat instead of blood in my veins.'

At this point the ink had run out and the letter continued in pencil.

'I have been told by the doctor today that I must go to the hospital. The cancer I have carried all these years in my mind has become a cancer in my body. I know that it will only be a matter of a short time before I die. How have you fared over these past years? You had a good head on you, and I know that whatever you are doing and wherever you are, all will be well with you. Your sister I never forgave for her marriage, though, with hindsight, I see that it might have been something that MacKenzie and I could have used to come together to make some rational judgement of our action in the war. But we were too far apart, and that never happened. Neither of us were cowards, yet we failed many men at a time when they needed our help most. That is the way of life and death in wartime.

'I know that tonight is the last I shall spend in this house. It is not much to leave to you and your sister, even to the memory of your poor mother, who never knew the facts though she guessed them. I do not ask for your

forgiveness. I do not deserve that. But maybe you will settle things for me, whatever needs to be done. The Will is with the lawyer in Stornoway. I hope you might find it in you to see that my name is written on your mother's headstone. I feel that in her years of death she might allow me that small thing.

'The ambulance is coming for me at eleven. I know I will not be back. There is nothing of importance left in the house anyway. For what it is worth, coming from me, the father you never had, I wish you good fortune and health, and your sister too.'

The letter was not signed. Like a ghost it had materialised and faded away in anonymity.

He sat for a long time and re-read the letter. Then he rose, put on his coat and went out of the house, closing the front door firmly behind him. He felt he could not stay the night there. He walked down the road to MacAulay's house. MacAulay was expecting him.

'Did you get things sorted out?'

'There wasn't much to do. And there's nothing to take away.'

'And you'll be going in the morning?'

'Yes, I arranged that with the taxi driver. But I'd like to go up to the cemetery now. Just for a look.'


'I'll take you...'

'No. I'll go myself. It's something I think I should do on my own. For my mother's sake... and for his.'

A cold wind blew in from the sea, shivering the tall grass that grew among the small plots that marked off each of the dead. There he stood for a long time, before he turned away from that poor place with a quietness in his mind, satisfied that he need never return, not even in the memory of his old age.

TOIMHSEACHAN 1

Fuasgail an tòimhseachan seo agus chì thu gu bheil rudeigin mu 1991 falaichte sa' bhocsa fhada dhubh sa' mheadhan.



- 1 Ithidh sinn ar biadh aige (4)
- 2 Tha i dearg 's i a' ruith annainn (4)
- 3 Eun òg (5)
- 4 Chaidh e dholaidh air na bodaich Ghallda! (3)
- 5 Mar tha neach nach eil òg (5)
- 6 Dh' fhàgadh an t-eilean seo ann an 1930 (5)
- 7 Tha e air bàta ach cha threabhar leis (5)
- 8 Duine gòrach (6)
- 9 Thig solas troimhpe don taigh (7)
- 10 Nì e òrain (4)
- 11 Gheibhear bho chearcan iad (7)
- 12 Tana (4)
- 13 Cumadh fàinne (6)
- 14 Fèis mhòr an Damhair (3)
- 15 Ruithidh uisge innte (7)
- 16 Chan ann glan (6)
- 17 Nì thu led chluasan e (6)
- 18 Aodach làmhan (8)

GAOTHAN

le Alasdair Caimbeul

1 *Le mo dheise ruadh mholach*
Mo lèine Van Heusen,
Mo thaidh air a snaimeadh,
Mo chàrdigan tana,
Gu colganta, caiseach,
Ag aithris 's a' bùrail,
Dha Ghoill aig an teine
Is Gàidheal anns a' chùlaist.

2 *Chum a' bhoinneag a dhrùidh tro m' ad*
(latha fliuch)
oirre
sios tro sliog mo chinn.
Cha robh an sin roimphe
ach aon fhitheach air post feans'
le theanga mach.



CUMH' IS IONNDRAINN

le D R Moireasdan (Scalpaigh)

'S mise tha ri ionndrainn
 comann dùthchail mo sheanchais,
 càirdean bha dlùth rium
 ann an cùrsa na h-aimsir',
 fir is mnathan a b' fhiù leam
 thug an ùir iad air falbh uainn,
 's chan fhaicear le sùil iad,
 chan eil sa' chùis leam ach ainm orr'.

O mo chreach thug am bàs iad
 a-mach à làthair na daonnachd,
 chan eil an ceum air an àrainn
 chan eil a blàth air an taobh-sa;
 is cha chluinnear an gàire
 aon tràth anns an t-saoghal,
 nach ann mar sin a tha
 mar bha 'n fhàsach araon dhaibh.

Tha dachaisgean falamh —
 rinn sgaradh an t-sluaigh e,
 bha cuairt air an talamh
 bha maille ris uair ann;
 cait a bheil na gallain,
 is na caileagan uasal?
 chan eil toit air a' chagailt,
 chan eil lasair no sguab oirr'.

An t-eithear ud thall
 's a ceann ris an làthaich,
 chan eil taoman neo ball innt,
 chan eil rangas ga tàthadh;
 i sgreubadh san t-samhradh
 's ceann a' mhuir-làin bhuaite,
 's chan fhada bhios lann
 air a shealltainn gu bràth dhith.

A' bhàthaich san robh 'n t-arbhar
 air falbh às a chèile,
 chan eil a' bhò innt no t-seann bhean,
 dh' fhalbh iad le chèile;
 mar bha 'n-dè anns an dealbh-sa
 cha robh dearmad san eug dhaibh
 an sruthan ann an dearbhadh
 le marbh-rann nan dèidh-san.

Atharrachaidhean tìm'
 a thaobh sìde mar 's fheudar,
 mar tha gluasad nan linn-tean
 tha dìreadh sa' bheus seo;
 ceart mar a chì sinn
 gu fìrinneach fhèin e,
 ged a chanainn air gach nì
 seach a bhrìgh air a' cheum-sa.

Dòighean às ùr
 tighinn gu ùrlar an t-saoghail,
 seach mar bha 'n ùine
 san robh chùis air a chaochladh,
 an tobair san robh bùrn
 air a chrùnadh le caochan,
 's am feur bh' air a chùl
 's e ri dùnadh a' bhraoin às.

Nach tric sinn a' cuimhneachadh
 na suinn bh' air an fhairge,
 le siùil ris a' ghaoith
 a' dèanamh luim ris a' gharbhlaich;
 a' bhanarach bh' air an druim
 a' gabhail suim den mheanbh-chrodh,
 's an-diugh chan eil dhuinn
 ach a' caoidh anns an leanmhainn.

*Mar dheataich, mar sgàile
 rinn àrsaidheachd sìoladh —
 shùgh far an làir iad
 air àirde nam fiadh-ghleann,
 an tuil sin a thàrmaich
 air àite na Crìosdachd
 a-nuas tro gach àl
 ann am fàbhar an lìonaidh.*

*Teud-bhriste nach seinn leam
 ann an aoibhneas bu tlachdmhoir'
 an subhachas bha na chuibhreann
 chaidh gach roinn dheth a chleachdadh,
 à sealladh on bhroinn leis
 den dream dhiubh nan eachdraidh,
 dhe na càirdean bu lionn dhuinn
 a là is oidhche bhith faisg oirnn.*

*Tuilleadh cha bhi mi tuilleadh
 ach san iomall-sa dem stòraidh,
 gu bhith 'g àireamh sa' chruinne leam
 na h-uidhir den bhròn dubh,
 deuchainnean duine
 anns an ruith na th' ann dheth còmhla,
 a' tighinn tron luidheir
 mar a shuidhicheadh a' cheò ris.*

*An leanabh beag: O! mo ghràdh air!
 thuir a mhàthair ag innse,
 a chaochail na làthair
 a thug an càs air a crìdh'-se
 o dhealaich e: tha i làitheil
 mar bha i làmh ris a' chill ud,
 ri uaigh bheag na sàmhchair
 far an robh h-àilleagan prìseil.*

*Nach eil a-nis cianalas
ann an iarghail ar nàdair,
a bharrachd air bhith di-chuimhn'
a bheil a' chrìoch tighinn a-màireach,
gun tig siubhal air na sgiathan
anns an triall na bhios na bheàrna,
nuair thèid sochairean à fianais
's thig an tiodhlacadh 's an càradh.*

*Ceart mar a tha fàs-an-dithein
ann an lagh: 's na mìltean òg leis,
thig an t-searg ann gu shliobadh
thig a' ghris bheir fon fhòd e;
's co-ionnan seo ri dàimhean sìnte
a dh' fhalbh 's nach till gu bhith beò dhuinn,
cha bhi dòchas dhaibh-san pilltinn
gus an toir là dilinn còir dhaibh.*

*A chuideachd: ar luchd eòlais
mar an rò-chrann le cuid gheugan,
tha air crìonadh fon a' chòmhnard
ann am breòiteachd: 's nach dèan èirigh,
iad gun ghuth gun aithris còmhraidh
's iad gun deò annt' fon a' ghrèin-ghil;
chan fhaicear tuilleadh san fheadil iad,
cha chluinn iad m' òran ga leughadh.*



TAIGH-SEINNSE

le Màiri NicGumaraid

*Siud i an t-seamrag os mo chionn
Air glainne ùr
Le sgàthan air a cùl
Is duilleagan a trì
Ceangailte ri a cridh'*

*Uaine bhog nam ballachan
Toirt thugam blàths an àit'
Is blàths nan daoine tha san àit'
'Muinntir do mhuinntir
Agus càirdean dò chridhe'*

*Siud e Brian dol mu chuairt
A' cumail sùil
Air dorsan agus bùird
Le glainnichean àrd
Cruinnicht' nan càrn*

*Uaine gheur air mullach bhùird
Dath riaghlaidh Cheann na Pàirc
Is dath luchd-taice Cheann na Pàirc
Na boireannaich is fir
Dham buin an là*

*Tha Sandra bheag is Mìcheil còir
An siud nan suidhe staigh
Ag èisdeachd fear de dh' fhir a' chiùil
A' seinn nan àmhran flaith
Deòrs' mu Shean
Is saors' na tìr'
As uaine th' air an t-saoghal*

An gaol a chaidh do dh' Eirinn orm
'S a dh' èirich ùr nam anam
Mar ma thràth nas gèire dhomh
An luib an t-seinn a th' annam

Ceòl nan Ceilteach
Ceòl nan cridh'
Dhan t-amhranaí
Rìochd an rìgh

'S fhad' mus tig an ceòl gu ceann
San àite shoilleir uaine seo
'S ioma' facal th' aig fo sheòl
Gan stiùireadh steach dhan inntinn
Na' faighinns' dìreach danns a chur
Rì ruith na fal' na chridh'
Thàlainn leam e fad o chàch
Gu duilleach fada uaignidh



CEIST AS GACH SEID

Feuch ciamar a thèid dhut leis a' cheisteachan seo.

- 1 Cò Prìomhaire Bhreatainn dìreach ro Mhàiread Nic an Tughadair?
- 2 Cia mheud bàlla dearg a tha air a' bhòrd aig toiseach geama snuair?
- 3 Carson is e 1991 Bliadhna na Gàidhlig?
- 4 Cò am bàrd Gàidhlig a choisinn Bonn Or na Bànrigh airson bàrdachd?
- 5 Dè an abhainn a tha a' ruith tro Iorac?
- 6 Cuin a tha na h-ath Gheamachan Oilimpeach ann?
- 7 Dè an t-ainm a tha air Seansailear an Ionmhais?
- 8 Cò air Ghàidhealtachd aig an robh clach leis am bitheadh e a' fàisneachd?
- 9 Dè an leabhar mu dheireadh a tha san t-Seann Tiomnadh?
- 10 Dè tha an seanfhacal ag radh mu shùil caraid?
- 11 Cò naomh-taice luchd-siubhail?
- 12 Cò a rinn òran mu Mhàiri Bhàn Og?
- 13 Dè bhios a' tachairt aig Silverstone?
- 14 Dè an iris Ghàidhlig a nochd an toiseach ann an 1952?
- 15 Cuin a tha Là an Naoimh Anndrais ann?
- 16 Dè an t-ainm a tha air Colaisde Ghàidhlig an Eilein Sgitheanaich?
- 17 Dè am prògram Gàidhlig a bhiodh air BBC2 ro 'Brag'?
- 18 Dè an t-ainm Gàidhlig a th' againn air a' chiad là den Ghiblein?
- 19 Dè cho tric 's a dh'fheumar ceann-suidhe airson nan Stàitean Aonaichte a thaghadh?
- 20 Cò a' chiad neach-gairme a bha air Comhairle nan Eilean?

Ciamar a rinn thu? Ma fhreagair thu ceart:

- corr air 16 — sàr-ghin, cha mhòr!*
12-15 — math;
8-11 — meadhanach;
4-7 — feumar piseach;
0-3 — dùisg!

Gheibhear na freagairtean air t.d. 110

A' MHOINTEACH AGAINN

(dha Seòras)

le Tormod Caimbeul

*Siuthad thus' a-nis, dùisg às do chadal
's gu faic thu sneachd na Màirt
air a' Mhointich Aird na laighe;
bho Thom Idharsail gu siar air Sgritheabhal
bòidheach an-duigh a' sealladh
a' còmhachadh na Beinne agus a' Gheàrraidh
agus Mùirneag fada muigh air faire.*

*Trobhad is gu faic thu — O, nas gile na 'n canach,
sneachda na h-oidhch' air a' Ghlaic Dhuinn
is air gach tom is bealach
eadar Bhrèitheascro 's Loch Dubh na Maoim
nas fhaisg air Tolastadh na air baile —
mìltean mòintich tha cho buan,
siorraidheachd de chois eachd uainn.*

*Ach nuair a dh' fhàsas tusa mòr
falbhaidh sinn, nach fhalbh a bhalaich?
Latha Buidhe Bealltainn, càch nan cadal,
mas dùisg cuileag mas gluais damhan
greis mas caraich tarbhan-arach
gabhadh sinn bràigh air Blàr nam Faoileag
is ruigidh sinn a-mach an t-aonach.*

*A-mach Druim Lèineabhat is Blàr na Fala
a' leantainn a' Ghàraidh eadar Gabhsann 's na Dailean —
carraig-chuimhne air oighreachd a bha oilteil, mallaicht.
Chì thu Chiapagro, sear is siar ort
a' ruith air fiaradh sìos chun abhainn —
faire, faire, Uilleim Duinn, thog an geamair Galld an gunna
's tu nad bhalach ris 'A' Choimhead'.*

*'S tha àirighean na Leana Bàine a' dol fo thalamh
tobhtaichean uaine, fuar agus falamh,
tha a' luachair, suas gu àrd a' bhalla.
Bhàsaich Bean Theàrlaich anns an àite-sa —
thug daoine nan aodach Sàbaid dhachaigh i.
Bha Murchadh Gilios ann agus Ruairidh,
a' Nòlaidh Beag a b' fhaide muigh;
bhiodh Catriona Mhòr Aonghais Tàilleir
a' tighinn ann leis a' chrodh.*

Dh'fhalbh na làithean sin ach gu bràth bidh maireann
 anns gach làrach agus càrnan, eachdraidh nan daoine beannaicht'.
 'S bidh Iain Sheumais aig Loch Bhrèitheabhat fhathast,
 's mo mhàthair aig Loch na Saothrach
 a' slaodadh caora mach à bogadh.
 'S ma thòisicheas an t-uisg' a' dòrtadh,
 ann a' fasgadh na Fèithe Mòire,
 bheir sinn srann air òrain a rinn Mòr a' Bhothain!

Tha an t-uisg' a-nis a' dòrtadh a-nuas gun teagamh,
 a' toirt bhuam na mòintich le bailcean glasa;
 's gann gu lèir dhomh Tom na Sprèidheadh aig ceann a' rathaid.

Greas thus' ort, a bhalaich, agus fàs mòr,
 's gun tog sinn oirnn thuic còmhla — iomadh cuairt —
 mas toir iad 'Lakeview' air Bhat'ildis
 is 'Ceòl na Mara' air Sorachan Iain Ruaidh.



An Coimhead

Dh'fheumadh am fear a bha ris a' Choinhead caoraich a' bhaile a ghleidheadh air taobh
 staigh a' ghàrraidh-crìche. Nan deigheadh tè a-null, bha iad ga punndadh, 's bha càin sia
 sgillinn a' dol air an duine leis an robh a' chaora.

Tasdan airson eich!

Chì thu fhathast far an robh Am Punnd aca ann an Gabhsann.

Mòr a' Bhothain

Tè nach do chuir peann a-riamh na làimh ach a rinn duanagan beaga snasail, mòran dhiubh
 mu dheidhinn na mòintiche.

GAS

le Murray MacLeòid, 4M2 Sgoil MhicNeacail

Bha mi nam laighe anns an trainnse nuair chunnaic mi an gas a' tighinn. Dh'èig mi 'gas' anns a' bhad agus rinn mi às a dh'iarraidh mo 'ghas-masc'. Chan fhac tu càil cho eagalach ri siud nad bheatha.

Bha e coltach ri ceò bhuidhe, agus bha e a' tighinn na b'fhaisge a h-uile mionaic. Cha b'fhada gus an robh e dìreach os ar cionn, agus na daoine nach d'fhuair na mascaichean bha iad a' tuiteam marbh ri ar taobh.

An toiseach thòisicheadh iad a' casadaich agus an uairsin thuiteadh iad air an glùinean, 's an uairsin thuiteadh iad 's an aodannan anns a' pholl. Ach b'e ar rud bu mhiosa nach b' urrainnear càil a dhèanamh mu dheidhinn. Chaidh còrr air dà fhichead a mharbhadh agus cha robh ach còig-deug beò.

Mu dheireadh cha robh air fhàgail ach mi fhìn, fear à Dunfermline, Iain McNicol agus fear às a' Chòrn, Pete Lancaster. Duine sgriosail a bh' ann am Pete; bha e math air sabaid agus bha e math air toirt air daoine eile a bhith a' sabaid. Bha e cho làidir ri each, 'ille bha eagal aig a' chaithean roimhe agus bu bheag an t-iongnadh.

'S e duine solt a bh' ann am McNicol. Cha robh e a' cur dragh air duine. Nuair thòisich an cogadh bha e a' smaoinichadh nach robh duine san t-saoghal cho math ris leis a' ghunna. Ach cha robh e cho math 's a bha dùil aige. 'S e duine beairteach a bh' ann. Bha oighreachd aige thall ann am Fìobha, 's bhiodh e a' dol a-mach a mharbhadh fhiadh is chearc-fraoich.

Chan eil fhios càit a bheil Pete, ach bhàsaich McNicol bho chionn dà bhliadhna air ais; stròc obann cha chreid mi a bh' ann. Bha e ag ithe cus feòla is salainne agus rudan mar sin.

A' bruidhinn air biadh, cha chreid mi nach eil an tì deiseil. Tiugainn sìos, agus innsidh mi an còrr dhut às dèidh na tì!

THA UISGEACHAN MHARAH SEARBH

le Caillein T MacCoinnich

Tha cuimhn' agam orra glè mhath, ged nach robh mi ach gann dusan aig an àm. Somhairle agus Mòr, a bhean; dithis chreutairean modhail, gasda — cho fad 's nach rachadh tu a dh'iarraidh dad orra! Daoine cliùiteach a thaobh onair, stuaime, ceartais, ach cha chanadh duine san àite gu robh aon seach aon aca ainmeil airson nam beusan Crìosdail mar tha bàigh, fialaidheachd, truas no co-fhaireachadh. Ma bha iad ann a rinn adhradh don Laogh Oir o àm Israeil san fhàsach, b' iad sin Somhairle agus Mòr. Mar a chuir Rob na h-Aibhne — creutair eirmseach san àite — e, 'Spothadh iad an deargann.'

Tha cuimhn' agam air Eilidh cuideachd. An nighean aca, eil thu tuigsinn, 's an aon duine teaghlach a bh' aca. Ma bha mac no nighean riamh ann a chaidh calg dhìreach an aghaidh dualchais, b' i sin Eilidh. Na bha dhith air a pàrantan a thaobh coibhneis, blàiths is carthannais, bha e aig Eilidh 's ri sheachnadh. Chan e mhàin gu robh a nàdar blàth-chridheach, geanail, suairc, bha a dreach 's a coslas da rèir. Ard, dèanta, dealbhach na cruth, bòidheach na gnùis, shiubhladh tu fada 's farsaing mum faiceadh tu a leithid. Chan eil mi a' dol a radh mòran mu choltas pearsanta a h-athar 's a màthar, ach gun deach an nighean tur an aghaidh na seann riaghailt nàdair gun tèid dualchas an aghaidh nan creag. Cha chanadh an duine b' fharsaing breitheachaidh no seallaidh, gur e Somhairle a ghin i na gur i Mòr a thug dhan t-saoghal i.

Agus sin agad an teaghlach beag a bha fuireach aig Cnoc a' Bhrìdein, mu chairteal a mhìle on t-seann dachaigh agam. Bha an taigh againne air ceann an iar a' 'bhaile', an taigh aig Somhairle 's aig Mòr air a' cheann an ear. Eadar sinn bha mu dheich taighean fichead air an togail, chan ann nan sreathan mar shràid baile, ach null 's a-nall, sìos is suas, mar a bhuail e am fear-togail a b' fheàrr a sheasadh iad ri uisge, gaoith no grèin. Ged nach robh annam ach am balach, coltach ri mòran de mo cho-aoisean, bha cluasan agam, cluasan a bha a' togail mòran a bharrachd 's a bha na daoine mòra an dùil. Thaobh an còmhraidh 's an seanchais, tha mì a' ciallachadh. Gu h-àraidh nuair a bhiodh seanchas a' dol mu chuspairean a bha gu coitcheann air an toirmeasg don aois againne. Sin mar a thog mi beachd chàich air pàrantan Eilidh; chan ann o bheachdachadh gliocais a bha os cionn na h-aoise agamsa, ach o na bhiodh na h-inbhich ag radh mun chàraid.

Nuair tha thu aig aois sgoile chan eil san t-suirghe ach eacarsaich a bha na chur-seachad do na daoine mòra — 's rud a chruthaich freasdal gu bhith cumail spòrs ruinne nuair theirgheadh cleasan eile, 's a bhiodh an oidhche fhada gheamhraidh a' claoidheadh aigne aigeannach na h-òige. Ach òg gu robh sinn, bha mothachadh againn nach robh suirghe Eilidh idir a' ruith cùrsa toilichte, rèidh agus bha sin soilleir san

t-seagh seo; nuair bhiodh sinn a' cluich iomadh car is cleas air Ruairidh 's Seonag Eachann is Màiri, Calum Mòr agus Sìneag a' Chùbair, cha robh chridhe againn da den t-seòrsa a dhèanamh air Eilidh is air Dùghall. Bha sinn a' cluinntinn cho trèmun mhì-thoileachas a bh' aca chionn 's gu robh pàrantan Eilidh cho fada an aghaidh a' ghnòthaich, 's nach leigeadh ar cridhe leinn dad a dhèanamh a chuireadh an tuilleadh ri an trioblaidean.

A-nis, chan e gu robh dad aig Somhairle no aig Mòr an aghaidh Dhùghail gu pearsanta 'S carson a bhitheadh? Bha e na ghille cho gasda 's bha air an àrainn. Foghainteach saoireach, onarach, stòlda — cha robh dad dha dhìth a thaobh coltais no bheusan. Ach cha robh ann ach an t-iasgair bochd, mac cruiteir, a rugadh le spàin adhairc na bheul.

'S bha dùil is dòchas pàrantan Eilidh a' dìreadh gu math os cionn lìon-sgadan, cliabh ghiomach, no cairt inneireach; bha, eadhan cho àrd ri aitreabh mòr a' chòirnealair, shuas an gleann. Bha giùlain, modh is grinneas an duin' uasail aig Dùghall, ach cha robh cuid is maoin an t-saoghail seo aige. Rud a bha aig Artair, aon mhac a' chòirnealair, chan ann a-mhàin a thaobh na dh'fhaodadh dùil a bhith aige ris a' phàrantan, ach mar oighre dithis pheathraichean-màthar a bha grad le airgead, 's gun neach ann a thigeadh a-steach air ach aon mhac a' chòirnealair. 'S carson nach deànadh Eilidh suas ris an inbhe a bhà sin, agus Artair air a tòir am measg iomadh òganach eile sa' sgìreachd. Mar theireadh a pàrantan, 'Dh'fhaodadh a roghainn 's a taghadh a bhith aice à measg nam fear as rathadaiche san dùthaich.'

Ach chanadh feadhainn eile a chaochladh. Cha robh dad ceàrr air Artair na bu mhotha na bha ceàrr air Dùghall - na iomadh fear eile den chuideachd òganach a lorg gum b' àite air leth taitneach Cnoc a' Bhrìdein. Bha e na ghille coltach, stuama, modhail a rèir coltais, ach theireadh an fheadhainn a bh' aig seirbhis an taigh a' chòirnealair gu robh e caran air a mhilleadh aig a phàrantan 's aig peathraichean a màthar — rud a bha tric dualach do aon mhac ann an teaghlach. Agus Eilidh? Theireadh feadhainn gu robh bòidhchead dhan t-seòrsa bhuilich freasdal oirre riann na bhrìsteachd cridhe o chuir e gu truaighe an dithis a bha 'n Gàrradh Eden, no chuir e luingeis na Grèige gu sàl a thoirt Eilidh eile air ais à Tròas. Bhiodh Rob na h-Aibhne ag aithris briathran a' bhàird a bha dealbh Eilidh Thròas a' caoidh a maise, nach tug na chois ach bròn is àmhghair do-labhairt:

*'Apollo àigh, sgiamhach am measg nan dè,
Dh'amhairc air Tròas ann an teanntach sgìth;
Doilleirich reult mo shùl', dubh às an leus,
Lèir m' aghaidh àigh, liath falt mo chinn.
Cuir moille mhàirnealach an loinn mo cheum
Sniomh às mo chuisean collaidh freumh gach strì.*

*Mar sin, nior leanadh neach mi air mo chuairt;
 No sùil le iongnadh toirt fa-near mo thriall.
 Nior dhùisgeadh sannt le togradh luath
 Am fàsach crìdh' le doinnean dian;
 Nior bhuaireadh aisling neach gu faoineas smuain,
 No air mo sgàth-s' bhith fulang doilgheas miann.'*

Ach sin, mar a bhà — 's a thà, 's a bhitheas, faodaidh, far a bheil aon ubhal bòidheach air gèig agus mòran ga mhiannachadh, 's deas gu dòigh sam bith a chleachdadh gu fhaotainn, biodh e ceart no ceàrr. Tha seanfhacal ag radh gu bheil 'Cleas sam bith cothromach an cogadh 's an gaol.' Leis an onair chan urrainn duine a radh gun do chleachd Artair inbhe no bheairteas airson Eilidh a thàladh no mhealladh. Ni motha bhiodh e ceart a radh gur e inbhe no maoin Artair a tharraing Eilidh; faodaidh gu robh a' mheidh air a luchdachadh na h-aghaidh mar a chanadh seanfhacal a' Ghoill. Aon nì cinnreach, gu air bith dè bha a' cur sìos slige na meidhe ag aghaidh Dhùghail, cha robh ìmpidh a pàrantan a' cuideachadh le cùisean. Chanadh am fheadhainn a b' eòlaiche air an teaghlach nach robh beatha a' choin aice staigh còmhla ri h-athair 's ri màthair fhad 's a bha i a' cumail ri Dùghall, 's gu h-àraidh feadh 's a bhiodh e tathaich an taighe. Cha robh na fir òga eile a' cur dragh sam bith orra a reir coltais — bha iad a' faicinn nach robh diù mhòr aig Eilidh an duin' aca, feadh 's a bha fhios aig an t-saoghal gur e Dùghall a ciad leannan agus roghainn a cridhe.

An t-seann, t-seann sgialachd: an t-suirge thrì-oiseanach. 'S a' dèanamh chùisean na bu mhiosa buileach, pàrantan sanntach, gionach air an òr, a' cur romhpa gum blaiseadh an gineal air an spàin òir a bha am beul mac a' chòirnealair an latha a rugadh e.

Agus Artair? An gille bochd, cò chuireadh às a leth gun tug e spèis is gradh do àilleagan Cnoc a' Bhrìdein. 'S ma bha e air a mhilleadh, mar a theireadh daoine, chan e buileach a choire-san a bh' ann. Bha e cho cleachdte ri thoil fhèin a bhith aige 's gu robh e doirbh dha a thuigsinn ciamar a chumaisd uaithe dad air an socraicheadh e a chridhe. 'S bha e cheart cho soilleir, nach biodh dad aig a' chòirnealair na bhean an aghaidh Eilidh; cha b' urrainn dad a bhith ceàrr air rud sam bith a ghlachadh sùil am mic. Bha e daonnan ceart. Air an làimh eile, ged nach robh i den fheadhainn mhòra, cha robh dad a dhìth uaisle no giùlain air nighean Shomhairle 's Mhòir — ged nach robh annta ach stoc a' chruiteir.

Their iad gun toir gràdh buaidh air a h-uile rud; co-dhiù, sin tha seanfhacal Laideann ag radh. Tha teagamh agam ann am fìrinn nam briathran: cha do dh'oibrich e thaobh Eilidh 's a leannan Dùghall, 's faodaidh gu leòr eile cuideachd. A bharrachd faodaidh gu robh meur aig seanfhacal eile sa' ghnòthaich; 's e sin 'Thèid uamhar air thoiseach air tuiteam.' 'S bha còrr is suathadh den uamhar an nàdar an dithis òig, 's cha do chuidich sin leotha.

Bha an argamaid na sèisd. Te dha na diofar bheachdan beag ud a thogas ceann c àm gu àm — chan e mhàin eadar leannain ach càraidean-pòsda cuideachd — 's a thig gu còmhstri nach beag mur a cumar an droch-nàdar fo smachd. 'S ann a bha an dul fhirinn aig an duine chòir a thuirt gum bu bhall beag an teanga ach gu robh i comasach air teine mòr fhadadh. 'Cha tèid mise feasd air mo spògan thuca. Tha mo dhaoine cho math riutha fhèin latha sam bith. Sin an cliù a tha aca eadar dà cheann na dùthcha. 'S mas e rud is cuid a' chòirnealair as fheàrr le d' athair 's do mhàthair, gabhadh iad làn an sgròban dheth.' Bha e air a chur thuige, cleas iomadh fir roimhe, 's a dh'aindeoin foighidinn nàdair, tha ìre brisidh aig gnàthas an fhir as làidire toil agus fèin-smachd.

Las Eilidh suas i fhèin. Gu air bith dè a beachd air a pàrantan i fhèin, 's e rud eile bh' ann duine mach on teaghlach — eadhan leannan — dad a radh nan aghaidh. 'S bha lasair na bu teotha, faodaidh, a chionn 's gu robh barrachd is criomag den fhìrinn anns na thuirt Dùghall. 'S ann ainneamh tha firinn is sìth a' còmhlachadh a chèile a dh'aindeoin 's gun tuirt an Salmaidh còir: —

*'Tha tròcair agus fìrinn ghlan
A' còmhlachadh a chèil';
Tha ceartas agus sìothchainnt mhaith
A' pògadh beul ri beul.'*

Nan robh pòg beul ri beul air connsachadh an dithis òga thoirt gu crìch, bha h-uile nì air a bhith ceart gu leòr. Ach cha robh e 'n dàn; cha do ràinig bliadhna nam pòg eadhan bliadhna nan dòrn. Mus robh fàinne mun mhedir, no gealladh pòsaidh air clèir, chaidh leannanachd nan trì bliadhna ma sgaoil mar thogas a' ched fo aiteal grèine air a' bheinn. 'Agus cò tha thu 'g iarraidh a phòsadh? Mise no mo phàrantan?' Nach iomadh athair agus mathair riamh a bha an aghaidh pòsadh mic no nighinne — aig an toiseach. 'Chan eil dad aig mo phàrantan-sa nad aghaidh, dad nas motha na th' aig d' athair 's do mhàthair fhèin nam aghaidh-sa. Chan eil duine a' coimhead sìos ort, a Dhùgail; chan eil ann ach rud tha thu a' dealbh nad inntinn fhèin. 'S airson Artair dheth, tha fios agad glè mhath...'

Cha d' fhuair i crìoch a chur air a cainnt. Bha sradag na feirge an guth Dhùgail nuair a bhris e a-steach oirre. 'O, chan ann a' coimhead sìos a tha iad idir; 's ann a tha iad a' coimhead suas, agus gu math àrd cuideachd. Chan iad a' chiad fheadhainn a rinn adhradh dhan laogh òir, 's a reic an gineal airson deich buinn fhichead airgid.' Las ruthadh na feirge an gruaidhean bòidheach Eilidh. Their iad nach eil an diofar cho mòr eadar dearg an ròis agus lasair an teine, 's faodaidh gur fìor an ràdh.

'Cuimhnich gur ann air m' athair 's air mo mhàthair a tha thu bruidhinn. 'S ma tha thu cho fileanta san fhìrinn 's cinnteach gu bheil fhios agad gu bheil eòlas a' gineadh

stuaime agus stuaim foighidinn — rud nach eil mòran agadsa dheth do dhaoine eile.’

‘Foighidinn? Teadhaire fada, Eilidh, ach ruigear a cheann uaireigin. B’ fheàrr le mo dhaoine-sa dhol a dh’fhuireach dhan teant na druim nan daoine mòra thachais. Faodaidh na daoine agaibhse dhèanamh, mas e sin an dual, ach gu cinnteach cha tèid Dòmhnallach am feasd an comainn dad a choisneadh iad le mac no nighean a reic airson airgid no òir.’

Bha iad nan suidhe air seann chabar craoibhe ri oir na coille bheithe os cionn a’ bhaile. Leum Eilidh air a bonnan, eadhan mun do chrìochnaich e na bha aige ri radh, ’s nuair a sheall e oirre, thug e fa-near nach robh e ach a’ bruidhinn ri fàsalachd balbh a’ ghlinne. Tha saighead a loisgear doirbh a thoirt air ais, gu h-àraidh ma bheir e mach ceann-uidhe a chridhe.

Chan eil cinnt agamsa gur ann mar sin a dhealaich iad, no gur ann mar sin a ruith an còmhradh mu dheireadh a bha aca, ach sin mar a chuir daoine ri chèile na chuala iad on dithis fhèin an dèidh làimhe. ‘Thuirt e rium’; ‘Thuirt mi ris’; ‘Thuirt i rium’; ‘Thuirt mi rithe.’ Gu air bith dè thachair, no dè chainnt a chleachd iad ri chèile, b’ e an coinneachadh ud sa’ ghleann deireadh na sgeòil — sgeul suirghe Eilidh agus Dhùgaill co-dhiu.

Goirid an dèidh seo, chaidh Dùghall a-null thairis, ’s ged thàinig gille agus nighean leis air chuairt a dh’Alba o chionn bliadhna no dhà air ais, cha do thill e fhèin a-riamh do dhùthaich a dhaoine agus àraich, cho fad ’s as aithne dhomh.

Agus Eilidh? O, chan eil ‘Mac Og an Iarla Ruaidh’ leis fhèin an eachdraidh mhòr na suirghe ’s a’ ghaoil idir. Mar a chuir Rob na h-Aibhne e, na chainnt annasaich fhèin, ’s e ’g atharrais air bàrdachd a b’fheàrr ’s a bu shine nan rabhdachd aige fhèin:-

*‘A bheinn ud shìos ’s a’ bheinn ud shuas
Cha do chairich ’s cha do ghluais;
Ach tha Eilidh nise pòsd
Aig fear an òir, ’s na culaidh-thruais.’*

Culaidh-thruais? Dìreach sin. Tha e glè mhath a’ chiad àithne le gealladh a ghleidheadh, ’s urram a thoirt do d’ athair ’s do d’ mhàthair, ach mar a thuirt Dùghall bochd fhèin, tha ceann air gach teadhaire. Sin rud a lorg Eilidh air a son fhèin nuair bha e ro annoch san latha. Fo ìmpidh a pàrantan, co-cheangailte ri brosnachadh a’ chridhe a chaidh a lot, ghabh i mac a chòirnealair ’s bha iad pòsda mus robh bhliadhna a-mach. Gu bhith cothromach, feumar aideachadh gu faodadh i na bu mhiosa a dhèanamh — gun ghuth a thoirt air òr is airgead. ’S ann an dèidh làimhe a bhlaic i fion geur a’ chridhe a chaidh a bhrath.

Tha daoine ann a thèid gu ìre sam bith airson rud a shealbhachadh, aon uair 's gu sanntaich iad e; 's nuair a gheibh iad e, nach cuir meas a' choin air. Faodaidh gu ann dhiubh sin a bha Artair, 's faodaidh a-rithist nach ann. Ma dh'fhaoidte nach e fìor ghaol idir a chuir air tòir Eilidh e; nach robh ann ach aindeoin a leigeil gu duine eile 's e fhèin air a shùil a chur oirre. Tha e annasach mar tha inntinn 's macmeanma cuid a' gluasad.

Biodh sin mar a dh'fhaodas e, cha robh fada gus an do lorg Eilidh nach e an gao a choisinn dhi an fhàinne-pòsaidh a bha air a meòir; nach dèan maoin no beartas. Inbhe ainme no aitreamh leòmach suas airson an aoibhneis 's an toileachas cridhe a gheibhear sa' bhothan bheag far a bheil gràdh a' riaghladh. Mar a lorg Artair nach sàsaich gruaidhean bòidheach, falt òir agus sùilean mòra meallach, nuair tha an cridhe fada thall thar a' chuain. Aon nì tha cinnteach — dh'atharraich mac a' chòirnealair an dèidh dha pòsadh. Chan ann an seachdain, no am mìos faodaidh, ach gu math luath an dèidh tilleadh on altair. Bidh e dualach nach do rinn e ach ruith buileach a leigeil leis an t-srèin nach robh riamh uile gu lèir teann. Ma bha e na sheòrsa de ghille-cuthaich roimh bhàs a phàrantan, chaidh, mar a theireadh iad 'na seachd deamhain ann', nuair a chaidh e air a cheann fhèin. Chanadh cuid gur e briseadh-cridhe agus tàmailt a thug am bàs don chòirnealair 's do mhnaoi, 's faodaidh gu robh iad ceart; tha aon nì nach gabh àicheadh agus 's e sin aon uair 's gun tàinig Artair a-steach air cuid a phàrantan, 's na bh' aig peathraichean a mhàthar beagan an dèidh sin, gun deach e thaigh Iain Ghròt an comhair a chinn.

Ghabhadh e riamh drama ann an cothrom, chosgadh e maille ri inbhich fhèin beagan airgid aig eich, coin is cairtean, 's bha a shùil cho deas ri sùil an ath fhìr airson caileig bhòidhich a thoirt a-mach chun a' bhàr-dannsa. Ach sin uile le cuimseachd is stuaim nach do chaill riamh meas no cliù dha. A-nis dh'atharraich sin uile. Ainmich thusa am fuaran a bh' air a thruaillleadh, 's lorgadh tu Artair 's a shròn fodha ann chun nan cluasan. O Eilidh, àilleagan Cnoc a' Bhrìdein, 's daor, daor a cheannaich thu d' inbhe latha chuir thu cùl ri aomadh cridhe agus gràidh. Dh' fhalbh an lainnir bheò às a sùilean, chaochail na ròsan na gruaidh, 's chaidh clos air a' ghuth a chumadh ceilearadh ri uiseag na h-Ogmhios, 's i na sèisd.

Bha cromadh 's na guaillean, 's màirnealachd sa' cheum a shiùbhladh uair gu h-aotrom suas an gleann an coinneamh a leannain 's a h-aon gràidh. Bha e ro shoilleir gu robh i a' tuigsinn gun do reic i an aon chòir-bhreith as luachmhoire a bhuilich freasdal air fear no te o'n choinnich a' chiad chàraid sa' ghàradh — Gràdh.

Agus na fìor chiontaich? Somhairle agus Mòr a bhean. Tha cuimhn' agam fhathast air cainnt seann duine còir sa' bhaile 's e a' bruidhinn ri mo sheanair mu phàrantan Eilidh: 'Sin an seòrsa tha annta, 'Illeasbaig. Lùb iad dhan laogh òir dìreach mar a rinn clann Israeil san fhàsach. Nach eil cuimhn' agad mar a sgaoil Maois duslach an òir air na h-uisgeachan, 's mar thug e air an t-sluagh an t-uisge òl. Tha eagal orm gu bheil Somhairle agus Mòr ag òl uisgeachan mòran nas seirbhe — seadh, eadhan nas seirbhe na uisgeachan Mhàrah.'

CUIMHNEACHADH

Gun Urra

Nuair 's dlùth air sgàineadh mo chridhe
 's pian follaiseach mo bhroilich gam chiùrradh,
 a dh'aindeoin allaban air am bi mi,
 nuair dh'imecheas an saoghal seachad orm
 cluinnidh mi ceòl anns na nèamhan . . .
 's bidh mi gad chuimhneachadh . . .

nuair 's truime duibhre air mo spiorad
 's ceistean mo bheatha gun fhuasgladh,
 fo theas na grèine no fo fhuachd gealaiche
 a' strìth ri geatachan dùinte,
 a' sireadh uisge ann an tobraichean tioram . . .
 bidh mi gad chuimhneachadh . . .

nuair 's binne uiseag bheag nan speur,
 's flùraichean fo bhlàth sa' gharradh,
 fraoch ag èigheachd bho shlios beinne,
 's gun fhacal agam do mhac-talla
 ach mo bhalbhachd is mo chràdh . . .
 bidh mi gad chuimhneachadh . . .

nuair shiùbhlas mi tho thom gu tom
 a' sireadh shìdhichean aig bun bogh-froise,
 's a nochdas aisling na mo shùilean dall
 mar bhun-os-cionn ann an rian mo shaoghail,
 gam threòrachadh gu oir gach creige . . .
 bidh mi gad chuimhneachadh . . .

gu ceann nuair thig mo thuras luaisgeach
 's a thuiteas mi don fhalamhachd mhòir
 tha feitheamh air gach neach tha beò,
 ged a bhios mo bheul 's mo bhilean dùinte,
 bidh d' iomhaigh beò, cha ghabh e mhùchadh . . .
 's bidh mi gad chuimhneachadh . . .

AN DIOSCO

le Cairistiona Mhoireach, 3S5 Sgoil MhicNeacail

*Bha mi aig diosco an-raoir
is abair gun robh e math,
fuaim is solais le iomadh dath
dol air agus dheth 's a' cur char;*

*air an làr a' danns 's a' leum,
an ceòl a' dol gun stad,
a h-uile òran anns na charts,
Vanilla-ice agus Bart,
's an-diugh
mo chasan bòchd' cho goirt!*



An t-Urramach Dòmhnall MacCaluim

1849 — 1929

le Niall Brownlie

*Chaidh na Gàidheil a sgaoileadh
 Mar mholle le là gaothail —
 'S iad feidh agus caoraich
 Dh' fhàg daoine cho gann.
 Ach cha bhrocair no cìobair
 Rinn a' Ghearmailt a strìochdadh
 Ach sliochd nam fear dileas
 Bho na tìrean fad' thall.*

*'S iad laghannan suarach
 A dh' fhògair ar sluagh-ne;
 Chuir a' bhàirlinn thar chuain iad —
 Cha robh truacantas ann.
 Ach nuair thàinig ar feum orr'
 'S an rìoghachd seo na h-èiginn,
 B' e sliochd nam fear treun ud
 Rinn euchdan san Fhraing.*

Anna NicDhùghaill

Duine treubhach agus sàr Ghàidheal

Non timebo milia pupuli circumdantis me, quoniam tu percussisti omnes adversantes mihi sine causa, dentes peccatorum contrivisti.

B' ann air na Gàidheil a rug an là an dèidh cath fuilteach Chùil-Lodair. Uidh air n-uidh, thàinig na cinn-feadhna chun a' bheachd gun robh barrachd buannachd sna feidh is anns na caoraich mhòra na bha san tuath a bha cho dileas air an cùl sna làithean a dh' aom. A dhèanamh àite don èarnais ùir, chuir iad na daoine à seilbh, is air fuadach thar sàile mar bharrlach gun fheum. Is na dh' fhan dhiubh air rudhaichean mara, bhathar gam feannadh le màl.

B' e saoghal cruaidh a bha ann do choitear is do choitear le chèile. Gu dearbh, cha b' iongnadh idir e ged, mu dheireadh thall, gun do ghabh iad gnothaichean nan

làmhnan fhèin. Theann Dionnasgan Fhearann — seòrsa de dh' aonadh chroitèaran — air èirigh suas air feadh na dùthcha. B' e a bha san amharc don eagar seo buinn na tuath a chur an taic an aghaidh aintighearnas nan uachdaran.

B' iad croitèaran is coitèaran, sa' mhòr-chuid, a bha nam buill. Faodar a ràdh gum b' e glè bheag taice a fhuair Dionnasg an Fhearainn bho na h-uaislean no bhon Eaglais. Cha robh an Eaglais a' dèanamh càil gu cobhair a dhèanamh air na daoine bochda, air eagal 's gun toireadh i diomb don uachdaran. Bha iomadh sochair aice nach robh i leagte ri ìobairt air char sam bith.

Ach san dara leth den ochdamh linn deug, air do chùisean tighinn teann-ri-teann, nochd triùir no ceathrar mhinistèaran a bha deònach breabadh an aghaidh nan dealg. B' e aon dhiubh sin a t-Urramach Dòmhnall MacCaluim à Bàrr a' Mhuilinn, an Sgìre Chille-Mhàrtainn.

Rugadh an sàr churaidh seo anns a' bhliadhna 1849 agus chaochail e sa' bhliadhna 1929. B' e mac croiteir a bha ann. Ged a bha e leis an tuath san Eilean Sgitheanach, an Tiriodh is an Leòdhas, gam brosnachadh is a' toirt cùl-taic dhaibh an uair an tèinn, chan eil mòran de dh' eachdraidh sgrìobhte ri lorg mu dheidhinn. Air an adhbhar sin, is ann bho bheul-aithris a thàinig a' mhòr-chuid de na tha san sgrìobhadh ghoirid seo.

A rèir na sgeòil a fhuair mi, chaidh a ghairm do Bhatairnis san Eilean Sgitheanach sa' bhliadhna 1883. Is ann an sin a ghabh e làmh an spàirn na tuatha an aghaidh an uachdarain is na h-Eaglaise, màthair-adhbhar den t-suidheachadh shearbh a dhùisg an tuath gu bhith a' dèanamh ar-a-mach.

Air do MhacCaluim Bhatairnis a ruigheachd, cha robh roimhe ach eaglais lom, gun ach mu dhusan air fhàgail sa' choimthional. Is cha b' iongnadh e. Bha an eaglais a' falbh às a chèile, is bha staid taighean-còmhnaidh nam fear-sgìre fada fichead na bu mhiosa. Cha robh anntasan ach bothain dhorcha, fhuara — taighean dubha de chloich is de dh' ùir, a' mhòr-chuid dhiubh gun fiù is an similear.

Bha galairean a' bhàis — galairean mar iadh-mu-bhraighead is a' chaitheamh a' gairm mòrain. Agus bha dìth lighichean is sgilean air eòlasan-leighis a' cur ris a' chruadal. Bha an tuath a' tighinn beò air a' bhochdainn — deòrain is dileachdain gun luim is gun dòigh.

Chuir an suidheachadh seo anam a' mhinistèir òig fo sprochd. Bha e air bhàinidh is thàinig e gun cho-dhùnadh nach b' urrainn dha fuireach na thosd am feadh 's a bha a' choimhthional air an togail is a' dol às leis a' chaoile. Dhèanadh e a dhìcheall, mar sheirbhiseach an Tighearna, air an treud a bha air a chùram a bhrosnachadh gu na slabhraidhean teann a dh' fhàg iad an càs na h-èiginn fo chonn an uachdarain chruaidh-chridhich agus Eaglais gun iochd. Na bheachd,

bha gach nì ag èirigh leis an uachdran am feadh 's a bha an tuath a' dol a dhìth. Is bha an Eaglais a' seasamh a dh' aon taobh mar gum biodh i dall mu dheidhinn na bochdainn a bha timcheall.

Aig coinneamh de Dhionnasg an Fhearainn, thugadh cuireadh dha bruidhinn às leth na tuath-cheathairn. Agus cha bu ghann nach robh teanga aige nuair a leig e ruith leatha. Ag aithris ceann-teagaisg an dèidh ceann-teagaisg às a' Bhìoball, dhall e gu sgaiteach air uachdaran is air Eaglais. 'Tha e na dhleasdanas coisrigte air an Eaglais cobhair a dhèanamh air na daoine bochda a tha lom, falamh!' dh' èigh e. 'Ach gu ruige seo, tha i balbh, tosdach!' Ach is e a bha e a' sireadh ach rudeigin do-dhèante, oir cha robh rùn aig Clèir an Eilein cur an aghaidh nan uachdaran air char sam bith. Cha robh ann an Eòin Baistidh Bhatairnis ach guth aonaranach a' glaodhach ann am fàsach an t-sainnt is na feinealachd. Is bha cnap-starra eile sa' chùis. B' e seirbhiseach Eaglais na h-Alba a bha ann.

Ach a dh' aondeoin cò theireadh e, b' e laoch nach aomadh le taise a bha sa' mhinistear bheag à Earra-Ghàidheal. A' teannachadh air a' chuspair, dh' èigh e: 'Chan eil mise fo smachd na Clèir! Is e maighstir dhòmhsa an Tighearna Iosa Crìosd — Esan a dh' fhuiling am bàs air Calbharaigh air ar sgàth. Tha againn nar measg, iadsan aig am bheil am pailteas de shult na talmhainn. Sin na h-uachdarain, na bàillidhean is na fir-lagha. Fòs, nì mò a tha iad ri cur no ri buain ach fhathast tha iad forsail. Agus cò iadsan aig nach eil càil? Tha an tuath a tha ri àiteach is ri buain. Sin iadsan a tha fo chuinig nan uaislean.'

Faodar a ràdh, ged a bha Dòmhnall MacCaluim bras na theangaidh, gum b' e duine diadhaidh gun lochd a bha ann — seirbhiseach iriosal an Tighearna don tug e a bheatha. Bha creideas làidir aige gum b' iad na riaghailtean baobhail — fiar agus cumhaing air gach dòigh — a b' adhbhar don t-suidheachadh, cha b' ann a-mhàin san Eilean Sgitheanach ach air fad na Gàidhealtachd. B' i seo an dileab a thàinig an lùib Chùil-Lodair.

Cha ghabh e àicheadh nach b' i misneachd na h-èiginn a spor e gu seasamh an aghaidh nam maithean a chuir an tuath fo sgòd am Bhatairnis. A bhàrr air sin bha e daonnan cuimhneachail air an tuath-cheatharna bhon tàinig e fhèin agus air teachdaireachd an t-Soisgeil. Air an adhbhar sin, cha robh e leagte seasamh a dh' aon taobh bhon fhulangas is an truaillidheachd a bha ga chuairteachadh. Thàinig e gun choinneamh mar mhinistear umhail à eaglais bhòchd, bhriste, ach dh' fhàg e i na shàr ghaisgeach.

Chaidh a chliù gu fada farsaing air feadh gach cèarn den eilean san robh droch chòrdadh eadar an uachdaran is an tuath. Bha feill mhòr air an iomadh baile gu tighinn air sgrìob le sgeul na co-ionnachd. 'Tha an t-àm ann do thuath an eilein seo na glasan cruaidh a thilgeil às!' theireadh e. 'Tha an cinn aig tràilleann air feadh an t-saoghail, ach cuin a thig saorsa gu luchd-còmhnaidh nan taighean dubha?'

Ach gu cur srian air, ghabh an lagh ceum a-steach sa' chùis is air feasgar àraidh Shathairne chaidh a chur an làimh le barrantas-glacaidh fo ainm an t-Siorraim Ivory. Thugadh e do Phort Rìgh far an deachaidh a sparradh fo ghlais. B' i a' chasaid a thogadh na aghaidh gun robh e a' tarraing buairidh am measg na tuatha gu bhith ri fòirneirt. Theagamh gun robh an Siorram — mothchail air na thachair aig Blàr a' Chumhaing — airson bacadh an tùs a chur air càil eile a dh' fhaodadh èirigh na lorg.

Sgaoil an naidheachd — gun deachaidh am ministear beag a ghlacadh — mar fhalaisg lasradh fraoich air feadh an eilein, is bha an tuath-cheathairn air mhìre le dian fhearg. B' i cùis-nàire a bha an gun robh aon de sheirbhisich an Tighearna fo chuing sa' phrìosan nuair a bha e an dleas air a bhith a' cur an cèill nan Sgrìobtairean. Air an t-Sàbaid, à cùbaid Eaglais na Sgìre, chuireadh ùrnaigh an àird gun leigeadh ma sgaoil e a dh' aithghearr. Ach rud a bha glè annasach, cha do rinneadh aon ùrnaigh sna h-Eaglaisean eile sa' choimhearsnachd às a leth. Nì mò a rinneadh luaidh air ainm rè an adhraidh.

Ach cha robh an Eaglais is a' mhòr-chuid den t-sluagh air an aon ràmh mu thimcheall. Air oidhche Shathairne an dà thaigh-òsda a' bhaile bha inntinnean air bhiodagan. Bha na Tòraidhean cruaidh am beachd nach robh an Siorram ach a' cumail na còrach nuair a thug e ùghdarras do na maoir an t-eas-aontaire a chur an làimh. Ach fhathast, bha teagamh aca sa' cho-dhùnadh. Air an làimh eile, bha na Liberealaich calg-dhìreach an aghaidh na thachair. Nam beachd-san, cha b' ann a-mhàin an aghaidh na h-Eaglaise a bha an gnìomh seo ach an aghaidh saorsa cainnte. Gun teagamh, cha robh am MacCaluim ach ministear à Eaglais na h-Alba. Ciamar idir a bhitheadh cùisean nam b' e ministear às an Eaglais Shaoir a bha sa' phrìosan?

Tràth air madainn Diluain, chaidh a tharraing gu cùirt, ach leigeadh ma sgaoil e nuair a chaidh ceannard nan Libearaileach am Port Rìgh an urras air. Chuireadh iomradh air na thachair gun Ard Fhear-tagraidh an Dùn Eideann. Ach thàinig esan gun cho-dhùnadh nach robh nì sa' chasaid ach fianais mas-fhìor, is gum bitheadh e fada ro dhoirbh MacCaluim a dhiteadh an cùirt lagha.

Ach bha luchd-dìtidh fhathast a' feitheamh air, agus chaidh a ghairm air beulaibh Clèir an Eilein. Is air dha nochdadh am fianais, cha ghabhadh e bhith nach robh e a' faireachdainn lom, rùisgte am fianais na feadhna sin dom bu dual a bhith mar bhràithrean an Crìosda dha. Cha do nochdadh ach nàimhdeas dha, is ga chronachadh gu cruaidh airson a ghiùlain, thubhairt iad ris: 'Imich romhad is na peacaich nas mò.' Mus d' fhalbh e, dh' iarr e cead bruidhinn, rud ris an do ghabh na bha làthair le droch shunn.

An dèidh iomradh goirid a dhèanamh a-thaobh bhochdaibh an Eilein, thug e an òraid gu crìch am briathraibh geur: 'Nuair a bheachdaicheas mi air mar a

tha na glioban agus na mansaichean againn air an dìon leis an lagh bho ghionachas nan uachdaran agus gach sochair eile a tha ag èirigh leinn, bu chòir dhuinn buidheachas a thoirt don Chruithear nach tug e sinn thairis mar chreiche do na fìaclan aca.' Agus gun diog eile, ghabh e a chead dhiubh.

Thàinig e air ais do Bhatairnis far an do shaothraich e gun bhliadhna 1887. Aig an àm sin, chuir Sgìre a' Chruairtean an Tiriodh gairm thuige. Ach chaidh Diùc Earra-Ghàidheil dubh an aghaidh a' chuiridh. Bha esan sa' bheachd nach robh MacCaluim idir freagarrach gu a dhol air ceann coimhthionail an Tiriodh. Ach air don sgìre a thoirt fa-near nach robh ùghdarras aig an uachdaran thairis orra, chaidh an dara gairm a chur thuige. Ghabh e rithe, is chaidh a phòsadh ri Eaglais na Mòintich air an dara là fichead den Dùbhlachd an 1887.

Bha Tiriodh, mar cheàrnan eile, an coire-theth fada mus tàinig MacCaluim. Ann an 1846, thàinig an Còirneal Iain Caimbeul (Am Bàillidh Mòr) — aintighearna gun iochd is gun tròcair — don eilean. Agus abair gun robh e dealasach a' cur nan croitearan à seilbh. Bha mu thimcheall còig mìle anam san eilean air dha teachd. Mus do ghairm am bàs e, bha an àireamh air crìonadh gu mu dhà mhìle gu leth. Ann an 1876, thàinig bàillidh ùr dom b' ainm Eoghan Dubh MacDhiarmaid. Ged a b' e naomh a bha ann an coimeas ris a' Bhàillidh Mhòr, b' e duine cealgach, tratach a bha ann is bu lugh' air an tuath e. Nan robh e air a bhith faiceallach, stuama, theagamh nach do thachair ar-a-mach 1886.

Ged a bha am Bàillidh Dubh MacDhiarmaid dubh na aghaidh, chaidh MacCaluim an sàs gu dealasach às leth nan croitearan is nan coitearan. Ged a thàinig Achd nan Croitearan am bith san Og-mhios 1886, bha mòran ri chur air dòigh a thaobh màil is suidheachadh bochd nan coitearan. Bha tacannan mòra san eilean — tacannan mar Ghrianal, Hogh, An Cruairtean, Haoidhnis, Am Bàgh, Sgairinis agus Baile-Pheadrais. Bu chaomh le MacCaluim gun rachadh am birsteadh a thoirt chroitean do na coitearan. Ach bha an oighreachd a' cumail a-mach nach robh a leithid sin so-dhèante on a bha iad air aonta. Ach a dh'aindeoin sin, fhuair e gealltanais faclach bhon Diùc gun rachadh am bristeadh nuair a ruitheadh an t-aonta a-mach.

Ann an 1889 dh' fhàg e Tiriodh a dhol gu Sgìre nan Loch an Leòdhas far an do chuir e seachad deich bliadhna fichead de bheatha an seirbheis an Tighearna. Tha air a ràdh gum b' i a' bhochdainn mhòr a thug air Tiriodh fhàgail. On a chaidh an Eaglais an aghaidh an Diùca, cha d' fhuair e riamh cumail suas bhon oighreachd. Nì mò a bheireadh am bàillidh dha an glib.

Mar chomharra air a' mheas a bha aig na Tirisdich air, thug iad tiodhlaic de dh' fhàinne daoimein is rolla dha. A bhàrr air sin a chur urraim air, thog iad càrn (Tùr MhicCaluim) air àirde Chille Choinnich. Snaidhte air aon de na clachan sa' chùirn, tha na facail: 'Bàs no buaidh'. Tha seanfhacal aig an Tirisdich a

tha ag ràdh: 'Is ann le Dia tha an talamh air a bheil Tùr MhicCaluim.' A dhèanamh cinnteach nach tuiteadh an càrn às a chèile, thath Alasdair Brùn nach maireann à Cille Choinnich na clachan ri chèile gu h-eireachdail.

Ged a bha Creach Mhòr nam Fiadh is Aimehreit Aignis seachad mun deachaidh MacCaluim do Leòdhas, chaidh e an sàs gu dian air taobh bochdainn na Sgìre. A rèir na sgeòil, bha e na sgoib am feòil Mhgr Iosaph Platt a ghabh fearann na Pàirce air mhàl an 1886. Rinn e aoir air a bheil ceithir rainn deug a' cur sìos air 'Bodach Isgin', mar a bha aige air. Seo a dhà de na rainn:

*'Tha mi rìoghachadh cho fad 's a chì mi'
Thuirtd Bodach Isginn, 'thar monaidh 's cruaidh'.
'S gun d' thuirtd e 'n fhìrinn 's e bhrisrd mo chridh-sa,
'S a dh' fhàg an tìr seo air chrith le fuath.*

*A-mach bhon Airigh san robh na h-àrmainn
A' gabhail tràith air mo bhradan 's m' fhiadh;
Gun ruig a' Chàbhaig tha 'n tìr na Pairce
Fom chois na fhàsach 's lem iuchair glèidht.*

Nuair a leig Domhnall MacCaluim dheth a dhreuchd, thill e do Gleann Dail san Eilean Sgitheanach far an do chaochail e sa' bhliadhna 1929.

Mairidh ainm gu suthainn is gu sìorraidh



FEUCH SEO!

Sgrìobh aon fhacal mar fhreagairt air gach ceist a leanas. An uair sin gabh a' chiad litir de gach facal a sgrìobh thu 's cuir ri chèile iad airson facal eile a dhèanamh.

1. Dè an sloinneadh a bha air lighichean a bha ainmeil uaireigin air a' Ghàidhealtachd?
2. Cò air a bha còta iomadhathach?
3. Dè a' chiad ainm a bha air an fhear a bha ag ùrnaigh ann am bàrdachd le Burns?
4. Dè am pàigheadh a gheibh sinn airson a bhith ag obair?
5. Dè an t-eilean mara a chaidh fhalamhachadh ann an 1930?
6. Dè a' bheinn air na stad an Airc?
7. Dè an dath a tha air sionnach?

Gheibhear na freagairtean air t.d.109

PRIOSAN

Mairi R NicNèill, 6M3 Sgoil MhicNeacail

*Tha am prìosan seo glaiste
ged nach eil doras air.
Tha a' bheatha seo mar phrìosan,
prìosan far nach fhaigh thu saorsa.*

*lomadach latha a chuir mi seachad
mar phrìosanach;
glaiste na mo bheatha fhìn,
mar shàil eadar talamh agus bròig.*

*Ach is mi a thog mo phrìosan
le foghlam agus leabhraichean.
'S a-nis tha mi glaiste suas,
fad air falbh bho mo dhaoine.*

*B' fheàrr leam fhìn gum faodainn fuireach
air eilean Clann MhicNèill.
'S gun cuirinn seachad mo bheatha ann,
le toil-inntinn is toil bheò.*

*Cha robh mi toilichte mar a bha mi
ann am prìosan le cuid mo dhaoine;
dh' fheumainn fhàgail, dh' fheumainn falbh,
dh' fheumainn saorsa fhaotainn.*

*Tha a' bheatha seo mar phrìosan
prìosan làidir glaiste.
'S ged leagainn na ballachan,
dè am feum? tha doras saorsa glaiste.*

*Oir 's e mo thuigse a tha gam ghlasadh
air falbh, fad air falbh.
'S ma chailleas mi mo thuigse,
bithidh mo bheatha socair, sàmhach . . . saor.*



AN T-AITHREACHAS

Iain F MacLeòid, 6M2 Sgoil MhicNeacail

'Ghabh e an t-aithreachas a bhalachaibh. Bha sin cinnteach'.

Shuidh am bodach air ais na chathair, ag aithris air na thubhairt e. A' gabhail a' phìob sheall e timcheall airson nan ceistean a bha daonna a' tuiteam air ma lolairean. O, bha e math air sgeulachd inntinneach innse. Bha sin cinnteach. Thog e gloinne uisge-beatha gu a bheul agus chrìochnaich e i anns a' bhad.

'An e sibh fhèin a ghabh air a' bhodach?' dh' fhaighnich aon de na balaich òga. Bha a shùilean mar dhà thruinnsear tupperware. Thog am bodach a chròg mhòr chun an adhair agus chrath e i ri gach duine a bh' anns a' bhothan.

'S e sin a ghabh air. Mo dhùirn fhèin. Cha deigheadh càil faisg orra'.

Rinn na bodaich eile gàire gu socair. Bha iad fhèin a cheart cho beachdail air sgeulachdan a' bhodaich. Dh' aidicheadh am bodach air a bheatha gu robh a h-uile càil a bha e ag radh fìor.

'Nach innis thu sgeulachd eile dhuinn a Thormoid. A bheil sibh a' creidsinn ann an taibhsean?'

Chaidh am bothan sàmhach sa' bhad. 'S e balach òg a dh' fhaighnich a' cheist ach ged a bha fios aig gach duine air seo bha an t-àite mar chiste, agus na daoine mar gum biodh iad ga giùlain. Shuidh Tormod air ais na chathair. Ag aithris.

'A-nise a bhalaich. Dè thug ort sin fhaighneachd? Nach eil gu leòr foighidinn agad airson mothachadh nach e cuspair còmhraidh airson feadhainn oga a th' ann a sin. Chan eil sinn airson gun toir an leann 'hallucinations' oirbh'.

'Och cha chuir sgeulachd bheag mòran dragh orra', thubhairt Aonghas Beag a' lìonadh a mhuga le ruma O.V.D. 'S e a bha càilear dha. Gu h-àraid nuair a bha e a' cluinntinn sgeulachdan Rìo Thormoid. Ghabh Tormod drama eile agus thòisich e.

'Tha e coltach, air oidhche shònraichte a h-uile deich bliadhna, chì thu tìodhlacadh an duine mhòir, MacLeòid, a' gabhail àite a-rithist. A-nise, feumaidh tu beagan background mu dheidhinn an duine seo airson gum bi fios agaibh cò air a tha mi a-mach. Duine spooky. O, bha e spooky. Sin na chanas mi. Ach, air an oidhche seo, chì thu an sluagh aig meadhan oidhche a' leantainn na ciste sìos an sin'.

Thog Tormod òrdag mhòr ris an loch. Bho chionn bliadhnaichean bhiodh na màthraichean ag innse dhan chloinn gun deigheadh blas an loch às an dèidh mura biodh iad còir. Bha na meuran tana, caola fhathast a' leantainn sìos chun an loch. Bha an loch a' brùchdadh agus a' slapadaich air an oir. Bha e coltach ri eanchainn mhòr, dhubh ann am meadhan an fhraoich.

'Aig deireadh cuairt nam mairbh tha iad uile a' taomadh dhan an loch. Agus chan fhaic thu sealladh dhiubh airson bliadhnaichean. 'S e sealladh . . . uabhasach fuar, eagalach a th' ann. Cha b' urrainn dhomh fhèin cadal airson seachdainean an dèidh dhomh fhaicinn nuair a bha mi òg. Cha chuirinn an sealladh sin air duine, nàmhaid no eile'.

Bha balach òg aig culaibh a' bhothain. Bha e a' sealltainn ris an òrdaig a bha a' tuiteam air mullach an taighe aige. Bha a bheul dìreach mar ghreideal. Bha e coltach ri rud a gheibheadh tu ann an sutha.

Mura biodh an t-eagal cho follaiseach, bhiodh na suilean uabhasach èibhinn. Co-dhiù, chan obraicheadh am beul aige.

'Dè an latha a tha seo a' tachairt?'

Chan e ceist uabhasach math a bha seo airson a' bhalaich òig. Bhiodh rudan a' cur eagal air uaireannan gun adhbhar sam bith. An dorch. Fiù na 'daddy-longlegs' a bha na balaich eile a spionadh às a chèile nuair a bha e òg.

Chitheadh tu smùid na deoch timcheall air a' bhothan a' beantainn ri gach duine òg agus aosd. Nise, nì an deoch rudan àraid air inntinn duine. Gu h-àraid nuair a tha bodach aosd ag innse sgeulachd dhut.

'Tha e coltach gu bheil e a' tachairt, ach chan eil math dhomh innse dhuibh. Cha chuir e càil ach an t-eagal oirbh.

'Tonight's the night a' bhalachalbh. Party time', thubhairt Aonghas Beag. Uill, cha mhòr nach do rinn am balach bochd rud nach do rinn e bho bha e na bhalach òg, trì bliadhna a' dh' aois. Cha mhòr nach do shalaidh e a bhrìogais. Nach biodh sin air tòrr fealla-dhà a tharraing.

'Dè mu dheidhinn a dhol sìos an-nochd. Bheir sinn leinn druma leanna, botal no dhà agus gabhaidh sinn cèilidh beag air na daoine seo'.

Bha Aonghas Beag uabhasach math air rudan a radh nach robh uabhasach freagarrach aig amannan mar seo. Co-dhiù, 's e duine uabhasach a bh' ann. Bhiodh e a' faighinn tòrr toileachais nuair a chuireadh e eagal air daoine. 'S e an seòrsa duine a bh' ann a bhiodh math na 'mhugger'. Cha robh e pòsd a bharrachd.

'Na bì gòrach', thubhairt Tormod ann an guth cruaidh. 'Chan e adhbhar gàireachdainn a th' ann. Tha fìos aig gach duine am broinn a' bhothain seo dè thachras ma thèid thu faisg air . . . air rud mar sin. Cha bhì sealladh dhiot anns an t-saoghal seo tuilleadh. 'S e saoghal nam mairbh, sin an t-àite agad. Bheir dhomh drama'.

Shuidh Tormod air ais anns a' chathair, ag aithris air na facail agus a' sealltainn ri gach duine. Leig am balach sgrìach bheag. Cha robh e beag gu leòr agus chuala a

h-uile duine anns an àite e. Bha iad daonnan a' tarraing às anns a' bhothan, gu ìr a bha uaireannan mì-nàdarrach.

'Chur e eagal air Diddums. Feumaidh cuideigin coiseachd air ais chun an taighe ar nochd leis. Le Diddums'.

'Chan eil a mhàthair tìmcheall airson a làmh a chumail'.

Leig am bothan gu lèir sgrìach. Cha robh duine a' smaoineachadh gu robh càil ceàr air rud beag fealla-dhà. Diol-deirig a bh' ann. Ged a bha a h-uile duine a' fanaid a' bha aonan ann nach ro cho dèidheil air a bhith a' tarraing às. Bha fhios aige gur dèanadh Diddums rud sam bith dha, uair sam bith. Cha robh e a' còrdadh ris nuair a bha sùil a bhothain a' tuiteam air a' bhalach bhoichd.

'An e sin an uair?' thubhairt Diddums. 'Tha lan thide agam bualadh às. Tha obair agam ri dhèanamh'.

'Dh' èirich e às a' chathair, cho geal ri taibhse. Bha an t-eagal a' sracadh an aodainn agus dh' aithnicheadh a h-uile duine seo.

'Dèan cinnteach nach fhaigh sluagh na ciste grèim ort. Dè chanadh do mhàthair ri sin?'

'Nach fhàg thu e. Chan eil ann ach balach òg. A' cur eagal mar sin air'.

Dh' fhàg am balach boichd blàths agus comhfhurtachd an àite, gun fhios dè bha roimhe anns an oidhche dhorch. Dhùin doras a' bhothain air a chùlaibh. Shuidh Tormoc air ais na chathair, ag aithris.

Sheas daoine air cùlaibh na ciste, ceann-ruisgte. Gu foirmeil thog iad a' chiste agus thòisich iad sìos an rathad ri taobh an locha. 'S ann an-dè a fhuair iad corp a' bhalaich, air a bhathadh anns an loch. Chan fhaigheadh duine adhbhar air a shon. 'S mathaid gur e an deoch no an t-eagal a bh' ann.

'S e duine math a bh' ann. Cha chanadh e càil an aghaidh duine. Cho solt ris an uan'.

'S e seo an seòrsa beachd a bh' aig gach duine, a' coiseachd sìos an rathad. Modh is àite aige bho dheireadh thall, mar a thuirt am bàrd.

AN COIGREACH

le Seonag NicCoinnich, 3G3 Sgoil MhicNeacail

*Chunnaic mi e a' tighinn air fàire
thar na beinne,
le màileid air a dhruim;
cò às a bha e?
cò a bh' ann?
iomadh ceist a' dol timcheall
nam cheann;
a' tighinn a-nall gu tìr chèin,
coigreach bochd
gun iomagain sam bith,
's mise a' seasamh an sin le crith,
ghabh mi truas ris an duine —
coigreach bochd a' tighinn
thar na beinne.*



AN COMUNN GAIDHEALACH BHO 1891

le Frang MacThòmais

San t-samhradh 1890, bha an Dr Masson, Ollamh na Beurla an Oilthigh Dhun Eidean air tilleadh bho thuras don Chuimrigh far na fhritheil e an t-Eisteddfod. Bha ceò nan còisirean Cuimreach agus aithris bhàrdachd fhathast a' seòladh na inntinn, agus sgrìobh e gu pàipear-naidheachd sa' bhaile a' moladh gum bu chòir buidheann, air a ruith coltach ris an Eisteddfod, a stèidheachadh anns a' Ghàidhealtachd.

An ìre mhath air ball bha am beachd na adhbhar connspaid am measg Ghàidheal. Ach fhreumhaich am faillean mus tàinig cùisean gu ìre 'mòran radh is beaga dèanaimh' 's mus do fhuing e bàs ann an colbhan nam pàipear-naidheachd.

Sheòl an lus finealta anns a' ghaoith bho Dhun Eideann air a shlighe an iar, agus laigh e san Oban. An sin, san Dàmhair, 1890 ghairmeadh coinneamh bheag gu beachdachadh air comann cultarach a stèidheachadh an aghaidh lìonmhorachd chomainn Gheamachan Gàidhealach a bha a' breacadh na h-Albann aig an àm. Chaidh comataidh de cheathrar a chur air chois a chum siubhal don Chuimrigh gus comhairle fhaotainn bho luchd-eagraidh an Eisteddfoid. Thill iad làn dioghras, rud a thurchair a bhith gabhaltach. Bha sin cho math air sgàth a' chàinidh a bhatar a' dèanamh air co-dhunadh an Obain buidheann a stèidheachadh air an robh An Comunn Gàidhealtach gu bhith.

Chuir Comunn Gàidhlig Lunnain an taic ris a' bheachd, ged a bha cuid an dùil gun tarraingeadh am buidheann ùr spionnadh dhaoine air falbh bho chùis an fhearainn.

Chunnaic Comunn Gàidhlig Inbhir Nis, a chaidh a stèidheachadh ann an 1872, am buidheann ùr mar bhuidheann a bhitheadh ag obair nan aghaidh, agus thuirt iad gu foirmeil nach gabhadh iad gnothaich ri comunn ùr a chruthachadh.

A dh' aindeoin suidheachaidh, chuir comataidh an Obain romhpa raon farsaing de bharail poblach fhiaradh thuca mar thaic. Am measg nan gunnachan mòra bha an Tighearna Gilleasbaig Caimbeul, an t-Ollamh Iain S MacIlleDhuibh, Frederic MacLaomain, maighstir a' phiàno agus Seumas MacCuinn, am fear-sgrìobhaidh ciùil a bha a' cur taice ri cànan tìr nam beann.

Leis an taic seo, chaidh coinneamh phoblach a ghairm gu bhith air a cumail air 30 den Ghiblein 1891. Chaidh bonn-stèidh a chur ris a' choinneamh 's ghabhadh ris gun ghearan. Ach dè an t-ainm a bhitheadh air a' bhuidheann ùr? Chaidh grunn ainmean a mholadh, ach b' e 'An Comunn Gàidhealach' roghainn na coinneimhe.

B' e an ath nì air a' chlàr-gnothaich ainm airson a' chruinneachaidh bhliadhnaile de cheòl 's de òrain. Chaidh an t-ainm 'mòd' a thaghadh, 's gu dearbha bha beatha shoirbheachail an dàn dha.

Chaidh a' chiad Mhòd, nach robh fhathast a' dol fo ainm nàiseanta, a chumail san Oban air 13 den t-Sultain 1892. A dh' aindeoin prògram tomaideach, cha do chuir ach beagan an ainmean a-steach airson nan co-fharpais. B' fheudar cudthrom a chur air daoine, gu h-àraidh an coimhearsnachd an Obain fhèin ach an gabhadh iad pàirt. Shàbhail sin cùisean, agus bha am Mòd air shiubhal ann an riochd fleadh de oidhirpean cultarach agus caldhanta.

Ged a bha amasan a' Chomuinn a' bualadh air Gàidhlig 's air a cultair, cha do rinneadh dearmad air duilgheadasan sòisealta agus eacanamach na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Mòr-fhillte ann am bonn-stèidh a' Chomuinn bha iomagain mu chothroman a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhealach èirigh às an t-suidheachadh ìosal san robh iad bho 1890. Fad leth-cheud bliadhna bha An Comun gu bhith gu mòr an luib gnìomhachas dachaighe.

Bha dìth airgid air a' Chomunn agus b' iad na h-uaislean a rinn cobhair air a' bhuidheann an 1907 's an 1927 nuair thàinig iad còmhla airson fhèillean trì-latha a chur air chois. Chrùinnich am mòrsluagh gu bathair a cheannach bho leithid A Mòrachd Ban-dhiùc Earra Ghàidheal.

Gidheadh, cha do rinn An Comunn dearmad air Gàidhlig air a' chroit 's anns a' bhaile mhòr. Cha mhotha a rinn iad dearmad air a' chuibhreann sin as cudthromaiche ann an leasachadh sam bith air cànan: a' chlann.

Mheudaich ballrachd mean air mhean, a' cruthachadh bunait airson gnìomhachais, a thug cothrom don Chomunn cùis na Gàidhlig a thoirt dìreach a-steach a Thaigh nan Cumantan fhèin, 's gun sin ach aon den iomadh blàr san do rinn iad sabaid rè nan ceud bliadhna bho chaidh an stèidheachadh.

Tha mòran de na tha a' tachairt an luib na Gàidhlig an-diugh na sgàthan air na dh' fheuch An Comunn rè nam bliadhna. Ach bha dìth airgid agus dìth co-fhaireachdainn ri Gàidhlig nam meadhan air fìor bhriseadh-dùil aig amannan.

'S dòcha gun comharraich an searbhasach an 230,000 aig an robh Gàidhlig an 1891 agus an 80,000 aig a bheil i an-diugh 's gum faighnich e a bheil sin na shlat-thomhais air èifeachdas a' Chomuinn.

Ach 's i an fhìrinn gun thòisich An Comunn às aonais na dearbh-aithne nàiseant a thaobh cànan a bha aig Cuimris 's aig a' Ghàidhlig Eireannaich 's a bha a buileachadh neirt orra. 'S e freagairt dìreach don t-searbhasach: mur a bitheadh An Comunn air a stèidheachadh an 1891, am biodh Gàidhlig an-diugh ann ach an cuimhn an t-sluaigh?

Tha eachdraidh a' Chomuinn a' sealltainn, ged nach bitheadh an còrr, diùltadh rag gabhail ri suidheachadh lùghdachadh àireamhan gus an do dh' atharraich cùisean ' gu bheil earbsa san àm ri teachd. Faodaidh An Comunn sealltainn air ais gu pròiseil Bu chòir don dara ceud bliadhna a bhith cheart cho torach.



CLACH LE CUMHACHD

le Catrìona NicIll'Eathain, 3M3 Sgoil MhicNeacail

Aon latha bòidheach
 anns an earrach
 bha mi a' coiseachd dhachaigh
 às an sgoil,
 dè chunnaic mi san fheur
 ach poca le cloich
 agus pìos pàipeir ann!

cha robh mi math air leughadh an latha ud;
 mar sin ruith mi dhachaigh
 cho luath ri geàrr,
 gus an leughadh mo mhàthair e.

'tha e ag radh' thuirt mo mhàthair,
 'gu bheil cumhachd aig a' chloich seo!
 'O,' arsa mise, cha robh mi
 dìreach cinnteach dè bh' ann!

an oidhche sin,
 anns an leabaidh,
 bha mi a' coimhead ris a' chloich
 agus thuirt mi,
 'tha mi ag iarraidh fichead nota
 airson còta ùr',
 ach cha robh càil a' tighinn,
 's le sin chaidil mi.

anns a' mhadainn fhuair mi litir
 le seic flach fichead nota,
 bho iris
 don rinn mi sgeulachd

ruith mi suas an staidhre
 airson taing thoirt don chloich . . .
 ach cha robh i air mo leabaidh
 's cha robh i air an làr,
 agus chun an latha seo
 chan eil fios agamsa
 càit a bheil i —
 a' chlach bheag le cumhachd.

A' PHARLAMAID

le Dòmhnall Iain MacIomhair

A h-uile madainn, ach madainn na Sàbaid, nuair cheadaicheadh an aimsir e, bhiodh an ceathrar bhodach a' coinneachadh aig bùth Mhurchaidh Ailig. Sheasadh iad aig ceann na bùtha a bhruidhinn mun t-saoghal agus mu a naidheachdan, mun aimsir 's mu chogadh air an robh cuimhne aca, mu nì sam bith san fharsaingeachd air am b' fhiach bruidhinn. Bhiodh iad ann — Seonaidh Chalum Aonghais Oighrig, am Piuchalan, Calum Bàn Dhail nam Muc agus Pàdraig a' White Horse — an siud nan seasamh aig ceann bùth Mhurchaidh Ailig. 'S e Pàrlamaid Mhurchaidh Ailig a bha aig a' bhaile orra. Ach cha robh Murchadh Ailig fhèin a' gabhail gothaich riutha.

'Ah, daingead,' ars am Piuchalan, 'chan eil cogaidhean ann an-diugh mar a bh' ann uaireigin. A h-uile càil cho high-tech. Dh'fheumadh làmh chinnteach a bhith againne air cùl a' ghunna.'

'S shadadh e smugaid mhòr ghrànnda a-null don òig.

'Tha sin fìor,' arsa Seonaidh Chalum Aonghais Oighrig. 'Càil an-diugh a bhalaich ach an teanolaidsidh. Sin an rud tha cunntadh. Bang — agus lorg fhèin an targaid.'

'Ach bha sinne math air a' ghunna,' arsa Calum Bàn. 'A' dìon na dùthcha, a bhalaich. Sin a bha sinn ris. A' falbh 's gun sinn ach nar balaich. A' dìon na dùthcha.'

'N dùil an fhiach i a dìon fhathast?' arsa Pàdraig a' White Horse.

Shad e a' cheist a-steach an dèidh smugaid eile bhon Phiuchalan.

'O, 's fhiach,' ars Seonaidh. 'Chan eil i mar a bha i, a nàbaidh, ach 's fhiach i a dìon. Tha cus marbhaidh is millidh a' dol air adhart. Daoine ro mhosach. Ag iarraidh cus, a nàbaidh. Sin agad an rud a tha ceàrr.'

'S i 'n fhìrinn a th' agad an sin,' thuirt am Piuchalan. 'Too true,' ars esan. 'Seall air an fhear a tha seo fhèin. Fosgailte a latha 's a dh'oidhche. Càil ach an sgillinn. 'S gu leòr aige cuideachd. Tha dhà no thrì dhiubh sa' bhaile seo. Càil ach an sgillinn ruadh.'

'N dùil an aithnicheadh do sheanair am baile-sa an-diugh nan robh e a' dol a thilleadh?' dh'fhaighnich Calum Bàn.

Cha deach a' cheist a chur ri fear seach fear eile. Sgioblaich Seonaidh a bhonaid, agus fhreagair e.

'Huh, cha till mo sheanair-sa no do sheanair-sa, cha till gu dearbha. Dh'aithnicheadh e am baile ceart gu leòr. Cnoc an Fhuadaich. An Sruth Bàn. Agus Leac na Grèine. Ach dh'fhalbh na taighean dubha, a bhalaich. 'S an-diugh tha taighean mòra brèagha

ann, cho pois 's a gheibheadh tu an àite sam bith. Cus airgid, a bhalaich. Daoine ro mhàth dheth. Ach chan fhaca mi san eaglais an-raoir sibh.'

B' e madainn Diluain a bh' ann. Bhiodh Seonaidh a' dol don eaglais a h-uile feasgar Sàbaid, ach cha bhiodh am Piuchalan, Calum no Pàdraig ga tadhal ach ainneamh. Cha b' e gun robh Seonaidh fhèin uabhasach cràbhach na bu mhò. 'S cha do thuig càch an toiseach dè an ceangal a bha aig an rud mu dheireadh a thuirt Seonaidh ris a' chòmhradh a bha a' dol. Lean e air.

'Sin an dearbh rud air an robh am Moireasdanach a' bruidhinn an-raoir. Tha e a' fàs gliogach, bròinean. Ach rinn e searmon mhath. Bha e a' bruidhinn air sannt dhaoine 's air gaol dhaoine air an airgead.'

'Och, chan e gaol an airgid idir a th' ann,' fhreagair am Piuchalan. "'S ann a tha daoine ag iarraidh comhfhurtachd dhaibh fhèin. Hùbhar, a bhalaich, an rud a th' ann an-diugh 's chan e sguab fraoich. Telebhisean. Fòn. Bucas a nigheas an t-aodach 's fear eile a nigheas na soithichean. Seall na daoine bochda a th' ann an Ruisia 's anns an Sudan 's an àitichean den t-seòrsa sin. Chan eil gin de na rudan sin aca. 'S ann a tha sinne well-off, a bhalaich.'

Siud smugaid mhòr eile bhuidhe. Dh'èirich i mar eun air iteig mus do thuit i don òig.

'Tha thu ceart an sin,' arsa Pàdraig a' White Horse. 'Tha na daoine sin air an cumail sìos. Chan eil cothrom aca air a' bhìadh fhèin. 'S e seim a' choin a th' ann. Agus tha an aimsir nan aghaidh cuideachd, anns na dùthchannan tetha co-dhiù.'

Bhruidhinn Calum Bàn an uair sin.

'Na dicteutairean, a bhalaich. Sin an fheadhainn is coireach. Tha feum air riobholt no dhà anns na h-àitichean sin. Direach gabhail suas thuca agus grèim a ghabhail orra air sgòrnan. Crathadh math a tha dhìth orra. Carson a tha iad a' cumail a' bhìdh bho na daoine?'

'Chan eil fhios againne,' arsa Seonaidh. 'Cha thuig sinne e. Sinne a chaidh a thogail air bainne na bà 's air an sgadan shailte. 'S e bha math 's chan e na canastairean a tha dol an-diugh. An dearg phuinnsean. Làn cheamacails, a bhalaich. Tha sin a' fàgail thinneas ann nach robh a' dol nar là-ne idir.'

'Tha,' ars am Piuchalan. "'S chan eil daoine a' dèanamh gu leòr coiseachd. Cus chàraichean. Daoine a' fàs leisg. Tha cuimhn' a'm fhìn nuair bha mi òg, a' coiseachd trì mìle don sgoil a h-uile là, 's trì mìle dhachaigh. Ach cha tèid iad am fad fhèin an-diugh gun a dhol ann an càr. Cus cabhaig air an t-saoghal. Sin a th' ann. Chan e càil eile. Boil gun sgur. Agus abair boil.'

'Dè tha i a' dol a dhèanamh?' arsa Pàdraig.

'Dè tha cò a' dol a dhèanamh?' arsa Calum.

'An aimsir,' arsa Pàdraig. 'N dùil dè tha i a' dol a dhèanamh?'

Sheall iad le chèile ri na speuran. Bha an t-adhar a' fàs rudeigin dorch san àird a tuath.

'S iongantach mur a sil i ro bheul na h-oidhche,' ars am Piuchalan.

Smugaid mhòr lèigeach eile. Theab Pàdraig faighneachd dhà cò às a bha e gan toirt.

'Tha 'n t-sìde air atharrachadh,' arsa Seonaidh. 'Na samhraidhean 's na geamhraidhean a bh' ann, chan iad a th' ann an-diugh. Cus de stuthan gan leigeil às suas dhan an òson. Na ceamacails a-rithist, a bhalaich. Bha mi a' leughadh anns a' phàipear gu bheil na h-urasails uabhasach dona dhan an òson. Chan fhiach càil an-diugh a bhalaich mur a bi e ann an canastair. Sin agad an conclùisean agam fhìn. Sin mo bheachd fhìn co-dhiù.'

'Chan e mhàin an t-sìde a tha air atharrachadh. Tha 'n saoghal air atharrachadh,' arsa Pàdraig. 'Nuair a bha sinne òg, bhiodh sinn a' bruidhinn na Gàidhlig. Ga bruidhinn fad na tìde. Ach a-nis cha chluinn thu i ach ainneamh, gu h-àraid aig an òigrìdh. An TV is coireach. Agus ceòl. Agus na pàrantan. Tha feadhainn ann a tha a' smaoineachadh nach eil iad pois gu leòr mur a bi iad a' bruidhinn na Beurla. Ach nach do rinn Magaidh Dhòmhnail na h-Airigh math aig a' Mhòd?'

'Rinn i sin,' fhreagair am Piuchalan. 'Clean sweep agus no messing,' ars esan. 'Nach e Gàidhlig mhath a tha sin a-nise? 'N dùil an robh ceòl anns na daoine aice? Cha chreid mi gu bheil aon phong ann an sgòrnan Dhòmhnail na h-Airigh''

Cha tuirt duine càil airson mionaid. Dheasaich Seonaidh a sgòrnan fhèin la casad beag.

'Hod, bha,' ars esan. 'Bhiodh a seanair, seanair Mhagaidh, a seanair air taobh a màthar, a' preasantadh san eaglais. Guth math aige cuideachd. Na fuinn gu lèir. Ach chan eil daoine ag èisdeachd ri òrain an-diugh ann. Cha tig iad a-mach gu consairt no càil. Cus rubais air an telebhisean. Am faca sibh am prògram Amaireaganach a bh' air oidhche Shathairne?'

'Dè am fear a bha sin?' arsa càch.


'Hoodlum Valley,' arsa Seonaidh.

'Chan fhaca,' arsa càch.

'S tha thu a' dol a dh'innse dhuinn mu dheighinn,' ars am Piuchalan.

'Uill, ma tha sibh ag iarraidh,' arsa Seonaidh. 'S e sgeulachd a bha còir a bhith ann, ach cha robh sgeulachd idir ann. Deoch agus murt agus boireannaich le drugaichean. 'S ceòl. Bha an ceòl cho àrd 's nach cluinneadh tu dè bha iad ag radh. Smaoinich, uair a thìde 's deich mionaidean a' coimhead an rubais sin.'

'S carson a bha thu ga choimhead mas e rubais a bh' ann?' dh'fhaighnich Calum Bàn Dhail nam Muc.



'O, dìreach cur-seachad,' fhreagair Seonaidh. 'Sin a tha ceàrr oirnn. Seallaidh sinn ri rubais sam bith.'

Chaidh càr seachad aig astar a bha uabhasach luath.

'Nì e siud call mus gairm an coileach,' arsa Pàdraig.

'Nì,' ars am Piuchalan, 'ach 's e as miosa gum faod e call a dhèanamh air feadhainn eile. 'S cinnteach nach eil smùid air mun àm seo den latha.'

'Boireannach a bh' ann,' arsa Calum. ''S chan iad as fheàrr. Tha iad a cheart cho dona chun na deoch ri cuid de fhireannaich. Uaireigin, b' e rud uabhasach a bha ann cluinntinn mu bhoireannach a' gabhail na deoch. Sin agad equality, a bhalaich. Sin an saoghal a th' againn. Saoghal nan speuradair agus saoghal a' bhoma.'

'Chan eil mi fhìn a' smaoinichadh gun cleachd iad am boma gu bràth,' arsa Pàdraig. 'Seadh Ruisia agus Amaireagaidh. Tha fios aca gum bi iad fhèin air an sgrios cuideachd. Cha bhiodh anns an t-saoghal an uair sin ach dump, àite gun fheum.'

'A' bruidhinn air dump,' arsa Pàdraig, 'nach garbh na tha de chloisichean chàraichean aig taigh Piseag Aonghais Oig. Chan eil càil an siud ach meirg. Carson nach eil e a' faighinn buldòsair 's gan sguabadh chun a' chladaich?'

'Ah, fuirich, mionaid,' ars am Piuchlan, 'chan eil math a bhith a' dumpadh sgudail air a' chladach. Poluisean a tha sin, a bhalaich. A' truaillleadh a' chladaich 's a' truaillleadh na mara. Smaoinich air an iasg. Agus air na h-eòin. Na sgairbh. Na faoileagan. Tha sgudal gu leòr air a' chladach às aonais càraichean na Piseige. 'S tha a h-uile seòrsa rud anns a' mhuir. Ola. Sùireids. Cha bu chaomh leam fhìn a bhith nam throsg faisg air na cladaichean seo, a nàbaidh.'

'Cha bu chaomh gu dearbha,' arsa Seonaidh. 'Nuair bha mise a' seòladh 's nuair bha mi san nèibhi aig àm a' chogaidh, bha uisge na mara cho glan ri criostail. Ach chan eil uibhir de na balaich a' seòladh 's a b' àbhaist. Seinns days. Chunnaic cuid againn an saoghal mus robh sinn fichead bliadhna a dh'aois. 'S e beatha mhath a bh' ann. Chan eil doubt sam bith mu dheidhinn.'

Chunnaic iad Beileag a' Ghlinne Dhuibh a' tighinn a-nuas an rathad. Bha bascaid aice na làimh. A' tighinn chun na bùtha. Ach bhiodh greis mus ruigeadh i. Bha na casan aice aosd.

'Ah, seall air Beileag chòir,' ars am Piuchalan. 'Chan eil rian nach eil i faisg air a' cheithir fichead 's a deich. 'S iomadh atharrachadh a chunnaic i fhèin na latha. An siud na h-aonar faisg air fichead bliadhna bho dh'fhalbh stròc le Buldan.'

'Aidh, sin mar tha 'n saoghal,' arsa Calum Bàn.

Mu dheireadh, ràinig Beileag ceann bùth Mhurchaidh Ailig far an robh na seòid nan seasamh 's a' deasbad.

'Tha thu a' tighinn a dh'iarraidh do mheasaidseas. Ciamar a tha Beileag an-diugh?' arsa Seonaidh.

'Thuige 's bhuidhe,' fhreagair Beileag. 'S dè na cuspairean a th' aig a' Phàrlamaid an-diugh?' dh'fhaighnich i.

Cha do dh'fhuirich i ri freagairt. Chaidh i a-steach don bhùth.

'Nach biodh e math a bhith òg a-rithist,' arsa Pàdraig.

'A bheil thu a' ciallachadh òg san t-saoghal a th' ann no dhol air ais gu saoghal d' òige?' dh'fhaighnich Calum.

'Air ais gu saoghal m' òige. Gu saoghal mo neochiontais. Gu saoghal mo shuirghe. Gu saoghal a' charthannais agus a' bhainne ghoirt. B' iad siud na làithean, a nàbaidh. 'S cha till iad tuilleadh. Bha iad fèir eacsaileant, a bhalaich. A bheil cuimhn' agaibh air na h-òrain? Chan eil. Bhithinn fhìn agus An Deanntag a' dèanamh òrain. Tha cuimhn' agam fhathast orra:

*Thèid mi fhìn 's mo ghaol, Seasaidh Anna,
Thèid mi fhìn 's mo ghaol, Seasaidh Anna,
Thèid mi fhìn 's mo ghaol
Suas gu Rubh' nan Craobh
Thar mhonadh àlainn fraoich is a' chanaich.'*

'Cha robh càil a dh'fhios agam gum biodh tu a' dèanamh rabhdan,' ars am Piuchalan.

Cha do chòrd e ri Pàdraig gur e sin beachd a' Phiuchalain air a chuid òrain.

'An Deanntag a rinn am fear ud,' ars esan.

'Ach dè a-riamh a thachair don Deanntag?' arsa Calum. 'Deanntag Eachainn Ruaidh. Dè riamh a thachair dhà?'

'Och,' ars am Piuchalan, 'tha fhios againn uile dè thachair dhà. 'S fhada bhuidhe a-nis. Bha fhios aig a' bhaile gum biodh e a' dol gu Magaidh Mustard. Uill, an oidhche seo thàinig e dhachaigh air a' bhus agus smùid air a bha fèir unbelievable, 's an àite a dhol gu a thaigh fhèin rinn e air taigh Magaidh Mustard. A-nise bha mac Magaidh Mustard, Liaban, air toll mòr a chladach airson seaptaic tanc, 's lion an toll le bùrn. Splais! Chan fhac' an Deanntag an toll. Chuala Magaidh am fuaim 's thàinig Angaidh Dan an ath dhoras, 's thug e às an toll e. Bha e gu math na bu shòbar a' tighinn às na bha e a' dol ann. Splais, a dhuine. Thuirt Magaidh nach cual' ise a leithid. Co-dhiù, thàinig an cùram air 's chaidh e air a' mhisean ann an Iugoslàbhia. 'S dòcha gu bheil e an sin fhathast. 'S fhada bho nach cuala mi mu dheidhinn.'

'Sin dìreach mar a thachair,' arsa Seonaidh. 'Cha bhi rudan èibhinn mar sin a' tachairt an-diugh idir. Caractair a bh' ann, a bhalaich. Rud eile nach eil ann an-diugh, bhiodh

amadan anns a h-uile baile. Eil cuimhn' agaibh air Guirean Mhàiri Agnes? Fìor amadan baile. Bhiodh e a' falbh nan taighean ag iarraidh uighean 's bhiodh e gan tiodhlaicheadh air an lot. Creusaidh, a dhuine.'

'Tha cuimhn' a'm air,' arsa Pàdraig. 'Cho soilleir 's a ghabhas. Chan eil iad sin ann an-diugh idir. An rud nach d' fhuair Niall chan iarrar air e. Dh'fhalbh na làithean sin, a nàbaidh.'

'Dh'fhalbh gu dearbha,' arsa Calum, 'agus 's iomadh rud a dh'fhalbh nan cois. Saoilidh mi fhìn gur iad an òigrìdh bu mhò a dh'atharraich. Bha sinne deamhnaidh ceart gu leòr, ach an-diugh 's ann a tha iad olc. Seall air Fingers Uilleam Ruaidh an sin, chan eil e ach ochd bliadhna deug, naoidhean, a dhuine, 's tha e air bhith sa' chùirt ceithi turais airson a bhith a' goid à taighean. Chan eil math dhut do dhoras fhàgail gur a ghlasadh ma tha Fingers a' falbh na h-oidhche. Gheibh e 'm prìosan fhathast, 's e a gheibh.'

Thòisich an t-adhar a' fàs dorch agus thàinig an t-uisge. Bha a t-àm ann do Phàrlamaid Mhurchaidh Ailig a dhol ma sgaoil airson madainn eile. Bha mòran chuspairean rir deasbad fhathast. Dh'fhalbh na bodaich, a' cur sùil ri latha eile, agus, mar a gheall iad, bha iad cruinn aig ceann na bùtha madainn Dimàirt.



THE SOUND OF A HAMMER

by Angus Peter Campbell

*A complete lifetime has nearly destroyed me,
but I hear the sound of a hammer
telling me that you loved me so, so much*

Daddy

*this sound on wood is your beautiful brow
sweating
and the house we stayed in, the hut, alive with children
hammering*

*this moment is complete silence
except the sound of hammer on wood*

*except the sound of hammer on wood
this moment is complete silence*

*and see, how the smoke rose from the sawdust fire by the shore,
how the smoke rose from the sawdust fire by the shore;*

*tonight the electric fire makes a soft, warm, noise
and then, then there was the sound of a hammer on wood.*

CIANALAS

le Cairistiona Chaimbeul, 5F1 Sgoil MhicNeacail

Dhùisg Anna tràth. Cha robh i den bheachd gum fàsadh i eòlach air an fhuaim ann an Glaschu gu bràth. Cha robh i a' faighinn cadail sam bith bho dh' fhag i Leòdhas ann an t-samhradh. Bha i air pòsadh ann an eaglais bhig anns Na Hearadh air an 7mh latha den Iuchair ach bha Dòmhnall an duine aice airson fuireach ann an Glaschu, rugadh e ann an sin 's cha robh Anna airson a leigeil sìos.

'S e seo an t-àm a-nis den bhliadhna nach do chòrd ri Anna anns a' bhaile mhòr, — an Geamhradh. Bha na sràidean timcheall oirre cho fliuch 's cho salach a' coimhead aig an àm seo. Bha an t-uisge air a bhith ann airson dà latha agus bha e nis air tionndadh fuar 's bha an sneachd air tòiseachadh ri tuiteam, trom is socair. Cha robh fuaim r chluinntinn ach fuaim nan càraichean 's nam busaichean mar fhuaim tàirneanaich a h-uile uair a dheigheadh fear seachad air an taigh. Cha robh e ach sia uairean sa' mhadainn 's bha Dòmhnall fhathast na chadal, ach bha esan eòlach air an fhuaim throm seo. Rinn Anna cupan tì agus shuidh i sìos anns a' chathair bu chomhfhurtail anns an t-seòmair-suidhe. Ghabh i deoch den tì, chuir i sìos an cupan air a' bhòrd air a beulaibh agus dhuir i a sùilean. Thòisich i a' smaoineachadh air na bha tachairt rithe anns na bliadhnaichean a chaidh seachad, ach an rud a bha na bu mhotha na h-inntinn 's e sin an t-eilean a dh' fhàg i.

Cha robh càil a dhùil aig Anna an uiridh gum biodh i ann an Glaschu mun a robh i ag ràdh ri màthair, 'aon de na h-àiteachan cho salach 's cho mì-chàilear air an t-saoghal'. Nuair a smaoinich i air ais bha i den bheachd gun do rinn i ceàrr a thighinn gu Glaschu a dh'fhuireach airson fad a beatha, gum bitheadh i na b' fheàrr fuireach ann an Leòdhas no anns Na Hearadh far an do rugadh i. Cha robh Anna ag ionndrainn nan daoine air an eilean — bha iadsan an còmhnaidh a' feuchainn ri faighinn a-mach na rudan a bha dol air adhart ann am beathan phearsanta nan daoine a bha timcheall orra, cha robh i gan ionndrainn, à sin bha i cinnteach. Cha robh Anna ag ionndrainn ach an t-eilean — an t-sìth, an fhois. Anns an t-sneachd bha an t-eilean a' coimhead cho brèagha, an sneachd air laighe air an fhraoch, a h-uile càil a' coimhead cho glan 's cho ùr, is an t-àite cho sàmhach, ceò ag èirigh bho na similearan cho slaodach, gun fhuam sam bith.

Bha Anna a-nis a' cuimhneachadh air an t-samhradh, làithean brèagha blàth, dol sìos don tràigh air a casan loma, ruith don mhuir 's a' ghainmheach cho blàth fo casan. A' buain na mònach, a' buain an fheadh, 's iad na rudan seo a bha Anna ag ionndrainn. Ach a-nis bha a h-athair 's a màthair marbh 's cha robh Dòmhnall a' faicinn adhbhar dhi tilleadh chun an eilein. Ach bha adhbhar aice, bha i ag ionndrainn na beatha a bha aice trì neo ceithir mìosan air ais agus cha robh Dòmhnall a' tuigsinn ciamar a bha i a' faireachdainn. Cha robh a' bheatha ùr a' còrdadh rithe 's cha robh i a' faireachdainn sàbhailte ann am baile mòr, nach robh Dòmhnall a' faicinn sin? Co-dhiù cha b' urrainn dhi càil a radh ris oir 's e seo an dachaigh aice a-nis 's chan atharraicheadh càil sin — ach cha robh sin a' cur stad air a' chianalas.

DA DHAN

le Ruaraidh MacIll'Eathain

THA BUILL' A' BHAIS A' BUALADH CRUAIDH

Am Bàs

Tha buill' a' bhàis a' bualadh cruaidh
 Air bean 's cloinn 's caraid,
 Mar ghadaiche grad a ghoid ro mhòr
 A' gearain nach d' fhuairleadh gu leòr,
 Mar dhoras dorcha nach fhosgail a-rithist
 Ged a bhriseadh cridhe ri stri.

An Siubhal

'S e siubhal a th' ann gu dùthaich chèin
 Nach lean gu toileach an fheadhainn air thalamh,
 Gu grad 's a dh' aindeoin thèid ar gairm air falbh
 O iadhadh an t-saoghail
 Gu glòir a tha buan, no gu àit' fo ghruaim,
 A rèir ar beachd air fuil an Uain.

BATA GROD

*Bàta grod aig oir
 A Shaoghail
 A mhaidean briste
 A ràimh gun iùil*

*Tuinn an t-soisgeil
 A' suathadh
 A' sailleadh
 Truailleadh an fhiodha*

*Bàta grod fo shiùil
 Spiorad ùr a' toirt iùil
 Gu caladh ùr
 Aig deireadh a shaoghail*

DIOCHUIMHNE NA H-OIGE

le Tormod MacCoinnich, AS5 Sgoil Lionacleit

Chuir mise seachad làithean m' òige ann an Uibhist far an robh mi toilichte gu leòr a' dol dhan sgoil agus a' cuideachadh m' athar aig an taigh nuair a thillinn dhachaigh feasgar.

Thachair iomadh rud rium — math is dona — tro na làithean ud agus tha cuimhne agam gu h-àraidh air a bhith cliuch 's a' cleasachd.

Sin mo chuimhne air làithean m' òige oir nuair bha mi dìreach ochd bliadhna a dh'aois thuit mi air ùrlar na sgoile agus fhuair mi leithid de bhuille 's gun do chaill mi mo chuimhne. Mar sin chan eil na dh'innis mi aig toiseach na h-earrainne ach na chuala mi bho dhaoine eile. Le ceartas chan eil fios agam ciamar a chaidh dhomh nam òige.

Tuigidh mi gun deach mi chun an dotair gus mo chuimhne fhaighinn air ais. Ach cha deànadh e càil a dh'fheum.

Rinn mi air psychiatrist. Shuidh e mi sìos anns a' chathair. Thug e orm tuiteam nam chadal. Sa' mhionaid a dhùin na sùilean thòisich rudan air tighinn air ais thugam. Cha robh e an toiseach ach mar aisling. Chunnaic mi mi fhèin aig Port-adhar Bhaile Mhanaich agus sgioba Celtic a' tighinn far na pleuna. Aig a' cheart àm dh' fhosgail mo shùilean. Leum mi dìreach suas sa' chathair. Shruth mo chuimhne air ais. Chunnaic mi an dotair a' coimhead orm.

'Uill, a Thormoid . . . A bheil do cheann nas fhèarr a-nis? Bidh thu a' faireachdainn cadalach airson greis. Tha còir gum bi thu math gu leòr ann an seachdain eile.'

Nochd mo mhàthair aig an doras.

'A mhàthair,' dh'fhaighnich mi. 'Dè an aois a tha mi?'

Choirhead i orm caran mì-rianail airson greis agus an uairsin fhreagair i.

'Aonghais, a bhalaich, bidh thu naoi bliadhna a dh'aois a-màireach!'


TRI DAIN

le Maoilios Caimbeul

- 1 *Liopan na deataich
ag èaladh bhon t-similear,
do bhlàths ga chosg air an àile;
cubhraidheachd a' ruighinn mo chuinnein —
cuimhne an t-seann chonnaidh gam bhuaireadh.
Pìos bhuam, dùint' am ballachan,
cha mhòr nach fhaic mi do bhruadar.
Caidil ged tha, caidil an-nochd,
chì thu mo cheò-sa a-màireach.*
- 2 *Sonas a' deàrrsadh
mar an èibhleig bheò.
A-màireach bidh thu dubh,
ach las is loisg is leum an-nochd.*
- 3 *Tha an t-eilean làn fuath làn fhuadaichean
agus an fhuil na snaimean fuara.
Slàn gu bràth le romans.
Chan eil ann ach facail nàdarrach,
a' mhuir an-nochd air dhath nan deur
agus an sionnach a' liùgadh tro na tobhtachan.
Tha boladh ùr anns an àile,
comharran dìomhair am Bealach na Bò Finne.
Seall na buill-bhodhaig lobhte fo na h-uisgeachan.
Tha do làmh cho fuar ri làmh cuirp
ga mo shliobadh ann an leabaidh a' ghaoil.
Slàn gu bràth le romans.*

TOIMHSEACHAN 2

Fuasgail an tòimhseachan agus chì thu gu bheil riaghaltas ionadail falaichte sa' bhocsa fhada dhubh sa' mheadhan.



- 1 Bàrr (7)
- 2 Fuaim òrain (4)
- 3 'S dòcha gun ròstar feòil innte (7)
- 4 Bidh e ag àiteachadh an fhearainn (10)
- 5 Bidh iad san sgoil (5)
- 6 Nì thu led shùilean e (4)
- 7 Far am bi càraichean a' siubhal (6)
- 8 Oran a chuireas a chadal thu (6)
- 9 Dèan cabhaig (5)
- 10 Chan eil lionmhor (4)
- 11 Tha iad air bòrd ach cha choisich e (5)
- 12 Loisgidh i urchair (5)
- 13 Bòidheach (7)
- 14 Thig e fliuch às an adhar (5)
- 15 Chan ann furasta mar tha an tòimhseachan seo (7)
- 16 Ubhal no orainsear (4)
- 17 Coisinnidh airgead sa' bhanca dhut e (5)
- 18 Ochdamh mìos na bliadhna (8)

Gheibhear na freagairtean air t.d.109

LOOKING INTO A CIRCUS LION'S MIND

by Donald Macleod, 1B Bayble School

I'm the king of the jungle
Whom animals are scared to attack
Yet man makes me do tricks
Or I get a whip on the back

Stuck in a cage
I wish I could flee
Just think what it would be like
If I were free

I could hunt the sweet Impala
And then feed it to my own cubs
Instead I get dry, human-tainted meat
In small plastic tubs

I would stand on the fresh fields
Instead of on metal with rust
I would breathe the fresh air
Instead of horrible dirty sawdust



COIGRICH NA SAMHNA

le Tormod MacCoinnich, AS5 Sgoil Lionacleit

Oidhche shocair foghair a bh' ann 's mi air mo rathad dhachaigh bho thaigh Sheumais Chaimbeil. Bha an còigeamh oidhche den t-Samhainn air nochdadh agus nuair thug mi sùil air mo chùlaibh chunnaic mi gun robh am bodach fhathast a' losgadh air bàrr an teine.

Bha dà mhìle agam ri chois eachd fhathast. Mar sin thog mi orm. Bha ghealach air èirigh agus bha soillse agam bhuaipe. An uairsin smaoinich mi... Nach i a' ghealach tha coimhead neònach a-nochd... tha i coimhead caran dearg... chan fhaca mi a leithid riamh.

Chuimhnich mi nach e gealach shlàn a bh' ann an-nochd idir. An uairsin chunnaic mi e — ball mòr sgriosail de theine a' tighinn a-nuas às an adhar. Bhuail e air cùlaibh cruic. Ruith mi null thuige. Thuig mi nach robh e buileach cho dearg 's a bha e an toiseach. Choimhead mi air gu geur. Dh'fhosgail doras beag agus choisich trì... cha robh fiosam dè bh'annta... a-mach. Bha aodaichean fada dearg orra — chan fhaicinn an robh casan orra.

Phaisg mo chasan fodham.

Thàinig mi thuige an ceann ùine. Bha na h-iseanan beaga dearga nan seasamh mun cuairt orm. Bha teine a' tighinn às na cluasan aca. 'S ann ann an deagh Ghàidhlig da-rìreabh a bhruidhinn fear dhiubh.

'Càite a bheil sinn?'

Dh'innis mi dhà.

Bha feum mhòr aca air cuideachadh bha e ag ràdh. Bha agus agamsa, smaoinich mi. Dh'fhaireich mi lag a-rithist. Dh'fheumadh iad dòigh fhaighinn air teine a dhèanamh no bhàsaicheadh an saoghal aca.

'An deach sibh air chall air Oidhche Shamhna? Tha deagh aodannan oirbh'.

Cha tuirt iad guth.

Smaoinich mi air na maidseachan nam phòcaid. Shlaod mi mach fear is las mi e. Thuit iad air an glùinean (ma bha gin orra). Chaidh iad sàmhach.

Shìn mi dhaibh am bocsa.

Theich iad don bhall-teine.

Dh'èigh mi às an dèidh.

'Cò às a tha sibh?'

'Mars'.

Leis an sin thog am ball-teine suas dhan adhar.

Sheas mi ga choimhead.

Thug mi an aire do lorgan a' bhuill air an talamh... làrach trì spògan.

Smaoinich mi air an teine aig Seumas. Siud a thug orra tighinn.

Chum mi orm dhachaigh agus mo smuaintean fhèin agam.

AN CUALA SIBH . . .

1 . . . mun t-Sasannach a bha air chuairt air a' Ghàidhealtachd 's e a' feuchainn ri faaid air bodach a thachair ris? Bhruidhinn an Sasannach mu bhodach-ròcais le seann dheise duine air thall ann an achadh.

'Fear de mhuinntir an àite, tha mi a' creidsinn?' ars an Sasannach.

'Chan e, chan e,' fhreagair am bodach, 'ach fear a thàinig air chuairt.'

2 . . . mun dithis thuathanach a bha a' bruidhinn mun t-sìde? Ars a' chiad fhear, 'Nì am fras uisge ud feum. Bheir e air rudan èirigh às an talamh.'

'Tha mi 'n dòchas à Sealbh nach toir,' ars am fear eile. 'Cuimhnich gu bheil triùir mhnathan agamsa ann!'

3 . . . mu Iain nuair a dh'èigh e ris an fhear don robh e ag obair, 'Tha mise air a bhith an seo fad thrì bliadhna a' dèanamh obair cheathrar air tuarasdail aon duine. Tha mi ag iarraidh àrdachadh pàighidh.'

'Uill Iain,' ars am fear eile, 'chan urrainn dhomh sin a dhèanamh, ach ma bheir thu dhomh ainmean nan triùir eile bheir mi dhaibh an leabhraichean.'

4 . . . mu Sheumas agus mu Dhùghall a bha a' seòladh air an aon bhàta?

Bhàsaich Dùghall aig muir, agus nuair a bhatar a' leagail a chuirp don chuan chuir iad cnapan guail na chois gus an dèidheadh e sìos gu grunn na mara.

'Uill, uill,' arsa Seumas, 'bha deagh fhios agam càit an robh e a' dol, ach cha robh dùil agam gum feumadh e connadh a thoirt leis!'

5 . . . mu Mhurchadh a bha ag òl uisge-beatha fad seachdain airson na siataig a leigheas?

'Bheir mise dhut rud a chuireas an t-siataig air falbh,' ars Iain.

'Dùin do bheul,' arsa Murchadh. 'Chan eil mi ag iarraidh a chluinntinn idir.'

6 . . . mu Mhàiri a bha air ùr phòsadh, 's i a' dèanamh na bracaist?

'Tha an hama ceart gu leòr,' ars ise ri Uilleam, a cèile, 'ach chaidh rudeigin ceàrr air na h-uighean. Bha iad a' ròstadh gu dòigheil nuair a bhris na sligean 's a chaidh iad air feadh an àite.'

7... mun fhear a thuirt nach bu chòir dha a-riamh a bhith air pòsadh?

'Cha chaomh le mo bhean mi nuair tha 'n deoch orm', ars esan, 's cha chaomh leamsa ise nuair tha mi sòbar!'

8... mun fhear a chaidh chun an dotair le pian na chois chli?

'Coma leat,' ars an dotair, 'chan eil ann ach an aois.'

'Carson ma-tà nach eil pian sa' chois eile — tha i air a bhith agam a cheart cho fada'.

9... mun dithis bhodach a bha a' bruidhnn air na seann làithean?

'Aidh,' arsa Calum, 'cha mhòr gu bheil lorg air duin' idir de ar càirdean, ach 's e Aonghas as motha a tha mise ag ionndrainn.'

'Carson sin a Chalum?' ars am fear eile.

'Nach do phòs mi a' bhantrach aige!' fhreagair Calum.

10... mun tuathanach ris an robh am ministear a' trod seach nach robh e san eaglais Là na Sàbaid mar a b' àbhaist?

Bha mi ann an eaglais a' Mhoireasdanaich,' ars an tuathanach.

Ach cha robh am ministear air a dhòigh idir. 'Chan eil e math a bhith a' dol gu eaglaisean eile, eadhan a dh'èisdeachd a' Mhoireasdanaich. Ciamar a chòrdadh e riut fhèin nam falbhadh do chaoraich a dh'ionaltradh gu achaidhean eile?'

'Cha chuireadh e dragh sam bith orm,' fhreagair an tuathanach, 'gu h-àraidh nam biodh am feur na bu mhìlse!'



FREAGAIRTEAN

Tòimhseachan Tarsainn

Tarsainn:

1 cuspairean; 6 adha; 10 pòsda; 11 sradagach; 12 gnothach; 13 ròsta; 15 deasach;
17 nàbachd; 19 achlais; 21 cuilean; 22 ramas; 24 iomadach; 27 eucailean; 28 aosda;
29 nuas; 30 sgonn-choin.

Sios:

1 cupa; 2 Sasannach; 3 anart; 4 rùsgadh; 5 anachan; 7 duais; 8 achdan dona; 9 natrabo; 9
14 adhaircean; 16 acarsaid; 18 creach seo; 20 seideag; 21 camanan; 23 mucha;
25 dearc; 26 dàin.

Fuasgail Seo!

1 Dubh, 2 Arainn, 3 Aon-deug, 4 Airighean, 5 Sealtainn, 6 Ruaraidh, 7 Leasachadh,
8 Ile (ALASDAIR)

Tòimhseachan 1

1 bòrd, 2 fuil, 3 isean, 4 càl, 5 aosda, 6 Hiort, 7 crann, 8 amadan, 9 uinneag, 10 bàrd,
11 uighean, 12 caol, 13 cruinn, 14 mòd, 15 abhainn, 16 salach, 17 cluinn, 18 miotagan
(BLIADHNA NA GAIDHLIG)

Feuch Seo!

1 Peutan, 2 Iòseph, 3 Uilleam, 4 Tuarasdal, 5 Hiort, 6 Ararat, 7 Ruadh (PIUTHAR)

Tòimhseachan 2

1 uachdar, 2 ceòl, 3 àmhainn, 4 tuathanach, 5 clann, 6 faic, 7 rathad, 8 tàladh,
9 greas, 10 gann, 11 casan, 12 gunna, 13 brèagha, 14 uisge, 15 duilich, 16 meas,
17 riadh, 18 Lùnasdal (COMHAIRLE NAN EILEAN)

Ceist às gach seid

- 1 Seumas Callaghan.
- 2 Còig-deug.
- 3 Tha An Comunn Gàidhealach ceud bliadhna a dh'aois.
- 4 Somhairle MacIll'Eain.
- 5 An Tigres.
- 6 1992.
- 7 Tormod MacLaomain.
- 8 Coinneach Odhar.
- 9 Malachi.
- 10 Gur math an sgàthan i.
- 11 An Naomh Crisdean.
- 12 Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir.
- 13 Rèisean chàraichean.
- 14 Gairm.
- 15 30 den t-Samhain.
- 16 Sabhal Mòr Ostaig.
- 17 Prosbaig.
- 18 Là na Gocaireachd.
- 19 A h-uile ceithir bliadhna.
- 20 An t-Urr. Dòmhnall MacAmhlaigh.

'S ANNS AN ÒEALACHADH:

SEANFHACAIL BHO BHLIADHNA NA Gàidhlig
GEÒ NACH SEANFHACAIL IDIR DHÀ DHIUBH:

B uail do chù 's 's ann thugad a ruitheas e.

L à a' bhlàir 's math na càirdean.

I asgach amadain corra bheathach mòr.

A ithnichidh an truaighe a daoine fhèin.

D èan fanaid air do sheann bhrògan nuair gheibh thu do bhrògan ùra.

H earach, is giorraid e an ceann a chur dheth.

N a abair ach beag 's abair gu math e.

A n rud nach cluinn cluas cha ghluais cridhe.

N a tog mi gus an tuit mi.

A ' chlach nach tachair rim chois cha chiùrr i mi.

G heibhear deireadh gach sgeòil an asgaidh.

A m fear as fhaide saoghal 's e as mò a chì.

I s fheàrrde cù cù a chrochadh.

D uine dùr, duine gun tùr.

H iort ga thoirt dhìom, ach cha toirear muir is tìr dhìom.

L eig do cheann far am faigh thu sa' mhadainn e.

I s duilich bùrn glan a thoirt à tobair shalach.

G e fad' an duan, ruigear a cheann.



Thug Sgeama Tabhartasan Sònraichte na Gàidhlig aig Roinn Foghlam
na h-Alba cothrom do Chomhairle nan Eilean 's don Chomunn
Ghàidhealach co-obrachadh gus an iris seo fhoillseachadh.



Leugh sibh e, 's ma chòrd e ruibh
innsibh do ur càirdean,
ach mur do chòrd e idir ruibh
feuch an cum sibh sàmhach!

ISBN 0 906620 09 0